Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis

Dihaoine 22 Cèitean 2015 @ 1:00f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail ann an 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis, Dihaoine 22 Cèitean 2015 bho 1:00f

Clàr Chùisean

2.2015.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	

2.2015.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Blas 2015	Airson Fiosrachaidh
(c)	5 Latha 2015	Airson Fiosrachaidh
(d)	Sgoil Shamhraidh Dràma	Aithris airson Fiosrachaidh
(e)	Fèisgoil	Airson Fiosrachaidh
(f)	Tasgadh: Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	Airson Fiosrachaidh
(g)	Iarrtas Ballrachd	Airson Aontachaidh

2.2015.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2015-16	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Ràitheil gu 31 Màrt 2015	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d)	Tabhartasan nam Fèisean 2015-16	Airson Fiosrachaidh
(e)	Iarrtas Fèis Spè don Stòras Leasachaidh	Airson Aontachaidh
(f)	Cothromachadh Ionmhais gu 31 Màrt 2015	Aithris airson Fiosrachaidh
(g)	Riaghailtean ùra mu Pheinnseanan san Àite-obrach	Airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(h)	Cùmhnantan Maoineachaidh	Airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(i)	Conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail	Aithris airson Fiosrachaidh

2.2015.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a)	Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(b)	Oifisean Inbhir Nis	Aithris airson Aontachaidh

2.2015.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Geàrr-aithisgean Luchd-obrach	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Àite airson Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt na buidhne	Aithris airson Aontachaidh
(c)	Aithisg Bhliadhnail air Riaghladh Chunnartan	Airson Aontachaidh

2.2015.06 EILE

(a)	Ceann-latha na h-ath choinneamh: 25 Sultain 2015	Airson Fiosrachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail aig 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis air Dihaoine 27 Gearran 2015 bho 1f

2.2015.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Donnchadh MacGuaire (Cathraiche), Kirsteen Ghreumach, Seumas Caimbeul, Ealasaid NicIlleBhàin, Elaine Spence, Raibeart MacFhionghain, Ùisdean Robasdan (air a' fòn), Peigi NicIllFhinnein (air a' fòn), Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Brian Ó hEadhra (Alba Chruthachail), Moreen Pringle (an làthair), Aonghas MacLeòid (an làthair – ag eadar-theangachadh)

(b) Leisgeulan

Deirdre Beck, an Comhairliche Iain A MacÌomhair (Comhairle nan Eilean Siar), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd) agus Ann Marie Reid (HIE)

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 13 Dùbhlachd 2014 a sgaoileadh. Mhol Seumas Caimbeul gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus chuir Kirsteen Ghreumach a taic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Chaidh bruidhinn air grunn chùisean bhon choinneimh mu dheireadh:

- Bha còmhraidhean le Comhairle nan Eilean Siar (CnES) a' leantainn. Tha a' Chomhairle air aontachadh gum faigh coimhearsnachdan cothrom an-asgaidh air sgoiltean Disathairne agus cuid a dh'oidhcheannan tron t-seachdain gus tachartasan a chumail. Cha robh co-dhùnadh gu bhith ann a thaobh chothroman air sgoiltean sna làithean-saora gus às dèidh coinneamh sa Ghiblean, agus bha sinn a' dol a chumail oirnn a' bruidhinn riutha gus dèanamh soilleir dhaibh gun toireadh e droch bhuaidh air na Fèisean nam biodh cosgais ann airson togalaichean sgoile gu h-àraidh aig àm nuair a tha an taic-airgid a gheibh na Fèisean bho CnES a' dol an lughad.
- Bha a h-uile duine ag aontachadh gur e oidhche fìor mhath a bh' ann aig na Trads, agus gun do chòrd Ceòl nam Fèis gu mòr ri daoine. Cuideachd, chaidh an tachartas a thaisbeanadh air prògraman TBh fìor mhath. Chaidh meal-a-naidheachd a chur air a h-uile duine a bha an sàs ann a bhith cur an tachartais air dòigh.

2.2015.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Prògram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas airson 2014-15 a thaobh cur an gnìomh Prògram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Bha gach nì a' dol mar bu chòir agus cha robh duilgheadasan ann.

Thuirt Art MacCarmaig gun d' fhuaras tabhartas luach £23,000 bho Alba Chruthachail airson pròiseact TFC far an robh na Fèisean a' faighinn uidheamachd ùr, leithid coimpiutairean, proiseactaran, dràibhean-cruaidh agus camarathan, a rèir na bha dhìth air daoine.

(b) Blas

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh.

Chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh gun deigheadh an cùmhnant airson nan seirbheisean-taice do Fhèis Bhlas a chur a-mach gu tairgse. Nochd còig companaidhean ùidh sa phròiseact, agus fhuaras aon tairgse ron cheann-latha, bho Firefly Productions.

Chaidh dreachd den phròram airson Blas 2015 a sgaoileadh. Thathar an dòchas an dreachd dheireannach den phròram aontachadh ro dheireadh a' Mhàirt.

Bhathar an dùil coinneamh de Bhòrd Stiùiridh Fèis Bhlas Earranta a chumail ann an Inbhir Nis air 4 Màrt.

Dh'aontaich Buill a' Bhùird:
(a) Aire a thoirt do mar a chaidh do na tairgsean gus seirbheisean-taice a lìbhrigeadh airson Fèis Bhlas;
(b) Cùmhnant a dhealbh le Firefly Productions aig a' phrìs a chaidh a mholadh;
(c) Uallach airson an cùmhnant aontachadh le Firefly Productions a bhuileachadh air a' Cheannard;
(d) Nach deigheadh an cùmhnant a chur a-mach gu tairgse a-rithist gu tràth ann an 2018;
(e) Aire a thoirt don adhartas a thaobh planadh airson Blas 2015;
(f) Aire a thoirt do mar a bhios coinneamh de dh'Fhèis Bhlas Earranta ann air 4 Màrt.

(c) 5 Latha 2015

Dh'innis Calum Ailig Mac a' Mhaoilein mu mar a bha a' dol do phlanadh airson 5 Latha 2015, a thèid a chumail eadar 6 is 9 Giblean.

Mar a bha e bliadhnaichean eile, bidh e fosgailte do sgoilear àrd-sgoile sam bith a tha ann am foghlam tron Ghàidhlig. Tha 20 àite ann, agus nuair a chaidh a' choinneamh a chumail, bhathar air 15 iarrtasan fhaighinn - dithis a' tilleadh a-rithist agus 13 daoine ùra.

A-rithist bhiodh taghadh de bhùiththean-obrach ciùil aig 5 Latha agus cothrom air diofar chur-seachadan is obraichean leithid croitearachd, iasgach msaa, agus sin uile sa Ghàidhlig.

(d) Fèisgoil

Chaidh aithisg le Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a sgaoileadh le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird mu dà phròiseact a bha a' tachairt an-dràsta le Fèisgoil.

Sa phròiseact ann am Port Rìgh bha 7 seachdainean ann de theagasg ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh (2 latha san t-seachdain) far an robh diofar dhaoine bhon choimhearsnachd a' tighinn a-steach don sgoil gach seachdain a' toirt leasan do sgoilearan ann an eachdraidh is cultar an eilein.

Ann am Peairt bha pròiseact ann far an robh seiseanan gan ruith a bha toirt blasad Gàidhlig do sgoilearan air clas 6/7 ann an trì bun-sgoiltean fad 11 seachdain. Thòisich na seiseanan air 5 Gearran agus bha iad a' dol a ruith gu 30 Giblean.

Bho chaidh an aithisg ullachadh, fhuair sinn cùmhnant cuideachd ann am Peairt gus bùiththean-obrach dràma a chumail, agus bidh Aonghas MacLeòid a' dèanamh sin sa Mhàrt.

Thug Buill a' Bhùird fa-near do na pròiseactan Fèisgoil.

Bha sinn air pròiseactan Fèisgoil a lìbhrigeadh a-cheana ann an sgoiltean ann an Loch Abar, agus ged a bha na sgoiltean air a ràdh gun còrdadh e riutha cumail a' dol leis na pròiseactan sin, bha Comhairle na Gàidhealtachd air innse dhuinn gu bheil iad an dùil pròiseactan GLPS a ruith iad fhèin, ged nach eil dad air tachairt thuige seo a rèir choltais.

(e) Pròram Dràma 2015-16

Bha aithisg ann le Aonghas MacLeòid is Dougie Beck le fiosrachadh ùr do Bhuill a' Bhùird air pròiseactan dràma a tha an sgioba an dùil a ghabhail os làimh sa bhliadhna air thoiseach.

Nam measg tha cuairtean le dealbhan-cluiche Gàidhlig, Sgoil Shamhraidh, Fèisean Dràma, Tèataran Òigridh agus seirbheis dràma ùr airson nan tràth-bhliadhnaichean.

Dh'aontaich am Bòrd ri planaichean airson 2015-16 agus bha iad air leth toilichte gun robh

uiread gu bhith tachairt.

(f) Ceòl nam Fèis aig Celtic Connections

Thuirt Art MacCarmaig gun deach a' chonsairt, Ceòl nam Fèis, a chumail aig Celtic Connections ann an Glaschu air 24 Faoilleach, agus gun do chòrd e gu mòr ris an luchd-èisteachd agus ris an fheadhainn a ghabh pàirt ann. Bha Fiona NicLeòid BPA, am Ministear airson Clann is Òigridh, an làthair agus thug e cothrom mìorbhaileach don a h-uile duine a bha an sàs ann.

Thugadh taing do Chalum Ailig agus Nicola airson na rinn iad ann a bhith ga chur air dòigh.

(g) Iarrtasan airson Ballrachd

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fios air dà iarrtas bho Fhèisean ùra a bha airson a bhith nam buill de dh'Fhèisean nan Gàidheal.

Fhuaras iarrtasan bho Fhèis Phàislig agus Fèis na h-Apainne agus ma thèid an stèidheachadh, bhiodh sin a' coileanadh targaid a th' againn le HIE agus choileanadh e aon de na builean a th' againn ann am Plana a' Phrògraim ùir againn.

Dh'aontaich Buill a' Bhùird ris na h-iarrtasan airson ballrachd ann am Fèisean nan Gàidheal bho Fhèis Phàislig agus Fèis na h-Apainne.

(h) Plana Prògram Fèisean nan Gàidheal 2015-20

Chaidh aithisg a sgaoileadh le Art MacCarmaig a' sireadh aonta bhon Bhòrd airson na dreachd dheireannach de Phlana a' Phrògraim airson 2015-20 aig Fèisean nan Gàidheal.

Bha an dreachd ùr den Phlana a' gabhail ealla ri beachdan a fhuaras bho na Fèisean às dèidh dhuinn iarraidh orra coimhead air a' Phlana.

Dh'aontaich am Bòrd ris a' Phlana agus gum bu chòir don Phlana a bhith ri fhaotainn ann an Gàidhlig agus Beurla air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal ro dheireadh a' Mhàirt 2015. Thèid tionndadh aon-duilleige den Phlana a chruthachadh cuideachd.

2.2015.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is Cosgaisean 2014-15

Chaidh aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a sgaoileadh a' sealltainn teachd-a-steach is cosgaisean leis na thachair gu 31 Faoilleach 2015.

Thuirt Anne gun robh mu £100,000 fhathast ri thighinn bho Bhòrd na Gàidhlig, HIE, Alba Chruthachail agus tobraichean eile.

Cuideachd, thathar gu bhith pàigheadh tòrr airgid a-mach sna beagan sheachdainean a tha romhainn nuair a bhios na Fèisean a' cur a-steach airson nan tabhartasan a tha còir aca fhaighinn.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £2,771.50
- Cunntas Àrd-rèidh - £254,310.47
- Cunntas Bhlas - £413.56

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Dùbhlachd 2014

Chaidh lethbhreac de na Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Dùbhlachd 2014, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

Thugadh fa-near do mar a tha call sna cunntasan aig Blas, ach fhuaras airgead bhon uair sin agus dh'fheumte fhathast an t-iarrtas mu dheireadh a chur a-steach gu Alba Chruthachail airson £12,500, agus nuair a gheibhte sin, bhiodh còrr beag sa chunntas aig Blas.

(d) Tabhartasan do dh'Fhèisean airson 2014-15

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2014-15, a dheasaich Anna Willoughby, a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu ruige seo, agus thugadh fa-near dhi.

Bhiodh na h-iarrtasan mu dheireadh a' tighinn a-steach a-nis agus thèid tabhartasan a phàigheadh a rèir ar modhan-obrach.

(e) Buidseat 2015-16

Chaidh dreachd den bhuidseat airson 2015-16 ullachadh le Art MacCarmaig agus Anne Willoughby agus chaidh sin a sgaoileadh. Bha e stèidhichte air a' mhaoineachadh air a bheil fios againn le cinnt aig an ìre sa, ach cha d' fhuaras dearbhadh air maoineachadh bho HIE fhathast.

Thug an Ceannard iomradh air na còmhraidhean a bh' ann le HIE a thaobh maoineachaidh bhon Ghiblean 2015, agus thuirt e gun robh e an dùil gun gluaiseadh cùisean a-nis seach gu bheil na còmhraidhean air tòiseachadh.

Cuideachd, tha Alba Chruthachail air iarraidh oirnn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta a ruith le buidseat luach £35,000. Feumar coinneamh a chumail leotha gus bruidhinn air mar a ghabhadh an sgeama sin a lìbhrigeadh agus gus faighneachd am biodh cead againn an luchd-obrach aig Fèisean nan Gàidheal fhèin a chleachdadh gus obair-rianachd an sgeama a dhèanamh.

Chaidh gabhail ris a' bhuidseat.

(f) Tabhartasan do dh'Fhèisean airson 2015-16

Chaidh liosta de thabhartasan a bhathar a' moladh do dh'Fhèisean airson 2015-16 a sgaoileadh, a bha stèidhichte air iarrtasan a fhuaras airson Tabhartasan agus am buidseat a bh' ann. Bhathar a' moladh tabhartasan luach £208,000 a thoirt seachad uile-gu-lèir.

Dh'aontaich am Bòrd ris na tabhartasan a bhathar a' moladh do dh'Fhèisean airson 2015-16.

(g) Atharraichean air a' Phoileasaidh le Siùil Ionmhasail

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh leis a' Phoileasaidh le Siùil Ionmhasail sa bheil atharraichean às ùr.

Fon phoileasaidh ùr, bhiodh cead aig a' Cheannard cùmhnantan le daoine bhon taobh a-muigh aontachadh suas gu luach £25,000.

Dh'fheumadh am Bòrd an Cùmhnant airson Seirbheisean-taice do Bhlas aontachadh gach turas a dheigheadh sin a chur a-mach gu tairgse.

Dh'aontaich am Bòrd ris a' Phoileasaidh ùr le Siùil Ionmhasail agus thèid sin fhoillseachadh a-nis ann an Gàidhlig is Beurla air an làrach-lìn againn.

(h) A' Cothromachadh Ionmhas gu 31 Màrt 2015

Thug am Bòrd cead don Cheannard maoineachadh a bharrachd aontachadh do dh'Fhèisean ro dheireadh na bliadhna ionmhais, ma tha sin a dhìth, gus feum a dhèanamh de dh'airgead nach deach a chosg ann an earrainnean eile den bhuidseat againn.

Thèid fiosrachadh mu na tabhartasan a bharrachd a chaidh a thoirt seachad a sgaoileadh aig an ath choinneimh den Bhòrd.

(i) Aonta Maoineachaidh le Alba Chruthachail

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird air an adhartas a bhathar a' dèanamh gu ruige aonta maoineachaidh le Alba Chruthachail.

San aithisg bhathar ag ràdh gun d' fhuair an Ceannard cead roimhe gus cùisean a thoirt air adhart chun na h-ìre far am biodh cothrom aig Buill a' Bhùird gabhail ri aonta maoineachaidh aig a' choinneimh seo sa Ghearran.

Chaidh na pàipearan iomchaidh uile a chur gu Alba Chruthachail ro dheireadh an Fhaoillich agus bha Art air coinneachadh ri Brian Ó hEadhra gus bruidhinn air na planaichean againn ann am barrachd doimhneachd, agus bhathar an dòchas gum bite air dreachd den aonta mhaoineachaidh fhaighinn a-nis.

Thuirt Brian gum bu chòir fios a bhith againn bhon sgioba ionmhais aig Alba Chruthachail a dh'aithghearr gus cùisean a thoirt air adhart.

Dh'aontaich am Bòrd cead a thoirt don Cheannard, ann an com-pàirt ris a' Chathraiche, gabhail ris an Aonta Mhaoineachaidh nuair a thig e, leis an tuigse gum faigh gach Ball den Bhòrd lethbhreac dheth.

2.2015.04 LUCHD-OBRACH

(a) Prìomh Oifigearan le uallach airson Fèisean

Chaidh aithisg le Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a sgaoileadh le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird air mar a bha atharraichean ann a thaobh cò na Fèisean a bha an urra ris na ceithir Oifigearan Leasachaidh.

Bha na h-Oifigearan Leasachaidh toilichte leis na h-uallaichean aca agus cuidichidh iad càch-a-chèile nuair aig amannan trang, gu h-àraidh nuair a tha Fèisean a' tachairt aig an aon àm.

Dh'aontaich am Bòrd ris na h-atharraichean.

2.2015.05 CÙISEAN GNÌOMHACH

(a) Geàrr-aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh geàrr-aithisgean adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh.

- A thaobh na h-aithisge aig Art, thuirt e gun robh e fhèin is Calum Ailig Mac a' Mhaoilein air coinneachadh ri Bernard Chisholm agus Uilleam Dòmhnallach bho CnES air 5 Gearran mu mar a dh'fhaodadh Fèisean nan Gàidheal taic a thoirt do sgoilearan ann an foghlam tron Ghàidhlig. Bha cothrom an sin 's dòcha airson pròiseactan Fèisgoil. Dheigheadh coinneamh eile a chumail sa Mhàrt.
- Chuir Brian Ó hEadhra fàilte air an obair a bha Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh gus cur ri dràma Ghàidhlig, agus bha e a' smaoineachadh gun robh cothroman ann obair le bhuidhnean eile an lùib sin.
- Thuirt Brian cuideachd gum biodh Iain Caimbeul a' tòiseachadh mar Cheannard Bhòrd na Gàidhlig air 2 Màrt. Chaidh aontachadh gum biodh e math cuireadh a thoirt dha tighinn gu coinneamh den Bhòrd Stiùiridh aig Fèisean ann Gàidheal feuch an innseadh e dhuinn mu na planaichean a th' aig Bòrd na Gàidhlig, gu h-àraidh a thaobh nan ealain is cultar.

(b) Coinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt Fèisean nan Gàidheal

Chaidh aithisg le Anne Willoughby a sgaoileadh le grunn mholaidhean airson an cruth/clàr-ama a th' againn airson an deireadh-sheachdain nuair a bhios sinn a' cumail Coinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt atharrachadh, oir bha e doirbh do chuid a dh'Fhèisean tighinn air an Dihaoine agus an Disathairne.

Às dèidh deasbad mu dheidhinn, dh'aontaich am Bòrd gun robh iad toilichte leis mar a bha cùisean air an cur air dòigh airson na Coinneimh Bhliadhnail is Co-labhairt, agus cha robh iad

a’ faicinn adhbhar dad atharrachadh.

Mar sin, chaidh aontachadh gun deigheadh tachartasan na bliadhna sa a chumail eadar Dihaoine 25 Sultain is Disathairne 26 Sultain, agus bhathar a’ dol a dh’fheuchainn ri àite a lorg sna h-Eileanan Siar.

Bha luchd-obrach a’ dol a rannsachadh an robh goireasan freagarrach ann, le àite gu leòr airson a h-uile duine, agus airson tachartasan an deireadh-sheachdain a chumail.

2.2015.06 EILE

(a) Ceann-latha na h-ath choinneimh

Thugadh fa-near do mar a bha dùil ann an ath choinneamh a chumail air Dihaoine 22 Cèitean 2015. Chaidh aontachadh an ath choinneamh a chumail ann an Glaschu aig 1f. Thèid dearbhadh fhathast dè an togalach sam bi e.

(b) Chuir Art MacCarmaig Foirmichean gus Com-pàirtean a Chlàradh gu Buill a’ Bhùird air a’ phost-d. Thuirt an Cathraiche gun robh e cudromach gun tilleadh daoine na foirmichean sin cho luath ’s a ghabhas.

(c) Chaidh iarraidh air Buill a’ Bhùird dèanamh cinnteach gun cuir iad iarrtasan a-steach airson cosgaisean sam bith a th’ aca ro dheireadh na bliadhna ionmhais.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne anns a' cheathramh ràithe de 2014-15.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèiligeadh ris an ùine eadar 1 Giblean 2014 agus 31 Màrt 2015 a' sealltainn builean mu choinneimh dhleasdanasan bho Phlana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) a dh'iarr ar prìomh bhuidhnean-maoineachaidh – Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (InG), Bòrd an Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB) mar phàirt de na h-aontaidhean leotha.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart nach ruighinn targaidean.
Ò (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh.
G (Uaine) = Air targaid.

		Dleastanas ann am Plana FnG	Adhartas	Ìre
Builean Alba Chruthachail				
AC1	Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair son seirbheisean Fèisean nan Gàidheal fhaotainn. Chaidh lèirmheas air structur an luchd-obrach a chrìochnachadh agus tha cruinneachadh ùr de dh'Fhèisean aig gach oifigear.	
AC2	Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh	Leasachaidhean Ùra	Tha Fèisean ùra a stèidheachadh nuair a thig iarrtas bho choimhearsnachd is aon uair 's gu bheil Bòrd Fèisean nan Gàidheal riaraichte gu bheil an Fhèis ùr a' gabhail ri amasan is cinn-uidhe Fèisean nan Gàidheal. Ghabh sinn ri iarrtasan ballrachd bho Fèis Phàislig agus Fèis na h-Apainne.	
AC3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh taic-airgid a thabhann do 42 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2014-15 le maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	

AC4	Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Thug sinn taic ri Fèis Rois, Fèis Tìr an Eòrna agus Fèis Bharraigh agus tha sinn a' cumail taic leantainneach ri Fèis Spè le Oifigear Leasachaidh a chumail an dreuchd.	
AC5	Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh	Leasachaidhean Ùra	An dèidh co-chonaltradh le na Fèisean dh'aontaich sinn Poileasaidh ùr Gàidhlig na buidhne agus tha sinn a-nis ga chur an gnìomh cho math ris na Fèisean fhèin.	
AC6	Leasachadh a dhèanamh air an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag agus dràma san fharsaingeachd tron t-seribheis Fèisgoil	Leasachaidhean Ùra	Bha Meanbh Chuileag air chuairt le dealbh-cluiche ùra mun reifreann, *Do Roghainn Fhèin*, tràth san t-Sultain. Chaidh panto ùr Gàidhlig, *Peigi agus a' Bhreisleach Bhuan*, air chuairt san Dùbhlachd 2014. Bha dealbh-chluich mun Chiad Chogadh *Obair Latha Tòiseachaidh* air chuairt sa Ghearran 2015. Faicibh BnG19 gu h-ìseal son tuilleadh fiosrachaidh mu leasachaidhean dràma.	
AC7	Taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt	Leasachaidhean Ùra	Chaidh taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt san t-Samhradh 2014 agus bha iad a' cluich aig còrr is 200 cèilidh is tachartas air feadh na h-Alba, cuirm air a' phrìomh àrd ùrlair ann an Lèanag Ghlaschu aig Geamaichean a' Ch-fhlaitheis nam measg, cho math ri cuirm aig Loch Laomainn cuide ri Breabach. Chuir Fèis Rois air dòigh Cèilidh air Chuairt a' Cho-fhlaitheis a bharrachd air a' bhuidheann ionadail aca.	
AC8	Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha an Sgioba-G a' frithealadh Fèisean agus a' tabhann stuthan-teagaisg aig diofar amannan rè na bliadhna. Bha iad an làthair aig 5 Fèisean rè 2014 agus tha sinn air a bhith a' sireadh tuilleadh luchd-teagaisg airson an sgioba a neartachadh.	
AC9	A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin	Leasachaidhean Ùra	Tha Maoin Dualchais a' Chrannchuir air taic-airgid a thabhann agus tha sinn ag obair ann an co-bhonn ri Tobar an Dualchais le seachdnar daoine òga a' gabhail pàirt sa phròiseict Fuaran. Chaidh Fèis Òrain a chumail san Dùbhlachd agus 's e an ath cheum clàraidhean a dhèanamh de na seinneadairean, a tha air a bhith a' leantainn bhon uair sin.	
AC10	Leasachadh tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig airson deugairean, còmhnaidh agus no-chòmhnaidh, a' cleachdadh ealain aig cridhe gnothaichean	Leasachaidhean Ùra	Chaidh 5 Latha 2014 a chumail eadar 7-12 Giblean le 20 deugaire a' gabhail pàirt. Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dràma a chumail eadar 7-18 Iuchar le 16 an làthair. Bha cuirm air a cumail le cuid de na Cèilidhean air Chuairt agus muinntir na Sgoile Samhraidh ann an Àros, Port Rìgh, far an deach dealbh-cluich ùr air leth mu chuimhneachadh air an fheadhainn a thuit sna cogaidhean a thaisbeanadh. Chaidh Fèis nan Òran a chumail san Dùbhlachd le 16 com-pàirtichean.	

AC11	Lìbhrigeadh cuid den ro-innleachd *Time to Shine* le bhith a' gabhail pàirt a ghabhail ann an Hub Sgìreil Ealain cuide ri buidhnean com-pàirteachaidh air Ghàidhealtachd.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha Fèis Rois a' stiùireadh Com-pàirteachas Ealain na Gàidhealtachd anns a bheil Fèisean nan Gàidheal an sàs le grunn bhuidhnean eile. Chaidh Co-òrdanaiche Pròiseict, Stacey Toner, fhastadh agus tha a' Chom-pàirteachas an sàs ann am pròiseactan. Rinn Stacey taisbeanadh do Bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal san Dùbhlachd airson amasan agus cothroman co-obrachaidh a mhìneachadh.	
AC12	A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Leanaidh YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2014-15. Bidh sinn cuideachd a' teagasg fìdeig airson an dàrna bliadhna tro chùmhnant le Comhairle Shiorrachd Rinn-Friù. Faicibh InG1 son fios mu chùmhnantan eile aig Fèisgoil.	
AC13	A' leasachdh na seribheis Fèisgoil gus teachd a-steach àrdachadh agus a bhith mar phàirt de phlanaichean-lìbhrigidh na Gàidhlig air a bheil an Riaghaltas ag amas le modal 1+2 airson cànan ionnsachadh agus Eòlas na h-Alba.	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tro Fèisgoil, tha sinn air a bhith a' cur air adhart obair le sgoiltean agus buidhnean coimhearsnachd. Tha sinn air a bhith a' cuideachadh le ullachadh airson mòdan ionadail agus chùm sinn Meanbh-Fhèis ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh. Rinn sinn tuilleadh obrach le Comhairle Peairt is Cheann Rois a' teagasg Gàidhlig ann an trì bun-sgoiltean. Chuir sinn lèirmheas a dh'ionnsaigh Comhairle na Gàidhealtachd air obair a rinn sinn dhaibh anns na sgoiltean agus tha sinn an dòchas gun tig barrachd obrach ri linn sin. Faicibh InG1 son fiosrachadh a bharrachd.	
AC14	Cothroman trèanaidh ionadail is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta	Lìbhrigeadh Sheirbheisean/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha ar pròg ram trèanaidh ag amas air cothroman a thoirt seachad do luchd eagrachaidh nam Fèisean anns an sgìre aca fhèin, air an toirt seachad le Fèisean nan Gàidheal no tro solaraichean eile gu h-ionadail mar a bhios iomchaidh. Bidh na h-Oifigearan Leasachaidh a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' fhrithealadh feumalachdan nam Fèisean. A bharrachd air seo tha sinn tha sinn air trèanadh Gàidhlig a thoirt seachad gus ìre na Gàidhlig neartachadh anns na Cèilidhean air Chuairt agus don sgioba obrach cuideachd. Faicibh InG6 gu h-ìseal airson fios mu thrèanadh son luchd-teagaisg.	
AC15	Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Nì sinn conaltradh mar as iomchaidh ri buidhnean eile is bidh sinn tric a' sgaoileadh fiosrachadh às leth bhuidhnean eile a tha an sàs ann an ceòl traidiseanta mar Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba. Bidh sinn co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig agus ris an t-Oifigear Ealain is Cultair aca (a tha air a fhastadh ann an compàirt ri Alba Chruthachail) gus iomairtean dràma a chur air adhart. Bidh sinn a' co-obrachadh le High Life Highland, Live Music Now agus Music in Hospitals air Pròg ram nan Sgoiltean airson Blas agus leis a' Chomunn Gàidhealach ag ullachadh chloinne airson mòdan ionadail. Bidh Fèisean nan Gàidheal na com-pàirtiche ann an Hub Ealain Òigridh air Ghàidhealtachd.	

AC16	Tuilleadh obair chompàirt a stèidheachadh còmhla ris an roinn choimeirsealta is sinn a' togail air an taic urrasachd a ghlèidh sinn do Bhlas	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Airson an dàrna bliadhna tha sinn air tachartasan Blas a chur air dòigh ann an Earra-Ghàidheal cho math ris a' Ghaidhealteachd. Bha sinn soirbheachail goistidheachd fhaotainn bho Maclean Electrical agus Tehnip. Tha còmhraidhean air a bhith a' dol air adhart le Marine Harvest mu ghoistidheachd.	
AC17	Blas 2014 mar phàirt den bhliadhna 'Tilleadh Dhachaigh', Iomairt a tha air an ruith le EventScotland		Bha Blas 2014 mar phàirt den bhliadhna 'Tilleadh Dhachaigh' agus na toiseach tòiseachaidh aig Tilleadh Dhachaigh na Gàidhealtachd.	
AC18	Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn air bùth a stèidheachadh air ar làrach-lìn ùr is chithear gach seòrsa bathair a tha Fèisean nan Gàidheal a' reic an sin a-nis. Bidh sinn a' reic bathar bho na Fèisean eile agus nì sinn am feum as motha de na cothroman gus leabhraichean a reic aig consartan nam Fèisean is tachartasan eile.	
AC19	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Ghabh Cèilidhean air Chuairt Fèis Spè, Fèis Lochabair agus Fèis Latharna pàirt ann an cuirm aig Geamaichean a' Cho-fhlaitheis air Glasgow Green air 28 luchar. Chuir sinn cuirm *Ceòl nam Fèis* air an àrd-ùrlar air an oidhche mu dheireadh de Bhlas 2014 le còrr is 100 neach-ciùil òga a' gabhail pàirt bho Fhèisean thall 's a bhos. Bha an cuid bho dheireadh na cuirme na pàirt de Na Trads san Dùbhlachd 2014 agus chaidh Ceòl nam Fèis air adhart a-rithist aig Celtic Connections san Fhaoilleach. Ghabh luchd-ciùil òga nan Cèilidhean air Chuairt pàirt san tachartas bliadhnail co-cheangailte ri iomain ann an Èirinn agus ann an Alba san Dàmhair.	
AC20	Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha ar pròg ram obrach air fad ag amas air a' bhuil seo agus tha sinn den bheachd gu bheil ar pròg ram a' coileanadh an amais seo. Tha a' mhòr chuid den obair choiteachaidh sam bi sinn an sàs ag amas air leasachaidhean anns na h-ealain Ghàidhlig san fharsaingeachd adhartachadh.	
AC21	ail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta lain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an Ealain Ghàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bidh Fèisean nan Gàidheal an sàs ann an lìbhrigeadh Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig a tha na phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17. Bidh àite aig Fèisean nan Gàidheal ann a bhith lìbhrigeadh pàirtean dhe sin mar: a' leudachadh cleachdadh na Gàidhlig sna h-ealain is sna meadhanan air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach tachartasan nàiseanta; a' cumail taic ri cothroman far am bi na h-ealain is meadhanan a' togail ìomhaigh na Gàidhlig; a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig farsaingeachd de dhaoine air diofar thachartasan ealain Gàidhlig; agus a' cur am meud nan cothroman a dhol an sàs sna h-ealain ann an suidheachaidhean a chuidicheas le bhith ag ionnsachadh is a' cleachdadh Gàidhlig agus a chòrdas ri daoine. Bidh seo cuideachd a' cur ri obair an Oifigeir Ealain	

			Ghàidhlig a bhios, bho seo a-mach, nar prìomh oifigear taobh a-staigh Alba Chruthachail.	
AC22	A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact. Faicibh BnG1 gu h-ìseal.	
AC23	Co-labhairt Bhliadhnail a chumail	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh Co-labhairt 2014 a chumail ann an Inbhir Narainn air 26 is 27 Sultain. Bha Ailean Caimbeul na aoigh sònraichte agus bha iomradh air aithne a thoirt don obair a tha daoine a' dèanamh gu saor-thoileach cho math ris an obair sa bheil an òigridh an sàs. Chuir sinn air dòigh, cuideachd, co-chomhairle air a' Phlana Pròghraim againn airson 2015-20.	
AC24	Plana Leasachaidh ùra airson 2015 air adhart a sgrìobhadh rè 2014-15		Chaidh plana ùra airson 2015-20 a sgrìobhadh na bu thràithe air a' bhliadhna mar phàirt den iarrtas againn airson maoin chunbhalach bho Alba Chruthachail. Shoirbhich leinn leis ar n-iarrtas agus chaidh £1.4m a thabhann oirnn airson nam bliadhnaichean 2015 gu 2018. Dh'obraich sinn le muinntir Alba Chruthachail airson cùmhnant aontachadh.	
AC24	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn a' tabhann ghoireasan pàighidh do dh'Fhèis Bharraigh, Fèis a' Bhaile is Fèis Spè agus tha sinn a' toirt taic don obair Fhèise, is cuid de na Leasachaidhean Ùra, aig Fèis Rois. Tha sinn air a bhith ag obair cuide ri Fèis Spè ann an oidhirp ionmhas fhaighinn airson leasachaidhean a mhaoineachadh agus chaidh taic aontachadh, ann am prionnsabail, leis a' Bhòrd nuair a choinnich iad san Dùbhlachd.	
AC25	A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach. Bidh trèanadh air a thoirt seachad do na Fèisean mu ghnothaichean Cùram Chloinne nuair a thèid sin iarraidh agus tha còig seiseannan air a bhith ann am-bliadhna gu ruige seo.	
AC26	A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean. Tha InG air sgrùdadh air buaidh sòisealta agus eaconomach na h-obrach againn a chrìochnachadh ged nach deach an aithisg a thoirt dhuinn fhathast.	

Fiosrachadh Àireamhail							
Obraichean (air an cruthachadh/gleidheadh) FTE	66.3	Teachd-a-steach bho mhalairt	£827,444	Buidhnean coimhearsnachd a chaidh a stèidheachadh	2	Buidhnean coimhearsnachd le barrachd comais	11

Tabhartasan do dh'Fhèisean	£220,548	Cosgais iomlan obair nam Fèisean	£882,192	Teachd-a-steach iomlan a nì na Fèisean	£661,644	Stòrais ùra a nì teachd-a-steach	1
Tachartasan cultarach	579	Daoine a gheibh buannachd	32,131	Compàirtichean	5,497	Luchd saor-thoileach	682
Obair gus lìonraidhean a chruthachadh	21	Seirbheisean/goireasan ùra/leasaichte	1	Seiseanan leasachaidh don luchd-obrach	9	Luchd-trèanaidh	149
Cèilidhean air Chuairt	7	Luchd-èisteachd nan Cèilidhean air Chuairt	17,726	Tachartasan an lùib nan Cèilidhean air Chuairt	185	Pròiseactan a nì feum do dh'eaconamaidh na Gàidhlig	4,845

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean				
InG1	Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Bhon a chaidh Fèisgoil a stèidheachadh ann an 2012 tha sinn air obair mhòr a dhèanamh le Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach a' toirt seachad seirbheisean tro chùmhnantan goirid. Eadar Faoilleach agus Giblean 2014 lìbhrig sinn teagasg ann an Gàidhlig fad deich seachdainean ann an 17 sgoiltean air taobh tuath na Gàidhealtachd agus Loch Abar mar phàirt de chùmhnant le Comhairle na Gàidhealtachd. Mar phàirt de chùmhnant le Na Cruinneachaidhean Nàiseanta thug sinn seachdad 15 bùithtean-obrach do 170 neach-obrach a tha air am fastadh le na buidhnean a tha mar phàirt de na cruinneachaidhean ann an Dùn Èideann. Fhuair sinn cùmhnant bho Chomhairle Pheairt is Cheann Rois airson Gàidhlig a theagasg ann an sgoiltean Peairt airson 11 seachdainean. Fhuair sinn cùmhnant le Àrd-sgoil Phort Rìgh ochd seachdainean de chlasaichean cultarail agus Gàidhlig a chur air dòigh a' tòiseachadh san Fhaoilleach. Tha sinn air a bhith a' sgaoileadh fiosrachaidh do dh'ùghrarrasan ionadail airson am brosnachadh ar fastadh gus cuideachadh le builean a thaobh cànain san sgeama 1+2.	
InG2	A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Rinn sinn an gnothach air 58.1% a ruighinn ann an 2014-15.	
InG3	17.5 obraichean Ionann is Làn-thìde a ghleidheadh ann an sgìre obrach HIE air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	An-dràsta tha 11.2 obrach FTE aig a' bhuidhinn. Uile gu lèir tha an àireamh de dh'obraichean air an cruthachadh no air an glèidheadh aig 66.3 FTE.	
InG4	Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri Iomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Chaidh grunn thachartasan an lùib Bhlais is nan Cèilidhean air Chuairt a	

			chumail sna sgìrean cugallach. Faicibh AC10 gu h-àrd airson fios mu phròiseactan eadar-ghinealaichean.	
lnG5	Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Chaidh adhartas mòr a dhèanamh ann an dràma Gàidhlig ann an 2014-15 agus tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth le buidhnean coimhearsnachd san ùine seo, inbhich nam measg. Tha an Sgoil Shamhraidh Dràma againn a' toirt cothroman o dh'inbhich òga. Thus sinn taic do thaisbeanadh dràma son inbhich – Às an Dorchadas - ann an co-bhonn ri Catrìona Leacsaidh Chaimbeul agus Glaschu Bhèo a bu mhath leinn a chur air a chuairt timcheall na Gàidhealtachd nas fhaide air adhart ann an 2015.	
lnG6	A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phròg ram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh'oidean gu cunbhalach. Bidh sinn a' cumail tai cri daoine trèanadh Gàidhlig a dhèanamh cuideachd. Chùm sinn latha trèanaidh do dh'oidean ICO san Lùnastal agus ghabh 22 luchd-teagaisg pàirt san deireadh sheachdain trèanaidh ann an Sabhal Mòr Ostaig sa Ghearran. Uile gu lèir, rè 2014-15, fhuair 97 saor thoilich agus 52 luchd-teagaisg pàirt ann an trèandh.	
lnG7	A dhèanamh cinnteach gu bheil 8,206 compàirtichean/luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs ann am pròg ram sgilean nam Fèisean, ann an sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Ghabh 13,347 pàirt ann an cothroman ionnsachaidh tro ar n-obair ann an 2014-15.	
lnG8	Sanasachd ga dèanamh air Cèilidhean air Chuairt is Fèis Bhlais gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta agus iad nan tarraing mhòr a thaobh cùisean turasachd chultarach, ro 31 Màrt 2015.	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn ri oidhirpean mòra gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta, agus tha sinn ag obair nas dlùithe còmhla ri VisitScotland is EventScotland is companaidhean turais fa leth gus an dèan sinn sanasachd nas fharsainge air an dà iomairt. Fhuair sinn trèanadh ann am margaidheachd agus rinneadh plana margaidheachd mar thoradh air sin a thug dhuinn bunait airson neach ceumnachaidh a thoirt a-steach. Chaidh trèanadh a thabhann dhuinn ann am margaidheachd eadar-nàiseanta san t-Samhain agus, le taic bho lnG, tha neach ceumnachaidh cuide rinn airson cuid de na molaidhean san dà aithisg a chur an gnìomh.	
lnG9	Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh	Leasachaidhean Ùra	Faicibh CS19 gu h-àrd.	
lnG10	Sgrùdadh a dhèanamh air ar dleastanasan, freagarrachd is	Leasachaidhean	Chaidh seo a dhèanamh agus tha lnG sàsaichte mun chùis.	

	èifeachd Bòrd Fèisean nan Gàidheal, ro 31 Màrt 2013	Ùra		
Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1	Taic ga chur ri gach Iomairt Ghàidhlig far a bheil oifigear aig Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air gnìomhan phractaigeach a tha a' cur taic ri gach fear, ro 31.03.15	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha an taic seo a' leantainn mar bu chòir. Bha an t-Oifigear Leasachaidh airson sgìre Lochabair agus an t-oifigear dràma an sàs le Fèis teaghlaich san Ògmhios mar phàirt de dh'Iomairt Loch Abar. Bha Oifigear an Eilein Sgitheanaich a' co-obrachadh le Fèis Thròndairnis ann an oidhrip clasaichean ciùil tro mheadhan na Gàidhlig a chumail a' dol le taic bho Fhèisean nan Gàidheal.	
BnG2	Seisean cofaidh is còmhradh gach seachdain ann an oifis Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha na seiseanan seo fhathast a' ruith ged is ann le àireamhan beag gach seachdain. Bha sinn a' sanasachd airson tuilleadh dhaoine a thàladh ach chan eil sinn a' tàladh ach dithis no triùir gach seachdain. Tha seo an urra ri suidheachadh pearsanta nan com-pàirtichean.	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanadh cànain dhan luchd-obrach air fad ro 31.03.15	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh làithean trèanaidh cànain a chumail sa Chèitean agus san Dàmhair airson an sgioba luchd-obrach air fad. Tha dithis luchd-obrach a' dèanamh cùrsa sgilean-sgrìobhaidh aig astar le Sabhal Mòr Ostaig.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile airson an luchd-obrach air fad ro 31.03.15	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh latha trèanaidh a chumail sa Chèitean air obair nam meadhanan agus chaidh seisean a chumail air Photoshop, air a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig na bu thràithe am-bliadhna do dhithis den sgioba. Rinn dithis eile bhon sgioba trèanadh dràma is sgilean cruthachail aig Eden Court. Fhuair dithis eile trèanadh ann an cleachdadh gualan a thomhas.	
BnG5	A' toirt taic dha co-dhiù 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.15	Leasachaidhean Ùra	'S i seo prìomh obrach na buidhean agus tha i a' leantainn mar bu chòir. Thèid Fèisean ùra a stèidheachadh ann am Pàislig agus ann an Apainn.	
BnG6	Fèis Bheag neo seiseanan tràth-bhliadhnaichean aig co-dhiù 6 Fèisean ro 31.03.15	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Ruith trì Fèisean deug Fèisean Beaga mar phàirt den phrìomh fhèis aca.	
BnG7	Panto Gàidhlig ann an co-dhiù 6 àiteachan ro 31.03.15	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh panto 2014, *Peigi agus a' Bhreisleach Bhuan*, air an rathad eadar 1 agus 10 Dùbhlachd, a' tadhal air 13 sgoiltean le mu 1,500 sgoilear ga fhaicinn. Gu mì-fhortanach, ri linn droch thìde, cha d' fhuair am buidheann gu sgoiltean an Eilein Sgitheanaich. Bha dà thaisbeanaidhean poblach ann an Inbhir Nis agus Glaschu le mu 100 neach gam frithealadh.	
BnG8	Còmhraidhean a chumail le Bòrd na Gàidhlig ag amas air leasachadh theatair aois 3-7	Leasachaidhean Ùra	Choinnich Calum MacMhaoilein ri Daibhidh Boag san Dàmhair aguss chaidh còmhradh a chumail air na planaichean aig Fèisean nan Gàidheal airson aoisean ro-sgoile, 's gu h-àiridh planaichean le cuairt *Hùb-Hàb* agus ullachadh goireasan ùra a-rèir sgeulachdan a thathas a' cruthachadh ri linn na cuairt seo.	
BnG9	A-rèir nan còmhraidhean sin, ag amas air cuairt seachdain le	Leasachaidhean	Chaidh Dougie Beck agus an cleasaiche Ellen NicDhòmhnaill air an rathad le	

	dealbh-chluich/taisbeanadh airson aoisean 3-7, a' tabhann seiseanan ciùil agus dràma do bhuidhnean Cròileagan agus a' gabhail a-steach 10 buidhnean ro 31.03.15	Ùra	*Hùb Hàb air an Croit* eadar 19 agus 23 Faoilleach a' tadhal air 7 buidhnean ro-sgoile agus a' dèanamh 10 taisbeanaidhean. Bhon uair sin chaidh 3 taisbeanaidhean fa-leth a dhèanamh le buidhnean ro-sgoile ann an Lochabair agus Earra-Ghàidheal.	
BnG10	80 bùth-obrach dràma Gàidhlig air an lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba ro 31.03.15	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Eadar pròiseactan Meanbh Chuileag (dealbhan-cluiche is panto), bùithtean òbrach drama son bun-sgoiltean, bùithtean-obrach dràma son àrd-sgoiltean, Sgoil Shamhraidh Dràma, Film-G is eile tha sinn air 184 bùth-obrach a lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh na dùthcha gu ruige seo. A bharrachd air seo bidh a' mhòr-chuid de na Fèisean ionadail a' tabhann dràma mar chuspair.	
BnG11	Co-dhiù 3 clubaichean dràma air an stèidheachadh ann an àrd-sgoiltean agus ann an co-bhonn ri buidhnean eile ro 31.03.15. Bidh seo co-cheangailte le cùmhnant ann an co-bhonn ri Eden Court, tron Lìonra Dràma.	Leasachaidhean Ùra	Ann an co-bhonn le Eden Court tha sinn an-dràsta an sàs le Theataran Òigridh ann am Baile Dhùbhthaich agus Inbhir Pheofharain. Tha an t-Oifigear Dràma aig Eden Court ag obair le buidheann ann an Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis cuideachd. Chruinnich na trì buidhnean còmhla airson oidhche shònraichte de thaisbeanaidhean rè seachdain Blas 2014, air 10mh Sultain. Tha sinn air iarrtas eile a chuir a-staigh dhan mhaoin seo ann am com-pàirteachas le Eden Court ag amas air a' prhòiseact a leasachadh le na sgoiltean a th' air a bhith an sàs gu ruige seo. Tha sinn toilichte gum bi am pròiseact seo a' leantainn ann an 2015-16.	
BnG12	Turas 6 seachdainean timcheall bun-sgoiltean far a bheil Gàidhlig air a teagasg, ro 31.03.15	Leasachaidhean Ùra	Eadar an Dàmhair san t-Samhain chaidh dealbh-cluiche mun chiad chogaidh, *Obair Latha Tòiseachaidh,* air an rathad a' tadhal air bun-sgoiltean far a bheil Gàidhlig ga teagasg. Chaidh 36 taisbeanaidhean a dhèanamh gu ruige seo agus bidh an dealbh cluiche a' tadhal air cuid de sgoiltean eile ro dheireadh an teirm seo leis nach robh e comasach dhaibh a ghabhail aig an àm sin.	
BnG13	Turas 2 sheachdain le dealbh-chluich dà-chànanach, gu sònraichte airson sgoiltean a tha a' faighinn FLI no seiseanan Fèisgoil, ro 31.03.15	Leasachaidhean Ùra	Bha dealbh-cluiche dà chananach mun Chogadh Mhòr a' tadhal air sgoiltean far a bheil Gàidhlig ga teagasg do luchd-ionnsachaidh sa Ghearran. Thadhail seo air còrr is 10 sgoiltean ann an sgìre na Gàidhealtachd thairis air chola-deug.	
	40 consairt Blas eadar 5-13 Sultain 2014 le pròg ram coimhearsnachd agus sgoile na lùib, ann an co-bhonn ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na prìomh cànan air an àrd-ùrlar.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh Blas a chumail eadar 5-13 Sultain le 43 consartan agus pròg ram coimhearsnachd farsaing a bharrachd orra sin ann an com-pàirt ri High Life Highland, Live Music Now, Music in Hospitals agus An Comunn Gàidhealach. A-measg nam prìomh thachartasan bha coimisean ùr *Mìorbhail nam Beann* aig Iain MacPhàrlain, *Subhachas* le Cherish the Ladies, Mischa Macpherson agus Ross Ainslie is Jarlath Henderson cho math ri cuirm chrìochnachaidh na fèise *Ceòl nam Fèis*.	

			Uile gu lèir nochd 18,668 aig tachartasan Blas 2014 le 476 luchd-ciùil an sàs anns na diofar chonsartan is cèilidhean. Tha sinn uabhasach toilichte gun robh 410 daoine saor thoileach an sàs cuideachd.	
BnG15	Consairtean air an lìbhrigeadh gu dà-chànanach, le fear/bean-an-taighe le Gàidhlig. Luchd-ciùil le Gàidhlig air am brosnachadh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bha a' Ghàidhlig gu math follaiseach sa choimisean ùr, Cuairt nam Bàrd agus aig iomadh seinneadair Gàidhlig cho math ris na fir agus mnathan an taighe a bha ga cleachdadh air an àrd-ùrlair.	
BnG16	Coimisean ùr do neach-ciùil mar phàirt de Blas 2014, le co-dhiù 4 taisbeanaidhean rè na Fèise	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh *Mìorbhail nam Beann* le Iain MacPharlain a chur air dòigh thairis air còig oidhcheannan rè na fèise. Bha an taisbeanadh stèidhichte air a' bhàrdachd ainmeil, *Moladh Beinn Dòbhrain*, aig Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir le cèol, òrain is seallaidhean den Ghàidhealtachd mar phàirt dhen taisbeanaidh. Ann an co-bhonn ri Dualchas Nàdair na h-Alba chaidh CD a dhèanamh le clàradh, airson a' chiad uair, den dàn air fad. Tha sinn uabhasach toilichte gum bi e a' nochdadh a-rithist aig Celtic Connections san Fhaoilleach 2015.	
BnG17	Cuirm 'Ceòl nam Fèis' a bhith na prìomh thachartas aig Blas 2014.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh cuirm shoirbheachail *Ceòl nam Fèis* a chumail Disathairne 13 Sultain ann an Cùirt an Aodainn, Inbhir Nis, an oidhche mu dheireadh de Bhlas 2014. Bha barrachd air 100 neach bho Fèisean air feadh Alba a' gabhail pàirt agus chaidh a' chuirm a lìbhrigeadh gu dà-chànanach le Linda NicLeòid. Fhuair na com-pàirtichean cothrom seat a chluich air beulaibh an t-sluaigh aig Duaisean Ciùil Traidiseanta na h-Alba san Dùbhachd. Bha mu 500 an làthair aig *Ceòl nam Fèis* aig Celtic Connections air Disathairne 24 Faoilleach 2015.	
BnG18	Fiosrachadh agus sanasachd gu dà-chànanach mar phàirt bhunaiteach den Fhèis, a' gabhail a-steach fear/bean-an-taighe aig gach tachartas	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh seo a' dhèanamh le gach pìos sanasachd agus margaideachd airson Blas agus le Fear no Bean an Taighe air am fastadh airson gach cuirm.	
BnG19	Ag amas air 15 neach aois 14–18 a' gabhail pàirt anns an Sgoil Shamhraidh Dràma 2014.	Leasachaidhean Ùra	Ghabh 16 sgoilear pàirt san Sgoil Shamhraidh Dràma am-bliadhna a' togail farsaingeachd de sgìlean cudromach airson stèidse a bharrachd air ionnsachadh mu sgrìobhadh, filmadh agus co-obrachadh. B' e tachartas air leth soirbheachail a bh' ann a chrìochnaich le taisbeanadh leis an òigridh ann an Àros air Diardaoin 17 Luchar le còrr is 80 san èisteachd.	
BnG20	Ag amas air 16 àrd-sgoilear a' gabhail pàirt san tachartas còmhnaidh aig na Gearanan, Eilean Leòdhais aig àm na Càisge 2015.	Leasachaidhean Ùra	Thèid 5 Latha 2015 a chumail eadar 6 agus 11 Giblean agus chaidh sanasachd a dhèanamh tràth ann an 2015.	
BnG21	Poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chur an gnìomh, le dearbhadh air Gàidhlig mar chànan-obrach làitheil agus rianachd na buidhne.		Tha Poileasaidh ùr Gàidhlig air aontachadh agus tha a' mhòr-chuid de obair-làitheil Fhèisean nan Gàidheal air a dhèanamh sa Ghàidhlig, coinneamhan a' Bhùird agus conaltradh eadar luchd-obrach na measg. Chìthear am poileasaidh an seo.	

BnG22	Clàr cunnart air a thoirt gu Bòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus lethbhreac de phàipear bòrd Fèisean nan Gàidheal co-cheangailte ris a seo, le fios as ùr air gnìomhan lasachaidh, an dèidh coinneamh bùird Fèisean nan Gàidheal.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh seo air adhart gu Bòrd na Gàidhlig agus fhuair am Bòrd-stiùiridh againn aithisg bhliadhnail mu stiùireadh chunnartan aig a' choinneamh aca sa Chèitean. Ghabhadh sin fhaicinn ann an duilleagan 71 gu 73 an seo.	
BnG23	Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseact, le fianais as ùr gach ràithe	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha suaicheantas Bòrd na Gàidhlig a' nochdadh air sanasachd mar a tha iomchaidh 's tha sinn ag aithneachadh taic ann an agallamhan, brathan-naidheachd is eile mar a tha iomchaidh, aig bonn puist-d agus ann an stuth sam bith a tha sinn a' clò-bhualadh.	
BnG24	Sanasan naidheachd a chur gu sgioba conaltraidh a' Bhùird ro làimh mar a bhios iomchaidh agus cothrom a thoirt dhan Bhòrd fios a chur ris.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Thathar a' dèanamh seo mar a tha iomchaidh, mar eisimpleir air thoiseach air Blas agus co-cheangailte ri pròiseactan mar 5 Latha agus leasachaidhean dràma.	
BnG25	Sanas làn-duilleig ann am pròg ram Blas 2014 air-loidhne air a thoirt dha Bòrd na Gàidhlig tron aonta seo.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh seo a dhèanamh agus chithear an leabhran an seo.	
Builean Chomhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	Cha d' fhuaras Aonta Seirbheis fhathast aig deireadh R4.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Lean sinn leis na chaidh aontachadh ann an 2013-14 leis nach tàinig Aonta Seirbheis. Chaidh airgead a phàigheadh le Comhairle na Gàidhealtachd.	
Builean Chomhairle nan Eilean Siar				
CnES1	£9,900 den mhaoineachadh bhon Chomhairle ann an 2014-15 a' cosg air Fèisean nan Eilean Siar a rèir na chaidh aontachadh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh maoineachadh luach £42,186 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh £9,900 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.	
CnES2	Thèid £2,900 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh £2,900 a bha air fhàgail ga chosg mu choinneimh cosgaisean co-cheangailte ri Oifigear Leasachaidh làn-thìde fhastadh airson nan Eilean Siar. Chaidh an dreuchd a dhearbhadh ann an structur ùr na buidhne agus a lìonadh air cùmhnant maireannach.	
Builean Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bòid				
CEB1	A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh tabhartasan do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal agus Bòid tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean aig Fèisean nan Gàidheal.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh maoineachadh luach £25,006 a thabhann do dh'Fhèisean ann an Earra Ghàidheal agus Bòid, a' gabhail a-staigh £9,000 bho Chomhairle Earra Ghàidheal is Bòid, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.	
	A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh cosgaisean Oifigear Leasachaidh stèidhichte ann an Earra-Ghàidheal agus Bòid.	eadh heisean	Thèid na tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean stèidhichte, pàirt den ùine, ann an Earra Ghàidheal agus pròg ram-obrach leudaichte san sgìre.	

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg ram obrach agus còmhradh a chumail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann.

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt cuideachd gu bheil aithisg ùr ga deasachadh an-dràsta a' toirt a-steach cunnraidhean anns na cùmhnantan ùra againn. Bidh seo air a cleachdadh bho dheireadh na h-Ògmhios air adhart.

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2015

Fèisean nan Gàidheal

Blas

Àireamh air a' chlàr-chùisean: 2.2015.02(b)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu phròram Blas 2015.

Blas 2015

Tha buidheann-gnìomha Blas air a bhith a' coinneachadh meadhanach tric airson pròram 2015 aontachadh.

Tha an dreach às ùire den phròram co-cheangailte airson nam prìomh thachartasan a-mhàin ged a tha obair ri dhèanamh air fhathast. A bharrachd air na tachartasan seo bidh pròram sgoiltean a' dol air adhart aig an aon àm, mar is àbhaist, cho math ri Cèilidhean Taighe.

Bidh am pròram ga fhoillseachadh aig cuirm ann an Cùirt an Aodainn, Inbhir Nis, Diardaoin 11 Ògmhios agus bidh an làrach-lìn beò agus tiocaidean ri fhaighinn airson gach tachartas an dèidh sin. Bidh fàilte ro bhuill a' Bhùird aig a' chuirm.

Bu mhath leam a' cur nur cuimhne gu bheil sinn a' ceadachadh do bhuill a' Bhùird tiocaidean suas ri £50 a cheannach airson Blas a fhrithealadh agus gheibhear an t-airgead sin air ais tro iarrtas cosgaisean.

Blas Earranta

Chaidh coinneamh den Bhòrd aig Blas Earranta air adhart ann an Inbhir Nis air 4mh Màrt, le Seòras Stoddart anns a' chathair.

Bha oifigear bho Chomhairle na Gàidhealtachd a' gabhail geàrr-chunntas den choinneamh ach cha d' fhuaras sin fhathast. Mar sin, gheibh buill Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal lethbhreac aig a' chiad choinneamh aca an dèidh dhuinn geàrr-chunntas fhaighinn.

Gnìomhan a tha a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don dreach as ùire den phròram airson Blas 2015

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2015

BLAS 2015 PROGRAMME									
	Wester Ross, Skye & Lochaber			Caithness, Sutherland & Easter Ross		Inverness, Badenoch & Strathspey		Other	
	LOCHABER	SKYE & LOCHALSH	WESTER ROSS	EASTER ROSS	CAITHNESS/SUTHERLAND	INVERNESS	BADENOCH/NAIRN	ARGYLL	NO
FR 4	ROYBRIDGE	SLEAT		EVANTON (Jubilee Hall)		ST ANDREWS CATHEDRAL	KINGUSSIE	CAMPBELLTOWN	7
	Mairi MacInnes Band	Session A9		KF 25th Anniversary		ALGILLIES	Dick Gaughan	VICTORIA HALL	
	Fèisean Lochabair Cèilidh Trail			Kiltearn Fiddlers		PA: LIMELIGHTS	Macanta	Phil and Aly	
				Lauren MacColl			PA: LIMELIGHTS	Ewen Henderson	
	PA: LIMELIGHTS	PA: LIMELIGHTS		Graham Mackenzie		BEAULY PHIPPS HALL		PA: ALY / PHIL OWN CREW	
				Katie Mackenzie		Festubert / Shinty Show			
				Fèis Rois promotiong		Gary underway with Lineup			
				PA: LIMELIGHTS		PA: LIMELIGHTS			
SAT 5		PLOCKTON HIGH SCHOOL		DINGWALL TOWN HALL	WICK	IRONWORKS		ISLAY (Port Ellen)	6
		Dick Gaughan		Cèilidh / /Dance	Session A9	Shooglenifty		Phil and Aly	
		Mairi MacInnes Band		Highland Cèilidh	Paddy Callaghan Trio	Niteworks		Ewen Henderson	
		PA:SCHOOL PA		Fèis Rois Cèilidh Trail	Fèis Gàllaibh	Hò-ro		LOCAL Fèis	
				Rona Lightfoot	PA: LIMELIGHTS	PA: IRONWORKS		PA: ALY / PHIL OWN CREW	
				Alexander Levack					
		PORTREE / AROS		Innes White					
		Possible event to tie in with		Dingwall Gaelic Choir TBC					
		Book Festival		Mischa MacPherson TBC					
		"A SUMMER IN SKYE"		PA: FÈIS ROIS					
				DAYTIME HIGH ST STUFF					
SU 6						ST ANDREWS CATHEDRAL			1
						Inverness Gaelic Choir			
						Angus Macleod			
						Mairi MacInnes			
						PA: LIMELIGHTS TBC			
MO 7				DINGWALL (National Hotel)				MULL (Bunessan)	2
				FÈIS ROIS SESSION				Phil and Aly	
				"Ceol s Ceic"				Ewen Henderson	
				Fèis Rois Session				PA: ALY / PHIL OWN CREW	
TU 8	KINLOCHLEVEN		LOCHCARRON						2
	Phil and Aly		JP Cormier						
	Ewen Henderson		Sc Trad Song Collective						
	PA: ALY / PHIL OWN CREW		Robert MacInnes						
			PA: LIMELIGHTS						
WE 9			GAIRLOCH						1
			JP Cormier						
			Sc Trad Song Collective						
			Robert MacInnes						
			PA: LIMELIGHTS						
TH 10	GLENFINNAN HOUSE	SKYE VENUE TBC	RESOLIS			EDEN COURT	NAIRN		4
	Session	DOT COMIC	JP Cormier			ONE TOUCH	The Allan Kelly Gang		
		PA: LIMELIGHTS	Sc Trad Song Collective			GAELIC YOUTH THEATRE	Margaret Stewart Trio		
	NB		Eilidh MackenzieTrio			Details TBC (Calum-Alex?)	PA: LIMELIGHTS		
	Charlie and Isobel hosting		PA: LIMELIGHTS						
	a house cèilidh - date tbc								
FR 11	ARISAIG	BROADFORD (Holding)		PORTMAHOMACK	STRATHY	INVERNESS AIRPORT	CARRBRIDGE		9
	JP Cormier	Concert & Cèildh Dance		Cherrygrove	Concert & Cèildh Dance	Hall of Fame Dinner	25TH ANNIVERSARY		
	Sc Trad Song Collective	8.00 pm Start		Eilidh MackenzieTrio	8.00 pm Start	LIMELIGHTS PA	FÈIS SPÈ		
	Maratime	Robert Nairn Dance Band		PA: LIMELIGHTS	Huradal	DIRECT WITH SIMON	Hamish Napier		
	PA: LIMELIGHTS	with Gaelic Singers			Fergie MacDonald		Sandra Robertson		
		Cathy Ann MacPhee		STRATHPEFFER	Fèis air an Oir		Charlie Mackerron		
		Ruaridh Cormack		The Allan Kelly Gang	PA: LIMELIGHTS		Mhairi Hall		
		Fèis an Earraich		Margaret Stewart Trio		EDEN COURT ONE TOUCH	Fraser Stone		
		Strath Gaelic Choir ???		PA: LIMELIGHTS	LOCHINVER	Comedy Show	PA: LIMELIGHTS		
		LIMELIGHTS			Mànran	DOT COMIC			
					PA: LIMELIGHTS	PA: LIMELIGHTS			
SA 12	INVERGARRY	PORTREE				EDEN COURT			3
	Cherrygrove	The Allan Kelly Gang				RUNRIG TRIBUTE			
	Eilidh MackenzieTrio	JP Cormier				Mànran			
	Fèisean Lochabair Cèilidh Trail	PA: LIMELIGHTS				Julie Fowlis			
	PA: LIMELIGHTS					Cathy-Ann MacPhee			
						Fèis youth element			
						PA: LIMELIGHTS			
								TOTAL EVENTS	35

Fèisean nan Gàidheal

5 Latha

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.02(c)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu 5 Latha 2015 a chaidh a chumail eadar 6-11 Giblean aig Na Gearrannan ann an Eilean Leòdhais.

Seachdain 5 Latha 2015

Am-bliadhna chuir sinn fàilte air 19 com-pàirtichean uile gu lèir tron t-seachdain.

Diluain

Chruinnich sinn uile aig Na Gearrannan, ann an Carlabhagh, mu 3f agus thòisich sinn sa bhad le dùbhlan bho Iain MacArtair. Gach bliadhna bidh Iain a' toirt dhaibh toimhseachain, no a' cur ceistean oirre mu rudan a tha iad gu bhith ag ionnsachadh rè na seachdain. Am-bliadhna bha aca ri liosta de dh'anagraman a chur ceart. Thug iad fad na còig latha ag obair air an dùbhlan seo 's chòrd e riutha fìor mhath a bhith ag ionnsachadh mu na facail ùra.

Am-bliadhna bha Norrie MacIomhair agus Iain MacPhàrlain còmhla rinn a-rithist ag obair air òrain is puirt. Bha iad ag obair còmhla ris a' chlann mar bu trice air an fheasgair agus air an oidhche às dèidh dhuinn a bhith deiseil dha na cur-seachadan diofraichte.

Dimàirt

Chaidh sinn a Nis gus tadhail air Domhnall MacSuain agus an lot aige. Seo a' chiad latha de dh'fhìor dhroch aimsir fliuch a bh' againn as na ceithir bliadhna a dh'fhalbh. 'S math gu robh 'waterproofs' aig a' chlann. Cha do chùm e air ais sinn cus ge-tà, 's fhuair a' chlann eòlas air an obair chroitearachad a tha a' dol air adhart aig Dòmhnall le caoraich, muic is eile. Tha còrr is 300 cearc aige a-nis agus bidh e a' reic uighean air feadh nan eilean 's dh' ionnsaich iad tòrr mun a' ghnìomhachas a tha a a' feuchainn ri stèidheachadh. Ged a bha iad gu math fliuch ro dheireadh an fheasgair, chòrd seo gu mòr ris na com-pàirtichean. Air an oidhche rinn sinn tuilleadh obair ciùil is beagan bèiceireachd.

Diciadain

Dh' fhuirich sinn aig Na Gearrannan an-diugh airson latha de chèol is còcaireachd. Bha sinn fortanach gun tàinig Mairi Nic a' Ghobhainn còmhla rinn airson òrain traidiseanta co-cheangailte ri seann obraichean a thoirt dhuinn agus bha taisbeanadh aice dhaibh a bha air leth inntinneach. Thug sin cothrom dhan fheadhainn a bha frithealdadh 5 Latha anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh a thighinn còmhla rinn air an latha agus bha sinn toilichte am faicinn a-rithist agus gu dearbha chuir iad gu mòr ris an latha a bh' againn. Rinn sinn còcaireachd còmhla ri Catriona agus Mairi Maureen aig Na Gearrannan a rinn duff còmhla rinn agus dh'ullaich sinn feòil shaillte agus brot leis an uairsin.

Diardaoin

Bha side mhath ann, 's bha sinn gu math taingeil airson sin leis gur e seo an latha a bha sinn aig Seatrek. Cha tàinig cur na mara air duine. Chòrd an turas gu mòr rinn uile, chunnaic iad tòrr rudan iongantach mar iolairean-mara, ròìn, eileanan beaga agus eòin-mhara eile. Bha an sgiobair, Kenny, air leth fiosraichte mu gnothaichean mara agus mun sgìre agus 's e fìor dheagh chothrom a bh' ann dhaibh a dhol a-mach ann an eathar còmhla ris. Chuir sinn seachad uair a thìde gu leth air Bearnaraigh Beag agus chunnaic sinn an Teampull a th' air an eilean agus an cladh far a bheil tòrr leacan agus eachraidh gu math inntinneach co-cheangailte riutha.

Dihaoine

Chuir sinn seachad a' mhadainn ag ullachadh airson a' chèilidh a bha gu bhith againn air an oidhche san talla choimhearsnachd ann an Carlabhagh. Air an fheasgair chaidh sinn chun a' mhòine. Bha tòrr spòrs is fealla-dhà againn an sin. Air an oidhche chum sinn cèilidh 's bha sinn air leth toilichte leis an t-sluagh a thànig a-mach, cha mhòr 50 duine. Fhuair sinn tòrr taic bho Chòisir Charlabhaigh a rinn teatha, cofaidh is bèiceireachd dhuinn.

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh gu h-àrd agus puingean sam bith a thogail mun tachartas.

Calum Ailig MacMhaoilein
Manaidsear Leasachaidh
Cèitean 2015

Fèisean nan Gàidheal

Fèisgoil

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.02(e)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu mhargaidheachd a tha sinn a' dèanamh gus seirbhisean Fèisgoil a bhrosnachadh.

Cothroman

Dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba bho chionn greis £7.2m mu choinneamh na h-iomairt cànain aca 1 + 2 aig a bheil an t-amas: "Introduce a norm for language learning based on the European Union 1 + 2 model – that is to create the conditions in which every child will learn two languages in addition to their own mother tongue. This will be rolled out over two Parliaments and will create a new model of language acquisition in Scotland".

Bu chòir dhan t-seribheis Fèisgoil a bhith ann an suidheachadh fabharach clasaichean Gàidhlig a lìbhrigeadh ann am bun-sgoiltean mar phàirt den ghluasad a tha seo.

Airson aire dhaoine anns na h-ùghdarasan ionadail a tharraing dhan t-seribheis, chuir sinn am bileag co-cheangailte timcheall orra uile a bhios a' dèiligeadh ri 1 + 2 airson faicinn am biodh ùidh aca a dhol an sàs ann am pròiseactan coltach ris an fheadhainn san robh sinn an sàs ann an 2014.

Chuir sinn crìoch bho chionn greis air obair cuide ri Comhairle Pheairt is Cheann Rois agus Comhairle na Gàidhealtachd (Àrd-sgoil Phort Rìgh) agus tha sinn a-nise a' sireadh chùmhnantan ùra.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don mhargaidheachd a tha sinn a' dèanamh de sheirbhisean Fèisgoil.

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2015

FÈISGOIL

Fèisean nan Gàidheal's Gaelic Arts-in-Education Service

Dè ghabhas dèanamh dhuibhse?

What can we do for you?

- 1 + 2 Language Learning Solutions
- GLPS (Gaelic Language in Primary Schools) minus the training costs
- Youth Music Initiative Traditional Music Classes
- Gaelic Drama Workshops or Programmes
- Pre-School Gaelic Music, Song and Puppetry
- Gaelic Awareness Training for Staff
- Preparation for Local and National Mòd Competitions
- Film-making

Fèisgoil can help deliver your objectives whether you are involved in 1+2 Language Learning and wish to include Gaelic, or whether you wish to enhance your GLPS provision. If you have measures to deliver within a Gaelic Language Plan or if you want to expand traditional music provision, we would be happy to discuss your requirements and the costs of bespoke delivery.

feisgoil@feisean.org

www.feisean.org

01478 613355

Case Study 1 - Gaelic Language in Primary Schools

Fèisgoil delivered a 10-week programme of Gaelic language tuition in 17 schools across Lochaber, Caithness and Sutherland for The Highand Council. 772 pupils were involved in the programme, based on the GLPS scheme, learning basic vocabulary which they were able to develop through a range of interesting and engaging activities. 92% of pupils said they enjoyed learning Gaelic and 80% said they would like to continue with more. Fèisgoil can offer this service to local authorities very cost-effectively since the tutors engaged are already fluent in Gaelic and the costs of training are greatly reduced as a result. We have delivered similar work for Perth & Kinross Council on a number of occasions to help them fulfil Gaelic Language Plan commitments.

Case Study 2 - Traditional Music Classes in Schools

Fèisgoil delivers Scottish traditional music classes in all Highland Council primary schools as well as in 4 schools in Renfrewshire through the Youth Music Initiative (YMI). We have also worked with schools in East Lothian. We have a large pool of tutors proficient in delivering music classes in a school setting, who ensure they plan their work carefully to deliver outcomes of the Curriculum for Excellence. Video case studies can be viewed on our website under the YMI section.

Case Study 3 - Pre-School Gaelic Music, Song & Puppetry

Fèisgoil can deliver programmes for Gaelic medium early years groups that involve work with music, song, puppety and games all designed to improve the language skills of the children by involving them in activities that are enjoyable and which facillitate use of Gaelic.

Fèisgoil is a service run by Fèisean nan Gàidheal which was formed in 1991 as an independent umbrella association for the Fèis movement. It is a company limited by guarantee and a registered charity funded by Creative Scotland, Bòrd na Gàidhlig, Highlands & Islands Enterprise, The Highland Council, Argyll & Bute Council, Comhairle nan Eilean Siar and others.

There are currently 46 Fèisean across Scotland in which 5,700 young people take part, and the organisation engages around 40,000 people annually in its activities.

The focus of the organisation's work continues to be the support of Fèisean and creating additional opportunities for Fèis participants and tutors. Fèisean nan Gàidheal runs a Gaelic Drama Summer School, tours schools with drama work based around Gaelic culture and history, organises an annual Gaelic pantomime, supports Fèisean to organise Cèilidh Trails and runs the annual Blas Festival.

Le taic bho | with support from

fèisean NAN GÀIDHEAL

Fèisean nan Gàidheal

Tasgadh: Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.02(f)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt don bhuill a' Bhùird mun sgeama Tasgadh a tha sinn a' ruith às leth Alba Chruthachail.

Bun Fhiosrachadh

Bidh cuimhne aig buill a' Bhùird gun do chuir sinn tagradh gu Alba Chruthachail sgeama tabhartasan beaga nan ealan traidiseanta a ghabhail os làimh.

Chaidh aontachadh ri seo an dèidh dhuinn cùisean a chrìochnachadh a thaobh maoin chunbhalach. Cho-dhùin Alba Chruthachail gun cuireadh iad £35k a bharrachd thugainn, le £31.5k ga sgaoileadh ann an tabhartasan agus an còrr air fhàgail againne airson cuideachadh le cosgaisean lìbhrigidh an sgeama.

Chaidh stiùireadh agus foirm iarrtais aontachadh ann an còmhraidhean le sgioba Alba Chruthachail agus chaidh an sgeama gu seòl air 11mh Cèitean.

Tha an stòras – Tasgadh – ann airson cuideachadh a thabhann do luchd-ealain airson a bhith a' cruthachadh, a' lìbhrigeadh, a' siubhal no a' taisbeanadh an cuid obrach. Tha taic cuideachd ri fhaotainn bhon stòras airson leasachaidhean proifeiseanta.

Bidh Alba Chruthachail a' leantainn le bhith a' cumail taic dìreach ri na h-ealain traidiseanta agus a' dèiligeadh ri pròiseactan mòra ann an dòighean eile, ach tha e cudromach gu bheil slighe ann gu suimean-taice beaga a tha nas aotroma agus gan sgaoileadh nas luaithe. Bidh taic ann do cheòl traidiseanta an Alba, do dhannsa agus sgeulaichean.

Bidh trì cinn-latha airson tagraidhean ann an 2015-16, a' chiad tè dhiù sin air 3 Iuchar. Gheibhear stiùireadh agus foirmean tagraidh anns na duilleagan a' leantainn airson fiosrachaidh.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don sgeama Tasgadh.

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2015

TASGADH
Traditional Arts Small Grants

Administered by fèisean NAN GÀIDHEAL with funding from CREATIVE SCOTLAND ALBA | CHRUTHACHAIL

Traditional Arts Small Grants Fund (Dance, Music, Storytelling) **Criteria and Guidelines for Applicants**

An Stòras | The Fund | The Fund

'S e stòras a th' ann an Tasgadh maoinichte le Alba Chruthachail, air a riaghladh le Fèisean nan Gàidheal agus fosgailte do bhuidhnean agus daoine fa leth. Tha Tasgadh a' toirt taic do luchd-ealain traidiseanta obair a chruthachadh, a chur air an àrd-ùrlair, a chur air chuairt no a thaisbeanadh. Gheibhear taic airson leasachadh proifeiseanta cuideachd. Chan fhaighear taic airson uidheamachd a cheannach agus cha ghabhadh an stòras a chur mu choinneamh maoin eile bho Alba Chruthachail.

Tasgadh is a fund devolvit frae Creative Scotland, mainaged by Fèisean nan Gàidheal and open tae organisations and indiveeduals. Tasgadh is designit tae gie an upheeze tae tradeetional airtists and organisations tae mak, perform, tour and shawcase wark. The fund will uphaud professional development projecks as weel. Tasgadh canna support the purchase o graith and canna be yaised tae maitch ither Creative Scotland funds.

Tasgadh is a fund devolved from Creative Scotland, managed by Fèisean nan Gàidheal and open to organisations and individuals. Tasgadh is designed to provide support for traditional artists and organisations to create, perform, tour and showcase work. The fund can also support professional development projects. Tasgadh cannot support the purchase of equipment nor can the fund be used to match other Creative Scotland funds.

Fèisean nan Gàidheal has an allocation of £31,500 available for the funding of small traditional arts projects. Although the fund is managed by Fèisean nan Gàidheal, decisions on grants will be made by a panel of advisers named on our website along with a register of their interests. Funds are accessed through a written application procedure and will be monitored and evaluated by both Fèisean nan Gàidheal and Creative Scotland.

Cò dh'fhaodadh taic iarraidh? | Wha can apply? | Who can apply?

Eligibility is in line with Creative Scotland's guidance on funding available here. In general, individuals (over 18), groups and organisations either based in Scotland, or undertaking work in Scotland, can apply to this fund. Applicants must be able to demonstrate a positive track record in and/or professional commitment to one or more of the traditional art forms:

- Scottish Traditional Dance
- Scottish Traditional Music
- Scottish Traditional Storytelling

Applicants should consider the part their project will play in helping to explore, realise and develop their creative potential, and enrich Scotland's reputation as a distinctive creative nation connected to the world.

Ag uallachadh iarrtais | Plannin an Application | Planning an application

Each applicant can apply for an award of between £250 and £1,000. Applicants who require more than £1,000 should consider applying to the Creative Scotland Open Project Fund.

There are three deadlines for 2015-16:

5pm 3 July 2015	5pm 2 October 2015	5pm 19 February 2016

Applicants should leave at least six weeks from the application deadline to the project start date. Applicants must provide evidence of 10% generated income. This could take the form of ticket sales, partnership income from another source or the applicant's own contribution. For the avoidance of doubt this fund cannot be used to match other Creative Scotland funds. In some cases applicants may be asked to resubmit an application at the next deadline or may be signposted to alternative Creative Scotland funding.

If you require any clarification on eligibility or assistance to complete an application, please contact Fèisean nan Gàidheal on 01478 613355 or e-mail tasgadh@feisean.org with your query.

Tagraichean soirbheachail | Successfu applicants | Successful applicants

Fèisean nan Gàidheal will notify all successful applicants approximately 4 weeks after the appropriate submission deadline. Successful applicants will be notified in writing with a letter of offer detailing how the funds will be paid and any conditions attached to the award. Any subsequent changes to project plans must be submitted in writing to Fèisean nan Gàidheal.

Fèisean nan Gàidheal will require the submission of an end-of-project report and will select some projects to evaluate to ensure they are being implemented as planned. We may also feature some completed projects as case studies on our website to illustrate the kinds of projects the fund can assist.

Tagraichean neo-shoirbheachail | Unsuccessfu applicants | Unsuccessful applicants

It is anticipated that there may be more qualifying applications than available funding. Fèisean nan Gàidheal and its panel of advisers will prioritise applications that demonstrate artistic integrity, a well researched and planned project, community benefit (where appropriate) and legacy of the work (where appropriate). All unsuccessful applicants will be given written feedback on their application with the reasons for the decision. Unfortunately, due to the anticipated volumes of applications, we will not be able to provide any additional feedback beyond this.

Tasgadh
Fèisean nan Gàidheal
Meal House
Portree
Isle of Skye
IV51 9BZ

Telephone 01478 613355
E-mail tasgadh@feisean.org

TASGADH
Traditional Arts Small Grants

Administered by fèisean nan GÀIDHEAL with funding from CREATIVE SCOTLAND ALBA | CHRUTHACHAIL

Traditional Arts Small Grants Fund (Dance, Music, Storytelling)
Foirm Iarrtais | Application Form

Please read the guidelines before completing your application

SECTION 1 **APPLICANT INFORMATION**

Applicant name	
Contact name (if different)	
Address	Post code
Phone number	E-mail address

Please indicate if you require any alternative communication formats

Please tick the application round deadline in which you wish your application to be considered:

3 July 2015 ☐ 2 October 2015 ☐ 19 February 2016 ☐

Please submit your application by e-mail to **tasgadh@feisean.org** or, if you prefer to send it in hard copy, to **Tasgadh, Fèisean nan Gàidheal**, **Meall House**, **Portree**, **Isle of Skye, IV51 9BZ**

Office use only:			
Date received		Reference number	
		Date acknowledged	
Amount requested	£		
Expenditure	£	Generated income	£
Projected income	£	Source of generated income	£
Identity confirmed	Yes ☐	Form of identity	
Date of decision		Date Letter of offer issued	
Letter of offer accepted		First payment made	
End-of-project form received		Final payment made	

Status of applicant (please √)

Artist (solo)	☐	Project start date	
Artist (group)	☐		
Organisation (including promoters)	☐	Expected finish date	
Other (please specify)	☐		

(Note: We cannot award you any funding if your project has already started. We would advise you to allow at least 6 weeks from your chosen application deadline to the start date of your project)

SECTION 2 THE PROJECT

Which traditional art form does your application support? (√ all those appropriate)

Scottish Traditional Dance	☐	Scottish Traditional Music	☐
Scottish Traditional Storytelling	☐		

Please provide a short biographical description of your artistic practice (up to 250 words)

Please describe the project for which you are seeking support (up to 500 words)

Please describe ways in which your project will help to explore, realise and develop your creative potential or that of the artist/s you will work with, and enrich Scotland's reputation as a distinctive creative nation connected to the world.

What is the most important outcome that you wish to achieve through this project?

What will be the community benefit and/or legacy of the work (if appropriate)?

SECTION 3 FINANCIAL INFORMATION

Please list your expenditure (budget)	**£**	Please list your income (budget) ***(Remember to clearly evidence at least 10% of generated income)***	**£**
	£		£
	£		£
	£		£
	£		£
	£		£
	£		£
	£		£
	£		£
Total planned expenditure	**£**	**Total planned Income**	**£**

Please indicate the amount for which you are applying through this application	**£**

Declaration: by signing this application you agree to the following conditions:

- If required, a member of Fèisean nan Gàidheal or its appointed advisers may contact you for further information to help with the decision making process
- If you are successful in obtaining a grant you agree to provide a short report on the funded project. Information and quotes from this feedback may appear in Fèisean nan Gàidheal and Creative Scotland publications.
- If you are successful in obtaining a grant you must acknowledge the support from Tasgadh in all related print, publications, annual reports, press releases and other materials as appropriate. Logos and guidance for their use will be sent to you with your letter of offer.
- You agree that the information provided in the application is correct to the best of your knowledge and agree that you will notify (and agree) any changes to your project proposal with Fèisean nan Gàidheal.
- Any insurance liabilities that may arise from the activities funded will remain the responsibility of the applicant – you are advised to ensure appropriate cover is in place.
- Any payment made will be returned in full if the project does not take place within 6 months of the original start date proposed; if the funds are not used as described or if an activity report form is not submitted within the prescribed period as advised with your award.

Applicant digital signature (or name if submitted electronically)

	Date	

Fèisean nan Gàidheal

Iarrtas Ballrachd

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.02(g)

Adhbhar a' Phàipeir

Aonta bhon Bhòrd a shireadh ball ùr a leigeil a-steach do dh'Fhèisean nan Gàidheal.

Bun Fhiosrachadh

Tha iarrtas againn bho chomataidh Fèis an Iar-Dheas a tha ag iarraidh Fèis a stèidheachadh ann an Dùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh.

Tha sinn air taic a chumail ris a' bhuidhinn seo roimhe le cosgaisean luchd-teagaisg bho àm gu àm nuair a bha iad an sàs ann am pròiseactan deuchainneach.

Poileasaidh

Anns a' Phlana ùr againn tha sinn ag amas air cothroman a leudachadh pàirt a ghabhail ann an ealan agus cultar na Gàidhlig. Tha sinn cuideachd a' tabhann taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag amas air Fèisean a stèidheachadh.

'S e an aon chunnart an lùib an iarrtais seo gum biodh feum air taic-airgid airson tachartasan sam bith, agus dh'fheumadh sin a thighinn bhon bhuidseat stèidhichte airson tabhartasan nam Fèisean. Bu chòir dhuinn a bhith a' lorg airgid bhon taobh a-muigh, anns a' chiad dol a-mach, airson Fèisean ùra.

Moladh

Thathar a' moladh a ghabhail ris an iarrtas leis gu bheil e a' toirt cothrom dhuinn fear de na h-amasan sa Phlana ùr againn a choileanadh agus an obair againn a leudachadh gu sgìre ùghdarrais far nach eil sinn ag obair an-dràsta.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird aontachadh ris an iarrtas ballrachd aig Fèis an Iar-Dheas.

Art MacCarmaig
Ceannard
Gearran 2015

Iarrtas Ballrachd – Membership application

Airson ballrachd a thoirt a-mach le Fèisean nan Gàidheal, feumaidh sinn fiosrachadh fhaighinn bhuaibh a leigeas leinn cead a' Bhùird-Stiùiridh againn fhaotainn ballrachd a thoirt dhuibh. Ma bhios sibh soirbheachail bidh na cùnnraidhean a leanas an cois ur ballrachd.

To be considered for membership of Fèisean nan Gàidheal, we need to get some information from you which will allow us to get approval from our Board of Directors to offer you membership.

1. **Feumaidh gach fèis a bhith a' cur air dòigh cothroman-teagaisg airson òigridh eadar 8 agus 18, le Gàidhlig na pàirt gu math mòr nan lùib, a bharrachd air ceòl bhon dhualchas Gàidhlig agus òrain Gàidhlig a theagasg. Chan urrainnear taic a chumail ri fèisean a tha gu tur airson inbhich.**

   All Fèisean applying for membership must be tuition-based, for young people aged 8-18, with a significant Gaelic language element, as well as tuition of music and song from the Scottish Gaelic tradition. Please note that we cannot support activities specifically for adults.

2. **Feumaidh gach fèis Plana Gàidhlig a chur thugainn, a bhios a' mìneachadh an dòigh anns am bi iad a' fighe a' Ghàidhlig a-steach do gach nì a tha iad a' dèanamh. Tha Poileasaidh Gàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal – a tha ri fhaighinn air an CD a tha an lùib seo - a dh'fheumas gach fèis a leantainn.**

   All Fèisean must submit a Gaelic Plan to us, detailing how they aim to incorporate Gaelic into all their activities. Fèisean nan Gàidheal has a Gaelic Policy – which is available on the accompanying CD - with which all Fèisean are expected to comply.

3. **Feumaidh gach fèis a bhith deònach gabhail ris Poileasaidh Cùram Chloinne Fèisean nan Gàidheal. Gheibhear leth-bhreac air a' CD an lùib seo. Feumaidh Oifigear Cùram Chloinne a bhith agaibh - cuideigin air a' chomataidh a bhios deònach dèiligeadh ri gnothaichean cùram chloinne. Feumaidh luchd-teagaisg, luchd-taice, buill chomataidhean agus daoine eile saor thoileach a dhol tro sgrùdadh àrd ìre le Disclosure Scotland.**

   All Fèisean will be required to comply with Fèisean nan Gàidheal's Child Protection Policy, a copy of which is on the accompanying CD. All Fèisean must appoint a Child Protection Officer - a member of the committee who is responsible for ensuring the Child Protection Policy is implemented and records are kept up to date. Enhanced disclosure checks are a requirement for all Fèis tutors, supervisors, committee members and other volunteers.

4. **Feumaidh gach fèis a bhith ag obair taobh a-staigh amasan Fèisean nan Gàidheal a tha air am mìneachadh gu h-ìseal.**

   Each fèis must also be willing to act within the aims and objectives of Fèisean nan Gàidheal, which are detailed below.

Ar dualchas ... ar n-òigridh

'S e caidreabh neo-eisimeileach nàiseanta de dh'Fhèisean teagaisg ionadail a th' ann am Fèisean nan Gàidheal

Tha Fèisean ann a dh'aona-ghnothaich gus dualchas is cànan nan Gàidheal a theagasg do dhaoine òga ann an suidheachadh spòrsail is sàbhailte.

Amas Fèisean nan Gàidheal

Tha e mar amas dhan bhuidhinn gum bi ealain, cànan is dualchas nan Gàidheal rim faotainn agus air am meas le barrachd is barrachd dhaoine le bhith cur taic ri agus a' leudachadh Fèisean teagaisg ionadail, a tha gu sònraichte do dh'òigridh.

Our culture ... our young people

Fèisean nan Gàidheal is an independent national association of tuition-based local festivals known as Fèisean (singular Fèis).

Fèisean are designed to teach young people in a fun, safe environment about Gaelic culture and language.

Aim of Fèisean nan Gàidheal

The aim of the organisation is to make Gaelic Arts, Language and Culture more accessible and more widely appreciated through the support and development of community-based tuition Fèisean, primarily for young people.

Prìomh-Oifis: Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Head Office: Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ
Fòn/Telephone **01478 613355** | **Facs**/Fax **01478 613399** | **Post-d**/E-mail **brath@feisean.org**
Companaidh earranta a tha na buidheann carthannais/Company limited by guarantee recognised as a charity | **Àireamh chlàraidh**/Registration number **SC 130071**

'S e na cinn-uidhe:

- Taic a chur ri bhith leudachadh Fhèisean fa leth, ri bhith brosnachadh dòighean-obrach math, agus ri bhith leudachadh na h-àireimh de thachartasan
- 'S e prìomh amas cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh sna Fèisean, labhairt mar sheòl-conaltraidh is meadhan-teagaisg a leudachadh, a rèir feumalachdan gach coimhearsnachd a tha na Fèisean a' frithealadh
- Obair nam Fèisean ann an roinn an fhoghlaim a leudachadh
- Pròiseactan sònraichte 's obair fo chùmhnant a lìbhrigeadh, le com-pàirtichean, 's air an toirt gu buil le Fèisean nan Gàidheal is Fèisean fa leth
- Trèanadh a leudachadh gus cur ri sgilean muinntir nam Fèisean agus gus sàradh a chur air adhart sna Fèisean
- A' cumail oirn a bhith brosnachadh dàimh nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile is dùthchannan eile, agus aithne air na Fèisean a leudachadh le bhith gabhail barrachd chothroman a thaobh sanasachd is foillseach

The objectives are to:

- Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities
- Develop the use of the Gaelic language within the Fèis movement, developing the spoken word as a means of communication and medium for tuition, according to the needs of the community each Fèis serves, is a key objective.
- Develop the work of the Fèisean within the formal education sector
- Deliver strategic projects and contract work, with partners, carried out by Fèisean nan Gàidheal and individual Fèisean
- Develop training to enhance the skills of those involved in Fèisean and promote excellence within the Fèis movement
- Continue to foster closer links between Fèisean, other organisations and other countries, and raise the profile of the Fèis movement through enhanced PR and showcase opportunities.

Ma tha sibh riaraichte aontachadh ri na cùnnraidhean a tha seo, agus ma sibh airson a dhol air adhart le ballrachd a thoirt a-mach, cuir thugainn an fhiosrachadh a leanas, le bonn-stèidh agus dearbhadh gu bheil cunntas-banca agaibh ann an ainm na Fèise.

If you are happy to agree to the conditions above, and you want to go ahead with an application for membership, please complete the details below and send it back to us, along with a copy of your Fèis constitution and confirmation of a bank account in the Fèis name.

Ainm Na Fèise – Fèis Name	FÈIS AN IAR-DHEAS
Ainm an tagraiche – Applicant's Name	ANGELA PEARCEY
Dreuchd - Position	ADMINISTRATOR
Seòladh - Address	ARDENDEE
	MAIN STREET
	CROSSMICHAEL
	DG7 3AU
Còd Puist – Post Code	
Àireamh Fòn – Telephone Number	01556 670433
Àireamh Fòn-làimhe – Mobile Number	07500 934290
Seòladh puist-d – E-mail address	gbangel4@btinternet.com
Ceann-làithean na Fèise agaibh – Your proposed Fèis Dates	SAT 24TH OCTOBER

Tha mi a' dearbhadh gu bheil mi air na cùnnraidhean a leughadh agus gu bheil mi a' gabhail riutha. Tha mi a' tagradh airson ballrachd Fèisean nan Gàidheal às leth na feise tha shuas

I confirm that I have read the conditions and agree to abide by them. I am applying for membership of Fèisean nan Gàidheal on behalf of the abovementioned Fèis

A Pearcey ..... **Ainm-sgrìobhte**/Signature 4.5.15 ..... **Ceann-là**/Date

Ma bhios ur tagradh soirbheachail, cuiridh sinn cunntas thugaibh airson na cis ballrachd.

If your application is successful, we will invoice you for the membership fee.

Cuir fiosrachadh air ais gu:
Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Please return information to:
Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ

Fèisean nan Gàidheal

Cùisean Ionmhasail

Àireamh air a'Chlàr Chùisean: 2.2015.03

Anns an aithisg seo:

Gnìomh a dhìth

Àireamh air a' Chlàr Chùisean 2.2015.3(a)
Teachd a-steach agus a-mach gu 2015-16

Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

Àireamh air a' Chlàr Chùisean 2.2015.3(b)
Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire

Aithris airson Fiosrachaidh

Àireamh air a' Chlàr Chùisean 2.2015.3(c)
Cunntasan Ràitheil gu 31 Màrt 2015

Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

Àireamh air a' Chlàr Chùisean 2.2015.3(d)
Tabhartasan nam Fèisean airson 2015-16

Airson Fiosrachaidh

Àireamh air a' Chlàr Chùisean 2.2015.3(e)
Iarrtas Fèis Spè don Stòras Leasachaidh

Airson Aontachaidh

Àireamh air a' Chlàr Chùisean 2.2015.3(f)
Cothromachadh Ionmhais gu 31 Màrt 2015

Aithris airson Fiosrachaidh

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomhna
Cèitean 2015

Teachd a-steach agus a-mach 2015-16 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 30 Giblean 2015

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.03(a)

TEACHD A-STEACH	2015-16	ÙINE	FÌOR
Prìomh Thabhartasan	£ 344,260.00	£ 28,688.33	£ 186,667.00
Cìsean Stiùiridh	£ 100,500.00	£ 8,375.00	£ 0.00
Sgeama Thabhartasan	£ 200,000.00	£ 16,666.67	£ 11,000.00
Maoin Leasachaidh nam Fèisean	£ 33,000.00	£ 2,750.00	£ 15,000.00
Uairean Bliadhnail	£ 8,000.00	£ 666.67	£ 4,000.00
Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	£ 35,000.00	£ 2,916.67	£ 0.00
Trèanadh	£ 10,500.00	£ 875.00	£ 0.00
Fèisgoil	£ 302,011.00	£ 25,167.58	£ 0.00
Fèis Bhlas	£ 208,369.00	£ 17,364.08	£ 0.00
Teachd-a-steach Eile a chaidh a Chosnadh	£ 13,500.00	£ 1,125.00	£ 378.00
Taic do Chèilidhean air Chuairt	£ 70,000.00	£ 5,833.33	£ 6,240.00
Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	£ 30,000.00	£ 2,500.00	£ 0.00
Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	£ 7,000.00	£ 583.33	£ 0.00
Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	£ 13,000.00	£ 1,083.33	£ 0.00
Goireasan is Pròg ram Didseatach	£ 7,500.00	£ 625.00	£ 0.00
Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir	£ 1,000.00	£ 83.33	£ 0.00
Seirbheis Clàr-pàighidh do na Fèisean	£ 3,348.00	£ 279.00	£ 270.00
Teachd-a-steach fhathast ri thogail	£ 30,976.00	£ 2,581.33	£ 0.00
TEACHD A-STEACH GU H-IOMLAN	**£ 1,417,964.00**	**£ 118,163.67**	**£ 223,555.00**
TEACHD A-MACH			
COSGAISEAN RUITH			
Tuarastalan an Luchd-obrach	£ 302,000.00	£ 25,166.67	£ 25,437.01
Suimeannan NIC	£ 43,186.00	£ 3,598.83	£ 2,484.13
Suimeannan Pàighte do Pheinnseanan	£ 15,100.00	£ 1,258.33	£ 684.24
Seirbheisean do na Fèisean: Tuarastalan Luchd-obrach is NI	£ 3,348.00	£ 279.00	£ 558.00
Siubhal, Àiteachan-fuirich, Biadh do Luchd-obrach	£ 20,000.00	£ 1,666.67	£ 488.79
Màl is Cìsean airson Oifisean	£ 29,000.00	£ 2,416.67	£ 1,751.66
Stuthan Pàipeir, Clò-bhualadh, Postachd is Lethbhreacan pàipeir	£ 14,000.00	£ 1,166.67	£ 734.79
Uisge is Dealain	£ 12,000.00	£ 1,000.00	£ 122.83
Cosgaisean a' Bhùird	£ 5,000.00	£ 416.67	£ 0.00
Cur Poileasaidh Dìon Chloinne an Gnìomh	£ 13,000.00	£ 1,083.33	£ 690.00
Àrachas	£ 7,000.00	£ 583.33	£ 0.00
Cosgaisean Beaga	£ 2,000.00	£ 166.67	£ 0.00
Cìsean Cunntasachd is Banca	£ 6,500.00	£ 541.67	£ 0.00
Cìsean Proifeiseanta	£ 2,000.00	£ 166.67	£ 1,524.00
A' Gleidheadh Stòras Ionnsramaidean	£ 2,000.00	£ 166.67	£ 152.30
Feuman Taice a Bharrachd	£ 2,000.00	£ 166.67	£ 0.00
Cosgaisean Calpa	£ 3,000.00	£ 250.00	£ 286.32
COSGAISEAN PHRÒGRAM			
Tabhartasan air am Pàigheadh A-mach	£ 186,903.00	£ 15,575.25	£ 12,837.00
Uairean Bliadhnail	£ 21,547.00	£ 1,795.58	£ 825.00
Maoin Leasachaidh nam Fèisean	£ 33,000.00	£ 2,750.00	£ 1,488.00
Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	£ 35,000.00	£ 2,916.67	£ 0.00
Cìs Stiùiridh Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	-£ 3,500.00	-£ 291.67	£ 0.00

Pròg ram Trèanaidh	£ 10,500.00	£ 875.00	£ 0.00
Cìs Stiùiridh airson a' Phròg raim Trèanaidh	-£ 2,000.00	-£ 166.67	£ 0.00
Fèisgoil	£ 302,011.00	£ 25,167.58	£ 999.30
Cìs Stiùiridh airson Fèisgoil	-£ 62,000.00	-£ 5,166.67	£ 0.00
Co-labhairt Bhliadhnail	£ 10,000.00	£ 833.33	£ 0.00
Fèis Bhlas	£ 208,369.00	£ 17,364.08	£ 7,853.75
Cìs Stiùiridh airson Fèis Bhlas	-£ 15,000.00	-£ 1,250.00	£ 0.00
Taic do Chèilidhean air Chuairt	£ 70,000.00	£ 5,833.33	£ 0.00
Cìs Stiùiridh airson Cèilidhdean air Chuairt	-£ 7,000.00	-£ 583.33	£ 0.00
Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	£ 30,000.00	£ 2,500.00	£ 0.00
Cìs Stiùiridh airson Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	-£ 4,000.00	-£ 333.33	£ 0.00
Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	£ 7,000.00	£ 583.33	£ 540.00
Cìs Stiùiridh: Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Ùr-nodha	-£ 2,000.00	-£ 166.67	£ 0.00
Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir	£ 1,000.00	£ 83.33	£ 0.00
Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	£ 13,000.00	£ 1,083.33	£ 0.00
Cìs Stiùiridh son Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	-£ 4,000.00	-£ 333.33	£ 0.00
Goireasan is Pròg ram Didseatach	£ 7,500.00	£ 625.00	£ 0.00
Cìs Stiùiridh airson Goireasan is Pròg ram Didseatach	-£ 1,000.00	-£ 83.33	£ 0.00
Cùl-taice	£ 1,000.00	£ 83.33	£ 0.00
FO-SHÙIM IOMLAN AIRSON CAITEACHAS	**£ 1,317,464.00**	**£ 109,788.67**	**£ 59,457.12**
Cìsean Stiùiridh	£ 100,500.00	£ 8,375.00	£ 0.00
CAITEACHAS IOMLAN	**£ 1,417,964.00**	**£ 118,163.67**	**£ 59,457.12**
Air a chur chun na Maoine Glèidhte	£ 15,075.00	£ 1,256.25	£ 0.00
CÒRR/(CALL)	**£ 0.00**	**£ 0.00**	**£ 164,097.88**

Fèisean nan Gàidheal

Cunntasan Ràitheil gu 31 Màrt 2015

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.03(c)

Fèisean nan Gàidheal
Consolidated management accounts
Year ended 31 March 2015

Description	Total	Core activities	Blas Festival	Training	ICT project - *restricted fund*	Feisgoil	Gaelic Residentials	Archiving - *restricted fund*
STATEMENT OF FINANCIAL ACTIVITIES								
INCOMING RESOURCES								
Creative Scotland	448,065	366,913	50,000	7,500	23,652			
Highland Council	338,546	31,052	72,369			235,125		
Comhairle nan Eilean Siar	12,800	12,800						
Argyll & Bute Council	31,600	20,000	11,600					
Highland & Islands Enterprise	154,839	140,412	8,000		6,426.62			
Bord na Gaidhlig	136,873	34,900	26,600			46,350	29,023	
Scottish Natural Heritage	25,000		25,000					
Comunn na Gaidhlig	1,125	1,125						
National Trust for Scotland	18,754					18,754		
Perth & Kinross Council	7,303	1,848				5,455		
Renfrewshire Council	3,447					3,447		
Visit Scotland	19,000		19,000					
Membership fees	5,470	5,470						
Sponsorship income	3,500		3,500					
Sale of publications	1,182	1,182						
Instrument bank revenue	4,754	4,754						
Training registration fees	845			845				
Ceilidh Trails - other income	17,991	2,772	15,219					
Fèisgoil income	3,520					3,520		
Drama Festivals	2,255	2,255						
Gaelic Development Income	2,218						2,218	
Management charges	109,130	109,130						
Box office / concerts	38,111	1,195	36,916					
Performance fees	1,668	1,668						
Other income	4,249	800	3,449					
Wages reimbursed by Feisean	32,882	32,882						
Bank interest received	382	382						
Total incoming respources	**1,425,509**	**771,541**	**271,653**	**8,345**	**30,079**	**312,650**	**31,241**	**0**
RESOURCES EXPENDED								
Fundraising trading								
Instrument bank costs	2,629	2,629						
Commissions	13,000		13,000					
Artistes costs	74,430		74,430					
Travel and support	28,979		28,979					
PA& Lighting	27,005		27,005					
Venue hire	4,957		4,957					
Promotion	32,075		32,075					
Project manager	40,660		40,660					
Artistic director	48		48					
Cuairt nam Bàrd & others	27,180		27,180					
	250,963	2,629	248,334	0	0	0	0	0
Charitable activities								
Wages	358,281	358,281						
Development officers & tutors	121,815					119,124	2,691	
Grants to Feisean	220,548	220,548						
Travelling	31,899					31,899		
Child protection costs	11,182	11,182						
Training	7,501			7,501				
Materials	8,295					8,295		
Showcase concerts	18,643	5,182					13,462	
Archiving project	5,617							5,617
Feisgoil tutor costs	18,607					18,607		
Sgoil Shamhraidh	14,801					14,801		
Ceilidh trail	58,091	58,091						
Music Bursary Fund	2,440					2,440		
Festival costs	400	400						
Tachartasan Comhnaidh	7,059						7,059	
Celtic Neighbours	1,125						1,125	
Meanbh-chuileag / Pantomime	18,377					18,377		
Gaelic language development	4,500						4,500	
Project management	24,880					24,880		
Development Fund	0						0	
Inter Feis activities	0	0						
Management charges	109,130	6,000	20,000	3,000		76,130	2,000	2,000
	1,043,191	659,684	20,000	10,501	0	314,553	30,837	7,617
Governance costs								
Audit & accountancy	7,400	6,350	1,050					
Committee expenses	5,242	5,242						
Annual conference	9,025	9,025						
Legal & professional fees	2,338	2,338						
	24,005	22,955	1,050	0	0	0	0	0
Support costs								
Social security	28,525	28,525						
Pensions	10,679	10,679						
Staff travel & expenses	27,630	27,630						
Office rent	22,978	22,978						
Light and heat	3,618	3,618						
Insurance	6,371	5,751	620					
Capital costs	2,188	2,188						

Fèisean nan Gàidheal
Consolidated management accounts
Year ended 31 March 2015

Description	Total	Core activities	Blas Festival	Training	ICT project - *restricted fund*	Feisgoil	Gaelic Residentials	Archiving - *restricted fund*
Capital costs - ICT project	30,079				30,079			
Telephone	9,194	9,194						
Postage and stationery	15,710	15,710						
Website costs	934	909	25					
Sundries	1,617	1,617						
Bank charges and interest	154	115	39					
Depreciation	497	221	276					
Loss on disposal of assets	1,198		1,198					
	161,371	129,134	2,159	0	30,079	0	0	0
Total resources expended	**1,479,531**	**814,402**	**271,543**	**10,501**	**30,079**	**314,553**	**30,837**	**7,617**
Net incoming / (outgoing) resources - for the year ended 31 March 2015	**(54,022)**	**(42,861)**	**110**	**(2,156)**	**0**	**(1,903)**	**404**	**(7,617)**
Total funds at 1 April 2014	199,664	184,371						15,293
Total funds at 31 March 2015	**145,642**	**141,510**	**110**	**(2,156)**	**0**	**(1,903)**	**404**	**7,676**

BALANCE SHEET AS AT 31 MARCH 2015

Fixed assets	
Photocopier - cost	11,042
Photocopier - disposals	(11,042)
Photocopier - depreciation	(9,844)
Photocopier - depreciation elim on disposal	9,844
Computer equipment - cost	2,791
Computer equipment - depreciation	(2,129)
	662
Current assets	
Grants receivable	49,925
Other debtors (loans to Feisean)	0
VAT	2,823
	52,748
Bank accounts	
FnG current account	(15,257)
FnG high interest account	123,369
Blas Festival current account	(9)
	108,103
Current liabilities	
Social security and other tax	(8,702)
Trade creditors	0
Grants to Feisean awarded but unpaid	0
Accrued expenses	(7,170)
	(15,872)
Net assets as at 31 March 2015	**145,642**

Tabhartasan nam Fèisean 2015-16 le na suimeannan pàighte gu 30 Giblean 2015

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.03(d)

Tha an clàr a leanas a' sealltainn tabhartasan a tha air an aontachadh airson nam Fèisean, agus na th' air a bhith pàighte air a' cheann-latha shuas.

Ainm Fèise	InG	InG Dùbhlanach	Prìomh Thabhartas Fèise	Maoin Ùghdarras Ionadail	Tabhartas Leantainneach	Uairean a rèir Bliadhna	Tabhartas Uairean Bliadhnail	Sgeama Leasachaidh	Tabhartas Iomlan air a Thabhann	Còrr Pàighte	Còrr gun rèiteach
Comhairle na Gàidhealtachd											
Fèis an Earraich	√	√	£1,299.00	£2,217.00	£4,158.00	120	£900.00	£1,200.00	£9,774.00	£2,847.00	£6,927.00
Fèis Lochabair	√		£315.00	£537.00	£4,271.00	120	£900.00	£0.00	£6,023.00	£0.00	£6,023.00
Fèis nan Garbh Chrìochan	√	√	£2,313.00	£3,948.00	£4,246.00	120	£900.00	£0.00	£11,407.00	£0.00	£11,407.00
Fèis Chataibh	√		£1,520.00	£2,594.00	£3,699.00	80	£600.00	£0.00	£8,413.00	£0.00	£8,413.00
Fèis a' Bhealaich	√	√	£0.00	£0.00	£960.00	15	£112.50	£0.00	£1,072.50	£0.00	£1,072.50
Fèis Rois Òigridh	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Rois nan Deugairean	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Eige	√	√	£534.00	£912.00	£0.00	80	£600.00	£0.00	£2,046.00	£0.00	£2,046.00
Feis Ghallaibh	√	√	£0.00	£0.00	£1,976.00	50	£375.00	£0.00	£2,351.00	£0.00	£2,351.00
Fèis Farr	√		£0.00	£0.00	£1,346.00	0	£0.00	£0.00	£1,346.00	£0.00	£1,346.00
Fèis na h-Òige	√		£607.00	£1,035.00	£1,752.00	0	£0.00	£0.00	£3,394.00	£0.00	£3,394.00
Fèis Air an Oir	√	√	£270.00	£461.00	£3,188.00	20	£150.00	£0.00	£4,069.00	£1,669.00	£2,400.00
Feis Ghleann Albainn	√		£801.00	£1,368.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£2,169.00	£0.00	£2,169.00
Fèis Ratharsaidh	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis a' Bhaile	√		£1,100.00	£1,876.00	£1,840.00	120	£900.00	£0.00	£5,716.00	£0.00	£5,716.00
Fèis Òigridh na Mara	√	√	£62.00	£107.00	£3,887.00	120	£900.00	£0.00	£4,956.00	£0.00	£4,956.00
Fèis Inbhir Narann	√		£800.00	£1,364.00	£4,856.00	120	£900.00	£0.00	£7,920.00	£528.00	£7,392.00
Fèis Spè	√		£1,690.00	£2,885.00	£5,553.00	0	£0.00	£0.00	£10,128.00	£2,776.50	£7,351.50
Fèis an Iar Thuath	√	√	£302.00	£516.00	£620.00	0	£0.00	£0.00	£1,438.00	£0.00	£1,438.00
Fèis Thròdairnis	√	√	£1,336.00	£2,280.00	£242.00	50	£375.00	£0.00	£4,233.00	£0.00	£4,233.00
Feis a' Chaolais	√		£0.00	£0.00	£1,508.00	0	£0.00	£0.00	£1,508.00	£0.00	£1,508.00
Iomlan Comhairle na Gàidhealtachd			**£12,949.00**	**£22,100.00**	**£44,102.00**	**1,015**	**£7,612.50**	**£1,200.00**	**£87,963.50**	**£7,820.50**	**£80,143.00**
Comhairle nan Eilean Siar											
Fèis Tìr a' Mhurain	√	√	£3,547.00	£1,350.00	£1,680.00	60	£450.00	£0.00	£7,027.00	£0.00	£7,027.00
Fèis Eilean an Fhraoich	√		£3,962.00	£1,800.00	£1,768.00	150	£1,125.00	£0.00	£8,655.00	£0.00	£8,655.00
Fèis Tìr an Eòrna	√	√	£3,287.00	£1,350.00	£944.00	50	£375.00	£0.00	£5,956.00	£0.00	£5,956.00

Fèis Bharraigh	√	√	£5,201.00	£1,350.00	£2,723.00	270	£2,025.00	£0.00	£11,299.00	£0.00	£11,299.00
Fèis Eilean na Hearadh	√	√	£1,984.00	£1,350.00	£0.00	10	£75.00	£0.00	£3,409.00	£0.00	£3,409.00
Fèis an Rubha	√		£1,755.00	£1,350.00	£272.00	0	£0.00	£0.00	£3,377.00	£0.00	£3,377.00
Fèis Taigh Dhonnchaidh	√	√	£0.00	£1,350.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£1,350.00	£835.00	£515.00
Iomlan Comhairle nan Eilean Siar			**£19,736.00**	**£9,900.00**	**£7,387.00**	**540**	**£4,050.00**	**£0.00**	**£41,073.00**	**£835.00**	**£40,238.00**
Earra-Ghàidheal agus Bhòid											
Fèis Cholla	√	√	£983.00	£0.00	£1,507.00	20	£150.00	£0.00	£2,640.00	£0.00	£2,640.00
Fèis Latharna	√		£931.50	£2,000.00	£5,040.00	100	£750.00	£0.00	£8,721.50	£1,734.50	£6,987.00
Fèis Mhuile	√	√	£1,275.00	£500.00	£0.00	38	£285.00	£0.00	£2,060.00	£0.00	£2,060.00
Fèis Thiriodh	√	√	£1,190.00	£1,500.00	£476.00	100	£750.00	£0.00	£3,916.00	£0.00	£3,916.00
Fèis Ìle agus Dhùira	√	√	£1,494.00	£3,500.00	£4,476.00	100	£750.00	£0.00	£10,220.00	£0.00	£10,220.00
Fèis na h-Appaine	√	√	£0.00	£0.00	£2,400.00	0	£0.00	£0.00	£2,400.00	£0.00	£2,400.00
Fèis Cheann Loch Goibhle	√		£1,528.00	£1,500.00	£1,016.00	50	£375.00	£0.00	£4,419.00	£0.00	£4,419.00
Iomlan Earra-Ghàidheal agus Bhòid			**£7,401.50**	**£9,000.00**	**£14,915.00**	**408**	**£3,060.00**	**£0.00**	**£34,376.50**	**£1,734.50**	**£32,642.00**
Sgìrean Eile/Bailtean Mòra											
Fèis Arainn	√		£2,600.00	£0.00	£3,120.00	0	£0.00	£0.00	£5,720.00	£1,560.00	£4,160.00
Fèis Mhoireibh	√	√	£1,690.00	£0.00	£1,970.00	60	£450.00	£0.00	£4,110.00	£0.00	£4,110.00
IOMLAN InG	**37**	**23**	**£44,376.50**	**£41,000.00**	**£71,494.00**	**2,023**	**£15,172.50**	**£1,200.00**	**£173,243.00**	**£11,950.00**	**£161,293.00**
Fèis Dhùn Èideann			£3,262.00	£0.00	£8,592.00	300	£2,250.00	£0.00	£14,104.00	£0.00	£14,104.00
Fèis Obair Dheathain			£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Feis Dhùn Bhreatainn			£0.00	£0.00	£456.00	20	£150.00	£0.00	£606.00	£0.00	£606.00
Fèis Lannraig a Tuath			£1,213.00	£0.00	£702.00	0	£0.00	£0.00	£1,915.00	£0.00	£1,915.00
Fèis Fhoirt			£4,550.00	£0.00	£4,900.00	200	£1,500.00	£0.00	£10,950.00	£3,200.00	£7,750.00
Feis Ghlaschu			£0.00	£0.00	£4,000.00	250	£1,875.00	£0.00	£5,875.00	£0.00	£5,875.00
Fèis Innis an Uillt			£575.00	£0.00	£0.00	20	£150.00	£0.00	£725.00	£0.00	£725.00
Fèis Phaislig			£1,782.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£1,782.00	£0.00	£1,782.00
Iomlan Sgìrean Eile/Bailtean Mòra			**£15,672.00**	**£0.00**	**£23,740.00**	**850**	**£6,375.00**	**£0.00**	**£45,787.00**	**£4,760.00**	**£41,027.00**
			Prìomh Thabhartas Fèise	**Maoin Ùghdarras Ionadail**	**Tabhartas Leantainneach**	**Uairean a rèir Bliadhna**	**Tabhartas Uairean Bliadhnail**	**Sgeama Leasachaidh**	**Tabhartas Iomlan air a Thabhann**	**Còrr Pàighte**	**Còrr gun rèiteach**
GU H-IOMLAN			**£ 55,758.50**	**£ 41,000.00**	**£ 90,144.00**	**2,813**	**£ 21,097.50**	**£ 1,200.00**	**£ 209,200.00**	**£ 15,150.00**	**£ 194,050.00**

Fèisean nan Gàidheal

Iarrtas Fèis Spè don Stòras Leasachaidh

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.03(e)

Adhbhar a' Phàipeir

Aonta a shireadh do dh'iarrtas dhan Stòras Leasachaidh bho Fèis Spè mu choinneamh tuarastail luchd-obrach.

Fiosrachadh

Tha Fèis Spè a' sìreadh taic-airgid mu choinneamh dreuchd oifigear leasachaidh 1.0 FTE, a tha air an roinn eadar dithis ag obair 0.5 FTE.

Air na bliadhnaichean a dh'fhalbh, tha an fhèis air taic maoineachaidh fhaighinn bhon bhuidheann LEADER a' Mhonaidh Ruaidh suas gu 2013. Bhon uair sin tha iad air a bhith fortanach taic fhaighinn bho Urras MhicDhonchaidh. Bidh an taic seo a' tighinn gu crìch ann an 2015 's tha an Fhèis air a bhith a' cur feum air barrachd taic bho Fèisean nan Gàidheal gus an dreuchd làn ùine a chumail.

Tha Fèisean nan Gàidheal ag aithneachadh cho soirbheachail 's a tha an obair a tha Fèis Spè a' dèanamh san sgìre 's mar tha iad a leasachadh chothroman do dh'òigridh. Chuir sinn romhainn sa phlana leasachaidh gum bitheamaid ag amas air taic a bharrachd a chumail ri Fèis Spè anns na bliadhnaichean a tha romhainn a' cleachdadh airgead a bha roimhe ga chleachdadh gus taic a chumail ri Fèis Rois. Bha seo an dèidh do dh'Fhèis Rois a' nochdadh gun robh iad an dùil an taic-airgid a bha iad a' faighinn bhuainne roimhe fhaotainn dìreach bho Alba Chruthachail mar phàirt den mhaoineachadh cunbhalach aca fhèin.

Leis gun do shoirbhich le Fèis Rois agus do Fèisean nan Gàidheal leis na h-iarrtasan gu Alba Chruthachail tha e a-nise comasach dhuinn beachdachadh air seo a chur an gnìomh. Dh'aontaich buill a' Bhùird, ann am prionnsabal, ri taic a thoirt do dh'Fhèis Spè nuair a chaidh prìomhachasan aontachadh mu choinneimh maoin Alba Chruthachail.

An t-Iarrtas agus Molaidhean

Tha Plana Leasachaidh ùr aig Fèis Spè airson 2015-2018 a thèid a sgaoileadh do bhuill a' Bhùird fa leth.

Tha e deatamach gum bi dreuchd an oifigear leasachaidh air a ghlèidheil gus amasan a' phlana seo a choileanadh. Gus dreuchd an oifgear leasachaidh a chumail rè an ùine seo bidh an fhèis a' sireadh maoineachadh luach £90,932, thairis air trì bliadhna agus tha iad air iarrtas a chir a-staigh dhan sgeama leasachaidh airson £88,000.

Leis gun tug sinn taic luach £3,700 seachad don fhèis am-bliadhna mar thà agus tha Urras MhicDhonnachaidh air £5,000 a thabhann dhaibh airson 2015, tha sinn a' moladh suas ri £20,634 airson an còrr de 2015/16. Tha an t-airgead seo anns a' bhuidseat agus a-rèir amasan a' phlana ùr againn.

Tha sinn cuideachd a' moladh aontachadh ann am prionnsabal ris na suimeannan suas ri £29,333 airson 2016/17 agus 2017/18. Bhiodh seo a' ciallachadh nach leig sinn a leas aonta a shireadh a-rithist agus gum biodh leantainneachd ann an sruth ionmhais Fèis Spè san àm ri teachd.

Bliadhna Ionmhais	**Iarrtas £**	**Moladh £**
2015/16	£29,334	£20,364
2016/17	£29,333	£29,333
2017/18	£29,333	£29,333
Iomlan	**£88,000**	**£79,030**

Bidh na suimeannan ann an 2016/17 agus 2017/18 a' crochadh air a bheil an t-airgead againn fhìn airson a thoirt seachad, agus mar a bhios an fhèis feumach air an taic le dùil gum bi iad a' dèanamh oidhirp thùsan airgid eile de dh'airgead a lorg mu choinneamh na dreuchd. Thèid iarraidh air an fhèis fiosrachadh cunbhalach a chumail rinn a thaobh an obair leasachaidh aca le aithisgean bhliadhnail ri ullachadh mu

choinneamh an taic a thathas a' tabhann dhaibh.

Gnìomh a dhìth
Thathas ag iarraidh air buill a' Bhùird:

a) Fa-near a thoirt do phlana leasachaidh agus iarrtas Fèis Spè dhan sgeama leasachaidh
b) Aontachadh ris an t-suim a thathas a' moladh don fhèis airson a' chiad bhliadhna – 2015/16
c) Aontachadh ann am prionnsabal ris na suimeannan a thathas a moladh airson 2016/17 agus 2017/18 agus a' ceadachadh do na h-oifigearan seo a phàigheadh a-mach a-rèir sruth airgid agus feum

Calum Ailig MacMhaoilein
Manaidsear Leasachaidh
Cèitean 2015

Fèisean nan Gàidheal

Riaghailtean ùra mu Pheinnseanan san Àite-obrach

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.03(g)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu riaghailtean ùra co-cheangailte ri peinnseanan san àite-obrach.

Bun Fhiosrachadh

Tha Fèisean nan Gàidheal air peinnsean a thabhann do luchd-obrach airson grunn bhliadhnaichean bhon a bha sin a dhith tro riaghailtean a thug Riaghaltas na Rìodhachd Aonaichte a-steach. Aig an àm seo tha e an urra ri gach neach fa lath a bheil iad ag iarraidh a bhith nam ball den pheinnsean gus nach eil.

Bhon 1 Màrt 2016 bidh feum air peinnsean a tha a' ceadachadh clàradh gun roghainn, a' ciallachadh gum feumadh an luchd-obrach air fad a bhith mar phàirt den sgeama. Bidh sinn air ar riaghladh bho sin a-mach le Riaghladair nam Peinnseanan, agus tha litir bhuapa air an ath dhuilleag.

Chan eil an sgema peinnsein a th' againn an-dràsta le HSBC a-rèir nan riaghailtean ùra leis nach eil clàradh gun roghainn ceadaichte. Mar sin, feumaidh sinn sgeama ùr a lorg agus bidh e an urra ri gach neach a bheil iad ag iarrraidh na chaidh a chaomhnadh leotha fhàgail far a bheil e cuide ri HSBC, no a ghluasad dhan companaidh ùr a bhios a' tabhann sgeama peinnsein dhuinn.

Bhon Mhàrt an ath-bhliadhna, no ron sin, bidh sinn a' tòiseach a phàigheadh a-steach do sgeama air a thabhann le companaidh eile.

Cosgaisean agus Cunnartan

Aig an ìre seo bidh Fèisean nan Gàidheal a' pàigheadh 5% de thuarastal gach duine dhan pheinnsean aca. Bidh sinn daonann a' cur suim iomlan dhan bhuidseat againn le cosgais mu choinneamh gach neach obrach eadhaon ged nach eil a h-uile duine mar phàirt den sgeama pheinnsean. Tha an clàr a leanas a' sealltainn dleastanasan Fèisean nan Gàidheal, agus an luchd-obrach, san àm ri teachd.

Ceann-latha	Cuibhreann as lugha an luchd-obrach	Suim iomlan aig a' char as lugha
Ro 30.09.17	1%	2% (including 1% staff contribution)
01.10.17 gu 30.09.18	2%	5% (including 3% staff contribution)
01.10.18 air adhart	3%	8% (including 5% staff contribution)

Leis gu bheil sinn mar thà a' pàigheadh 5% mholainn gum bu chòir do dh'Fèisean nan Gàidheal a chumail a' dol a phàigheadh na h-ìre sin dhan sgeama peinnsein. Rè ùine, bidh cogaisean nan peinnseanan ag èirigh airson luchd-obrach gach mìos agus thèid suimeannan a phàigheadh bhon tuarastal aca.

Leis gu bheil ar buidseatan uile stèidhichte air 5% bho Fèisean nan Gàidheal cha bhi cosgais sam bith a bharrachd a' laighe air a' bhuidhinn.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird:

(1) Fa-near a thoirt do na riaghailtean ùra agus ris na ceumanann a tha ri ghabhail eadar seo agus 1 Màrt 2016.
(2) Aontachadh gun cumadh Fèisean nan Gàidheal a' dol le pàigheadh 5% de thuarastal gach neach obrach dhan pheinnsean aca.

Art MacCarmaig
Ceannard
Gearran 2015

Our Reference: AEC-00600-C1S2

The Pensions Regulator

PO Box 16314
Birmingham
B23 3JP

customersupport@autoenrol.tpr.gov.uk

www.thepensionsregulator.gov.uk

87115-018167/01/01-H1

Mr Arthur Cormack
Chief Executive
Feisean Nan Gaidheal
Meall House
Portree
Isle Of Skye
IV51 9BZ

Your staging date	**1 March 2016**
Your PAYE reference	*****/2601110**
Letter code	**1126811929**

February 2015

Dear Mr Cormack

ACT NOW: you have new legal duties

The law on workplace pensions has changed. Under the Pensions Act 2008, every employer with staff in the UK must automatically enrol those who meet certain criteria into a workplace pension scheme and contribute towards it.

The staging date for Feisean Nan Gaidheal is **1 March 2016**. Your staging date is set in law and is the date your automatic enrolment duties come into effect for you. You must be prepared for this date.

Use the enclosed guide to help you get ready for your staging date. Information and guidance is also available at: **www.tpr.gov.uk/key-duties**

If you fail to comply with your duties you may be fined and/or prosecuted.

Nominate your contact by 1 April 2015 at the latest.

You should nominate a key contact to receive our additional emails which will help you comply with your duties. This can be you, an alternate member of staff or anyone else, such as an accountant, bookkeeper or payroll provider. However, as the employer you remain legally responsible for complying with your duties and will receive further correspondence in the coming months.

You must nominate by **1 April 2015** to ensure you receive our communications. Nominate using the letter code or PAYE reference above. Go to: **www.tpr.gov.uk/ae-contact**

Ensure the correct person receives our communications to help you comply with the law.

Yours sincerely

Charles Counsell

Charles Counsell
Executive director, The Pensions Regulator

automatic enrolment

Fèisean nan Gàidheal

Cùmhnantan Maoineachaidh

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.03(h)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu ìre prìomh chùmhnantan maoineachadh na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Anna na mìosan a dh'fhalbh tha sinn air a bhith a' conaltradh ri na prìomh bhuidhnean a gar maoineachadh agus tha e riatanach fiosrachadh a bhith aig buill a' Bhùird mu na cùmhnantan a chaidh aontachadh no a tha ri aontachadh fhathast.

Tha na cùmhnantan gu math mionaideach agus chan eil iad an cois pàipearan a' Bhùird. Bidh ceangal aig na buill airson sealltainn riutha ro làimh.

Alba Chruthachail

Mar a chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd dh'aontaich an Ceannard agus an Cathraichte ris a' chùmhnant le Alba Chruthachail airson 2015-18 luach £1.4m.

Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Bhon a' choinneamh mu dheireadh ghluais cùisean meadhanach sgiobalta taobh a-staigh Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus tha cùmhnant againn airson 2015-18 luach £420k. Tha e a' feitheamh air làmh-sgrìobhadh a' chathraiche an dèidh aonta a' Bhùird.

Bòrd na Gàidhlig

Chaidh cùmhnant luach £130k aontachadh le Bòrd na Gàidhlig airson 2015-16. Tha e na chleachdadh aig Bòrd na Gàidhlig a bhith ag aontachadh ri cùmhnantan airson bliadhna a-mhàin, ach bhiodh duil againn ri taic bhuapa anns na bliadhnaichean ri teachd.

Comhairle na Gàidhealtachd

Ged nach d' fhuair sinn cùmhnant fhathast, 's e mo thuigse nach bi gearradh ann am-bliadhna bho Chomhairle na Gàidhealtachd. Bidh sin a' ciallachadh gum faigheamaid £37,693 mu choinneamh tabhartasan nam Fèisean agus cosgaisean ruith Fèisean nan Gàidheal cho math ri £69,869 mu choinneamh Blas.

Comhairle nan Eilean Siar

Ged nach d' fhuair sinn cùmhnant fhathast, 's e mo thuigse gum faigheamaid an aon airgead bho Chomhairle nan Eilean Siar am-bliadhna 's a fhuair sinn an-uiridh - £12,800.

Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid

Tha sinn a' feitheamh ri ceann-latha airson coinneamh a chur air dòigh le Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid gus còmhradh a chumail mu chùmhnant san àm ri teachd. Tha gearraidhean air fàire taobh a-staigh na Comhairle agus cha bhi cothrom aca aontachadh ri càil a bharrachd air cùmhnant bliadhnail an-dràsta. Bhithinn an dòchas aonta a ruighinn ann an ùine nach bi fada.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt do shuidheachadh nan cùmhnantan maoineachaidh.

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2015

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.05(a)

Ainm	Art MacCarmaig
Dreuchd	Ceannard

Cinn-latha chudromach san Leabhar-latha bho chaidh a' choinneamh mu dheireadh a chumail

02.03.15 Làthaireachd aig coinneamh de phannal a' dèiligeadh ri maoin phròiseactan ATLAS Arts
04.03.15 Làthaireachd aig coinneamh de bhòrd Blas Earranta
10.03.15 Coinneamh le muinntir OGE mu dheidhinn Ionad Cultarail na Gàidhlig mar phàirt de OGE
11.03.15 Làthaireachd aig coinneamh de phannal a' dèiligeadh ri maoin phròiseactan ATLAS Arts
17.03.15 Làthaireachd aig coinneamh de Bhuidheann-stiùiridh Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh (Iomairtean)
23.03.15 Coinneamh le Ann Marie Reid aig InG
24.03.15 Làthaireachd aig Fàilteachas Alba Chruthachail ann am Pàrlamaid na h-Alba
02.04.15 Ag obair air a' chlar den òran Càirdeas
08.04.15 Coinneamh le Iain Mac a' Ghobhainn bho Alba Chruthachail ann am Port Rìgh
09.04.15 Coinneamh le Ellie Fletcher bhon Lanntair fhad 's a bha i ann am Port Rìgh
09.04.15 A' tadhal air Fèis Loch Abar
10.04.15 A' tadhal air Fèis an Earraich
22.04.15 Coinneamh Chomann nam Pàrant Port Rìgh (Iomairtean)
28.04.15 Coinneamh le Creative Carbon Scotland mu ghualan a thomhas
05.05.15 Coinneamh le Ann Marie Reid aig InG
05.05.15 Coinneamh le Iain Caimbeul aig Bòrd na Gàidhlig
09.09.15 Làthaireachd aig co-labhairt Chomann nam Pàrant Nàiseanta ann an Inbhir Nis (Iomairtean)
09.09.15 Làthaireachd aig coinneamh ICO ann an Inbhir Nis
13.09.15 Coinneamh le MG Alba ann an Glaschu

Ainm	**Calum Ailig MacMhaolain**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Gu làitheil tha mi a' cumail taic ris an sgioba leasachaidh agus an obair anns a bheil iad fhèin an sàs le na Fèisean aca. Bho seo a-mach cha bhith mi nam phrìomh Oifigear airson na ceithir Fèisean a bh' agam cheana 's iad a-nis air an roinn eadar Rachel Harris agus Nicola Simpson.

Chriochnaich mi an obair a bha an sas leis am pròiseact Teicneòlas 's tha na uidheamachd gu leir air a sgaoileadh a-nis agus aithisgean mu choinneamh a' phròiseict air a chuir gu Alba Chruthachail.

Tha na h-oifigearan air a bhith trang a' cur leabhar-taice ri chèile airson na Fèisean 's tha mi air a bhith cuideachadh le pìosan fiosrachaidh a bhios mar phàirt dhan phasgain seo.

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dheanmah**

Tha Fèis na h-Apainne a-nis air a stèidheachadh gu dòigheil 's tha iad air obair mhòr a dhèanamh gus Òigridh na sgìre a tharraing gu na tachartasan aca. Tha Fèis Phaislig an dùil a' chiad fhèis aca a chumail sa n Iuchar, tha iad trang ag ullachadh airson na tachartais agus a' fheuchainn ri an fhèis a bhrosnachadh gu Òigridh a' Bhaile.

Chaidh Fèis Mhuile ath-stèidheachadh sa Ghearran le àireamhan fallain dha riribh. Tha sinn cuideachd an dùil às dèidh coinenachadh ri buidheann mhòr ann an Obar Dheathain gun tèid an fhèis ath-steidheachadh sa Bhaile air a' bhliadhn' a tha romhainn.

Air a' bhliadhna seo bidh sinn ag obair ann an co-bhon leis an coimhearsnachd ann an Siaboist, a tha ag iarraidh gun tèid clasaichean Fèise (seinn is ceòl) a thabhann do chlann a sgìre.

AC4 **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean.**

Tha iarrtasan chun an sgeama leasachaidh air èirigh anns na began seachdainean a dh' fhalbh.

- Fèis Eilean an Fhraoich – Consart a comharrachadh 25 bliadhna den fhèis agus taic le CD a chlàradh. 25th Anniversary concert celebrations and cd production
- Fèis Thiriodh – Consart a comharrachadh 25 bliadhna den fhèis
- Fèis nan Garbh Chriochan – Tachartasan a comharrachadh 25 bliadhna den fhèis
- Fèis Inbhir Narainn – Seiseanan airson an còmhlan-ciùil òigridh agus cuideachd iarrtas fa-leth airson deireadh-seachdain phìobaireachd.
- Fèis an Earraich – Co-obrachadh le Hands-on studios gus cothroma thoirt do neach òga bhon fhèis 'demo-cd' a chlàradh.
- Fèis Spè –Taic airson tachartasan a tha comharrachadh 25 bliadhna den fhèis. Tha iarrtas fa-leth ann cuideachd airson tuarastail luchd-obrach.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Chaidh poileasaidh Gàidhlig ùra fhoillseachadh an uiridh às dèidh ùine chonaltraidh le na Fèisean 's tha sinn gu cunbhalach a' cumail taic riutha amasan na poileasaidh a choileanadh le seirbheisean cànain, eadar-theangachadh is eile. Bho seo a-mach feumaidh sinn taic a chumail ri luchd-teagaisg na sgileana aca leasachadh agus clàradh an adhartas a thathas a' dèanamh mu choinneamh seo.

AC7 **Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**

Chaidh 5 Latha 2015 a chumail eadar 6-11 Gibelan 's ged a bha na h-àireamhan againn ruda beag na b' ìsle airson pàirt dhan t-seachdain b' e tachartas air leth soirbheachail a bh' ann le fìor dheagh bheachdan a thighinn air ais thugainn bho chom-pàirtichean agus pàrantan. Tha aithris air na rinn sinn mar phàirt de phaipearan a' bhùird.

AC9 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Tha sinn ag amas air deireadh-seachdain trèanaidh airson oidean a dhèanamh às deidh an t-samhraidh 's tha Aonghas MacLeòid gu bhith a' coimhead ri seo a chuir air dòigh ann an Glaschu le trèanadh eile a' gabhail àite air a' Ghàidhealtachd. Tha iarrtas mhath fhathast air an sgioba ach tha cruaidh fheum a bhith ag ùrachadh na cur-seachadan agus feuchainn ri na dòighean is cur-seachadan as tarraingiche a chleachdadh anns na seiseanan aig Fèisean.

AC12 **A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig**

Ann an 2014 sgrìobh Blàr Dùbhghlais òran airson bliadhna na Gheamaichean Cho-Fhaitheis a chomharrachadh, 's chaidh sin a chleachdadh mar òran na Fèise aig grunn Fèisean rèr 2014. Aig an cuirm deireannach de Bhlas 2014, Na Trad Awards agus cònsart Ceòl nam Fèis aig Celtic Connections chaidh an t-òran seo a ghabhail le òigridh bho air feadh na Fèisean. Tha sinn an dràsta a' cruinneachadh na claraidhean a chaidh a dhèanamh le na Fèisean airson tharraing còmhla ann an aon bhideo.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**

Bidh sinn a' cumail oirnn a tabhann cothroman trèanaidh do luchd-obrach, luchd-tegaisg agus luchd-saor-thoileach nam Fèisean ann an diofar seòrsa chuspairean.

Mar luchd-obrach bidh sinn a' dèanamh co-dhiù ceithir seiseanan trèanaidh còmhla agus cho fad 's is urrainn bidh iad seo tro mheadhain na Gàidhlig. Mar tha am bliadhna tha sinn air seiseannan a dhèanamh air na Meadhannan agus Gràmair

AC14 **Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig.**

Tha Fèisean nan Gàidheal air an riochdachadh aig coinneamhan de Fhoram Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig agus cuideachd Buidhean Ciùil airson Òigridh na Gàidhealtachd aig a bheil làrach-lìn ùra - www.highlandyouthmusic.org.uk . Tha sinn cuideachd gu mòr mar phàirt den Highland Youth Arts Hub 's bidh sinn ag obair gu dlùth ris an neach-obrach Stacey Toner (Fèis Rois) a tha stiùireadh gnothaichean agus ris na buidhnean a tha an sàs san iomairt air a' Ghàidhealtachd. Bho seo a-mach bidh Nicola Simpson a' frithealadh coinneamhan den Hub as leth Fèisean nan Gàidheal.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Tha sinn air coinneachadh grunn thursan mar tha am bliadhna airson program Blas 2015 (4-12 Sultain) aontachadh 's tha an stiùirich ag obair ris na luchd-ciùil a chuir air dòigh airson na Fèise. Tha mi air a bhith 'g obair gu dlùth ri stiùiriche na Fèis agus am buidheann-gnìomh air program sgoile agus na tachartasan fhèin. Thèid an fhèis fhoillseachadh trath san t-Òg-mhios.

AC21 **A' cumail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an Oifigeir Ealain Ghàidhlig**

Tha sinn ag obair gu dlùth leis an oifigear Ghàidhlig tro choinneamhan Ngas agus mar phàirt den Lionradh Dràma Ghàidhlig.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Tha sinn air 11 seachdain de theagasg Ghàidhlig a thoirt seachad do thrì sgoiltean mar phàirt de chùmhnant le Comhairle Peairt is Cinn Rois. 'S iad na sgoiltean a bha an-sàs; Bun-sgoil Goodlyburn, Bun-sgoil Balbeggie agus Bun-sgoil Collace.

A bharrachd air sin rinn sinn seachdain de bhùithtean-obrach dhràma aig deireadh a' Mhàirt do 7 bun-sgoiltean eile a tha teagasg Gàidhlig tron sgeama GLPS ann an sgìre Peairt is Chinn Rois.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015.**

Tha sinn ag obair ann an co-bhonn le Eden Court a-rithist am bliadhna gus Theàtaran Òigridh (TÒG) a stèidheachadh ann an àrd-sgoiltean. Tha Aonghas MacLeòid air tòiseachadh obrachadh le Acadamaidh Baile Dhubhthaich agus Acadamaidh Inbhir Pheofharain gus dealbhan cluiche a sgrìobhadh airson oidhche thaisbeanaidh ann an Eden Court air 10 Sultain mar phàirt den Fhèis Bhlas.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG1 **Fianais air taic phragtaigeach a thugadh don Sgeama Comhairleachaidh Phàrant. Conaltradh cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus luchd-obrach Comann nam Pàrant agus Leasaiche Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig gus cothroman a chomharrachadh a thaobh trèanadh is sanasachd do dh'fhoghlam Gàidhlig**

Tha sinn a' brosnachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig gach cothrom, tro thachartasan Fèise, Blas agus cothroman sam bith far am b'urrainn dhuinn seo a dhèanamh. Tha sinn a' neartachadh na ceangalan a th'againn le Comunn nam Pàrant anns na diofar sgìrean anns a bheil an dà bhuidheann againn ag obair air feadh na dùthcha.

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Tha an obair seo a' leantainn mar is coir le grunn mhath dha na h-iomairtean tro obair Fèisean nan Gàidheal, ar luchd-obrach agus na Fèisean gu h-ionadail. Tha sinn a' feuchainn ri clasaichean a chuir air dòigh ann an co-bhonn le Comunn na Gàidhlig agus Foram Ghàidhlig Shiaboist gus clasaichean a thòiseachadh air a' bhliadhna seo.

BnG3 **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Às dèidh ùine cho-chonaltraidh le na Fèisean tha sinn a-nis air am Poileasaidh Ghàidhlig ùra aontachadh 's tha sinn ga chuir an gnìomh – chithear am poileasaidh air an làrach-lìn. Tha na Fèisean a leasachadh agus leudachadh na dòighean sa bheil iad a cur am poileasaidh an gnìomh le taic cunbhalach bhuain.

Anns an àm ri teachd ni sinn tuilleadh trèanaidh air sgìlean Gàidhlig agus cuideachd chuspairean mar dealbhadh dà chànanach, eadar-theangachadh agus tuilleadh air obair na meadhannan. Bidh sinn cuideachd a' coimhead ri dòighean airson treanadh chànain a thoirt do luchd-teagaisg agus buill chomataidhean nam Fèisean.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Tha sinn air a bhith a' dèanamh mòran obair le buidhnean Gàidhlig anns a' bhliadhna a dh' fhalbh tro Fèisean, Blas, co-labhairtean agus measgachadh de phròiseactan.

- Chaidh buìthtean-obrach a' lìbhrigeadh leinn aig An t-Alltan 2014
- Tha sinn ag obair le mòdan Ionadail a-rithist am bliadhna airson taic a thoirt do chlann a tha gabhail pàirt sna farpaisean
- Dh' obraich sinn le Cànan gus taic iomchaidh a thoirt do sgoilearan filmean ùra a sgrìobhadh is clàradh mar phàirt den fharpais FilmG 2015.
- Rinn sinn co-obrachadh a-rithist am bliadhna leis A' Chomunn Ghaidhealach,. Clì agus Comhairle nan Leabhraichean mar phàirt de Bhlas.

Tha an obair seo a leantainn agus air an leudachadh fad na h-ùine.

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha sinn dèanamh mòran co-obrachaidh le Ùghdarrasan Ionadail air feadh na dùthcha le obair nam Fèisean, Blas, Dràma agus seirbheisean a tha sinn a' tabhann tro Fèisgoil.

Bha mi an làthair aig seiminear na Planaichean Gàidhlig far an robh grunn bhuidhnean aig a bheil planaichean Gàidhlig ùra an làthair. Bhruidhinn mi riutha mu na cothroman a tha ri fhaighinn le Fèisgoil.

Tha sinn air cùmhnant lìbhrigeadh do Chomairle Pheairt is Cinn Rois– Faic HIE1

Eadar an Fhaoilleach agus a' Mhàirt bha sinn a lìbhrigeadh bùithtean-obrach cànain is cultarail ann an Àrd-sgoil Phort Righ gus taic a chumail ri roinn na Gàidhlig 's iad an-dràsta gann de thidsear.

BnG7 **Còmhraidhean cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus Bòrd na Gàidhlig a thaobh brathan-naidheachd a tha a' dol a-mach, le cothrom don Bhòrd briathran a chur nan cois mar as iomchaidh**

Tha sinn a' toirt cothrom do BnaG aithris a chuir ann an cuid dha na brathan naidheachd againn. Tha a h-uile pìos naidheachd a tha sinn a' sgaoileadh air a chuir dhan Bhòrd.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an seachdain chòmhnaidheach chultarach aig àm na Càisge 2014**

Faic AC7

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Tha Fèisean nan Gàidheal a bruidhinn agus a' cumail conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Cultarail. Tha sinn a' gabhail pàirt ann an coinneamhan de Foram Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig a bhios air a chuir air dòigh leis an t-oifigear agus Bòrd na Gàidhlig.

Builean Comhairle na Gàidhealtachd

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Tha sinn ag obair gu dluth le na Fèisean airson a bhith cinnteach gu bheil seo a' tachairt. Tha sinn a' cuideachadh luchd-teagaisg a bhith ag ionnsachadh agus a bhith a' cleachdadh Gàidhlig fad na h-ùine 's leanaidh an obair seo anns an àm ri teachd.

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh. Bidh sinn a' cumail taic ri còrr is 44 Fèis ann an 2015-16 agus bidh sinn a' feuchainn ar dìcheall a h-uile càil lìbhrigeadh aig àrd ìre.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh.**

Chaidh taic-airgid a thabhann do 44 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2015-16 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.
Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean (37 ann an sgìre IGE) le 23 ann an sgìrean dubhlanach, pàigheadh a-mach £209,200 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £15,150 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 8 Fèisean.

AC4 **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaid nam Fèisean.**

Gu ruige seo tha suim airgead £5,428 air a chur ma seach airson sgeama leasachaidh 15/16. Chaidh £3,700 a thoirt do Fèis Spè, Feis Inbhir Narainn £528 agus £1,200 gu Fèis an Earraich.

AC11 **A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom.**

Leanaidh YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2015-16 agus le bhith stèidheachadh Fèisgoil, tha againn air seirbheisean a reic do dh'ùghdarrasan ionadail eile gus clasaichean ciùil a lìbhrigeadh tro YMI. Fhuair sin £219,511 a-staigh bho Comhairle na Gàidhealtachd anns An Lùnastal agus tha sin a dèanamh cinnteach gu bheil airgead air a pàigheadh a-mach airson an luchd-teagasg agus na Fèisean air am pàigheadh gu cunbhalach.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Tha tòrr de an Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan ionadail. Tha iad air gabhail pairt ann an 100 consairtean fad an t-shàmhraidh. Bha tòrr cothroman air a bhi aca a bhi air an àrd-ùrlar, aig Fèis Bhlas, Na Trads agus aig Fèis Celtic Connections ann an Glaschu.

AC18 **Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba.**

Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo, tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Fèisean nan Gàidheal agus Blas. Tha mi toirt stiùir a thoirt don Oifigear Dìon Cloinne agus Oifigear Ghnothaichean bho latha gu latha agus luchd obrach eile mar a tha iomchaidh.

Maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid 15/16.

Bha mi ag obair gu dlùth còmhla ri Andy Cumming airson cunntasan ràitheil gu 31 Màrt agus bliadhnail gu 31 Màirt 2015 a cuir air dòigh.

Fhuair sin airgead £216,667.00 a-staigh bho Alba Cruthachail.

Tha sin a cumail sùil gheur air gnothaichean ceangailte ri ionmhais bho mìos gu mìos, agus biodh gu deireadh nam bliadhna, 31 Am Màrt 2016. Tha seo leanntaineach agus anns An Cèitean thug sin sùil gheur air am bùidseat a-rithist airson dèanamh cinnteach gu ro e cothromach airson aonta.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith.**

Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.
Tha sin air beagan fàirdealan a' pàigheadh a-mach airson Blas 2015 aig an ìre seo.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt.**

Chaidh foirm-iarrtais 2015-16 ùrachadh agus a-mach gu Oifigearan Leasachaidh.Thèid taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2015. Tha £52,000 a dol a-mach gu Fèisean airson na Cèilidhean air Chuairt.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail.**

Thèid Co-labhairt 2015 a chumail anns na h-Eileanan Siar air 25 is 26 Sultain 2015.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh.**

Taobh a-staigh nam buidseatan againn bheir sinn taic do dh'Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha mi a' cur sgeama tuarastail air dòigh do Fèis a' Bhaile agus Fèis Bharraigh.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail airson dèanamh cinnteach gu bheil a-rèir an t-siostam measaidh ùr PVG. (Sgeama Dìon Buidhnean So-leònte) Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas.
Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin cumail sùil air cosgaisean bho àm gu àm.

AC26 **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd.**

Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean. Tha sinn cuideachd a' toirt sùil air na sgilean a th' againn taobh a-staigh na buidhne agus treanaidh aig luchd-obrach gu ruige seo.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG2 **A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt.**

Tha sinn den bheachd gun tèid an teachd-a-steach a tha sinn fhìn a' cosnadh suas, tha sin air 51% den teachd-a-steach iomlan againn mu thràth airson am bliadhna 2013/14, am meud ri linn seirbheisean a bharrachd a thabhainneas sinn mu choinneimh chothroman a th' ann an-dràsta. Tha sinn an dòchas an àireamh seo a chur suas nas motha. Tha sin a toirt a-staigh airgead rianachd airson pròiseactan a tha sin a cur air dòigh. Tha £109,130.00 a tighinn a-staigh airson pròiseactan àbhaisteach ann an 14/15.

InG4 **Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015.**

An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri Iomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Tha feadhainn de na tachartasan an lùib Bhlais is nan Cèilidhean air Chuairt gun chumail sna sgìrean cugallach. Nì sinn ar dìcheall gus obair Fèisean nan Gàidheal a chur air adhart a bhios gu sònraichte ag amas air na sgìrean cugallach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist.**

Tha co-obrachadh a' leantainn anns gach sgìre iomairt. Bheir sinn taic do Chomunn na Gàidhlig leis na planaichean fa leth aca airson an Iomairtean agus bidh sinn a' dol gu coinneamhan gu cunbhalach gus bruidhinn air mar a tha cùisean a' tighinn air adhart agus air cothroman eile a dh'fhaodadh a bhith ann airson obair còmhla air pròiseactan. Tha luchd-obrach air fad ag obair uairean airson nan Iomairtean agus tha sin a clàradh seo, tha 1521 uairean air an clàradh airson am bliadhna ionmhais 14/15. Tha sinn air leth deònach seo a dhèanamh agus cumaidh sinn taic ris na h-Iomairtean ann an sgìrean far a bheil luchd-obrach againn no far a bheil Fèisean a' tachairt. Faodaidh iad feum a dhèanamh de ghoireas sam bith a th' againn agus tha sinn air còrr agus 500 uair de thaic bhon luchd-obrach a choileanadh. Tha FnG a' dèanamh oidhirp gus inbhe na Gàidhlig àrdachadh sgìre Phort-rìgh, tha sinn a' ruith 'cofaidh agus còmhradh' uair san t-seachdain far am faigh daoine cothrom Gàidhlig a bhruidhinn gu nàdarra, agus na sgilean aca a thoirt air adhart.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile.**

Tha an obair seo a' leantainn, gu sònraichte ann an sgìrean nan Iomairtean, agus fhuair a h-uile buidhean Ghàidhlig fiathachadh pàirt a ghabhail ann an trèanadh Gàidhlig an luchd-obrach againn.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean air feadh na dùthcha le tabhartasan maoineachaidh, àrachas (tha àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2014 le àrachas ùr iomchaidh), stòras ionnstramaidean (air a deagh cleachdadh), trèanadh cunbhalach do bhuill nan comataidhean agus barrachd.

Builean Comhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Thèid taic a chumail ri 21 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2014-15.

CnG4 **Dèan cinnteach gu bheil co-dhiù £22,526 air a roinn eadar co-dhiù 19 Fèisean a rèir foirmle a chaidh aontachadh.**

Tha Fèisean nan Gàidheal air £127,589.50 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2014-15, a' gabhail a-steach an £22,526 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

CnG5 **Dèan cinnteach gu bheil £22,526 air a chleachdadh gus taic a chumail ri Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean is airson cosgaisean coitcheann Fèisean nan Gàidheal.**

Thathar a' cosg an còrr der tabhartas, £22,526, air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.

Builean Chomhairle nan Eilean Siar

Cnes 1 **£9,900 den mhaoineachadh bhon Chomhairle ann an 2013-14 a chosg sna h-Eileanan Siar a rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £43,398 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh an £9,900 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.

Cnes 2 **Thèid £2,900 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.**

Thèid an £2,900 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.

Builean Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

AB1 **£9,000 den mhaoineachadh bhon Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an 2013-14 a chosg sa sgìre a-rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £29,136.50 a thabhann do dh'Fhèisean Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-staigh an

£9,000 bhon Chomhairle, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.

AB2 **Thèid £11,000 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.**

Thèid an £11,000 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Ainm	**Moreen Pringle**
Dreuchd	**Oifigear Ghnothaichean**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Ag obair air Sgeama Tabhartasan nam Fèisean tha mi a cuir thabhartasan a-mach gu Fèisean airson na Priomh Fèisean, Clasaichean agus Uairean-Rianachd aca.

Anns an raithe seo, chur mi thabhartasan a-mach gu 17 Fèisean.

AC16 **Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean**

Tha am bùth air an Làrach-Lìn fosgailte airson leabhraichean a' cheannach (www.feisean.org/shop.html).

Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bùithtean, m.s.a.a. Tha mi a cur a-mach fiosrachadh gu Fèisean gu cunbhalach. 'Se cothrom math tha ann airson airgead a thogal.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**

Chan eil sinn cinnteach fhathast de a dol a thachair le Co-labhairt Bhliadhnail 2015

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

8. Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnstramaidean diofarach airson clasaichean ùra a tha iad a' tòiseachadh. Tha tòrr duine ag iarraidh bogsa-ciùil agus clarsaich airson clasaichean aig an àm seo.

9.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh**

Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile.

Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Tha mi a' toirt taic do na Fèisean le tabhartasan, leabhraichean, ionnstramaidean, Faileas, m.s.a.a.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Ceangailte ri BnG10.

Ainm	Dougie Beck
Dreuchd	Oifigear Drama

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC5 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma**

Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a’ bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma

Meanbh-chuileag
Faicibh aithisgean eile airson fiosrachadh mu dhealbh-cluiche an Reifreinn (Do Roghainn Fhèin) agus dealbh-cluiche a' Chogaidh Mhòir (Obair Latha Tòiseachadh); chaidh an dà dhealbh-cluiche seo a thoirt timcheall sgoiltean eadar an Lùnastal agus an Dùbhlachd an-uiridh, agus thug mi fhìn tionndadh Beurla de dhealbh-cluiche a' Chogaidh Mhòir timcheall sgoiltean sa Ghearran. Bha am panto Gàidhlig, Peigi agus a' Bhreisleach Bhuan, air an rathad san Dùbhlachd.

Thilleadh measadh air tionndadh Beurla Obair Latha Tòiseachadh le cha mhòr a h-uile sgoil, agus bha e air leth fàbharach, le moladh mòr bho gach sgoil.

A thuilleadh air a' mheasadh a fhuaradh bho thidsearan, fhuair sinn grunn phìosan de mheasadh chloinne (litrichean agus cairtean). A-rithist, bha iad seo air leth fàbharach, le obair-ealain snog ann an cuid aca.

Fèis Dràma
Faicibh gu h-ìseal airson fiosrachadh mu Fhèis Dràma Earra-Ghàidheal is Loch Abar.

Sgoil Shamhraidh Dhràma
Faicibh gu h-ìseal airson fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dràma.

Hùb Hàb
Faicibh gu h-ìseal.

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a’ cur tachartasan air dòigh**
Leasaich mi stuthan-teagaisg airson Sgioba-G aig Fèis Lochabair na bliadhna sa, agus dh'obraich mi gu dlùth ris an luchd-teagaisg airson iad seo a mhìneachadh dhaibh.

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a’ neartachadh foghlam Gàidhlig**
Faicibh na h-aithisgean eile agam airson fiosrachadh mu na rinn sinn aig an Alltan an-uiridh.

Hùb Hàb
Faicibh na h-aithisgean eile agam airson fiosrachadh mu chuairt Hùb Hàb san Fhaoilleach.

Bhon uair sin, tha mi air grunn taisbeanaidhean (ann an tionndadh aona-neach) de Hùb Hàb a dhèanamh:

Guthan Beaga (Little Gaelic Voices) ann an Ceann Loch Gilb: thadhail mi orra sa Mhàrt, is chunnaic timcheall air dusan an taisbeanadh.

Fèis Lochabair: bha mi an làthair aig Fèis Lochabair far an d' rinn mi dà thaisbeanadh air beulaibh 30 compàirtiche òg.

Tha buidhnean ann an Gallaibh is meadhan na h-Alba air iarraidh oirnn Hùb Hàb a dhèanamh dhaibhsan. Mur nach bi ùine agam fhìn seo a dhèanamh, nì mi cinnteach gun tèid cuideigin a thrèanadh.

Tha mi an dùil gum bi leabhar-chloinne Sìneig deiseil ron t-samhradh.

Fèis Dràma
Thàinig Fèis Dràma Earra-Ghàidheal is Loch Abar gu crìch 5 Cèitean le còig sgoiltean a' taisbeanadh ochd dealbhan-cluiche.

Bho dheireadh an Fhaoillich air adhart, rinn mi an tòrr obrach le ceithir sgoiltean gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' cur ri chèile is a' leasachadh nan dealbhan-cluiche aca. Uile gu lèir, bha mi an sàs ann an timcheall air 50 bùth-obrach fa-leth anns na sgoiltean seo. A-mach às na h-ochd dealbhan-cluiche a chaidh a thaisbeanadh 5 Cèitean, sgrìobh no leasaich mi còig dhiubh (ag obair gu dlùth le sgoilearan is tidsearan). Bha mi cuideachd gu mòr an sàs ann a bhith ag ullachadh uidheamachd-stèidse do chuid de na sgoiltean. Uile gu lèir, bha timcheall air 130 sgoilear an sàs anns a' phròiseact.

'S e seo an deicheamh turas a chaidh am pròiseact seo a ruith le FnG, agus ri linn 's gur e seo an turas mu dheireadh a bhios mi an sàs ann mar neach-obrach FnG, tha mi air leth toilichte a ràdh gun robh mi air mo dhòigh

le Fèis na bliadhna sa anns an fharsaingeachd. Bha luchd-teagaisg nan sgoiltean a' gabhail ris a' phròiseact aig diofar ìrean; ann an cuid de sgoiltean bha iad gu mòr an sàs leis a h-uile sìon, ach ann an cuid eile 's ann orm fhìn a bha uallach airson cha mhòr a h-uile sìon ceangailte ris na taisbeanaidhean. Chanainn, anns an fharsaingeachd, gur ann aig na sgoiltean a bu mhotha a bha an sàs a bha na dealbhan-cluiche a bu shoirbheachaile, oir bha tidsearan nan sgoiltean seo buailteach a bhith a' cumail rudan a' dol eadar na seiseanan agam fhìn.

Chanainn gun robh MacBeatha, a leasaich mi bho bheachd-smuain a bh' aig sgoilearan is tidsear ann am Bun-sgoil Achadh na Creige san Òban, air fear de na dealbhan-cluiche òigridh a bu mhotha a chòrd rium o chionn deagh ghreis. Tha na cleasaichean òga seo airidh air moladh airson an cuid cleasachd, Gàidhlig agus obrach cruaidh.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Tha Aonghas air ceumannan a ghabhail ann a bhith a' trusadh oidean ùra airson Sgioba-G is pròiseactan eile.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Bha mi nam fhear an taighe aig Blas ann an Drochaid Ruaidh an-uiridh, agus bha mi cuideachd an sàs anns na tachartasan Blas ann an Inbhir Nis 13 Sultain. NB: ri linn 's gun robh mi gu mòr an sàs ann am Fèis Dràma Earra-Ghàidheal is Loch Abar o chionn ghoirid, bidh cuairt Meanbh-chuileag na bliadhna sa a' gabhail àite san t-Sultain, le ceangail ri Blas.

Bha mi an làthair aig taisbeanadh poblach a' phanto ann an Glaschu, aig cuirm Ceòl nam Fèis aig na Trads, agus cuideachd aig Celtic Connections.

Faicibh gu h-ìseal airson fiosrachadh mu SSD2014 agus SSD2015.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Faicibh gu h-àrd airson fiosrachadh mun phanto is dealbhan-cluiche eile. Thadhail na dealbhan-cluiche seo air a' mhòr-chuid de na sgìrean Iomairt. Chìthear gu h-àrd fiosrachadh mun Fhèis Dràma agus Hùb Hàb.

Bha mi an sàs ann an obair-stiùiridh do dh'Àrd-sgoiltean Àird nam Murchan (le fiolmadh ann an Gleann Ghionnainn) agus an Òbain san Dùbhlachd.

Rinn mi fhìn is Vicky clas aig Fèis Lochabair dhaibhsan aig an robh ùidh anns na meadhanan. Mar thoradh air a seo, tha fiolm beag taitneach a-nise air seanail YouTube FnG.

Mar a chìthear gu h-ìseal, bha mi an sàs ann a bhith lìbhrigeadh seiseanan air eachdraidh an Eilein Sgitheanaich mar phàirt de phròiseact cultarail a bh' aig Àrd-sgoil Phort Rìgh aig toiseach na bliadhna.

Bidh mi an sàs ann an seiseanan a bhios a' toirt taic do sgoiltean Shuaineart, na Morbhairne agus Àird Ghobhar a tha a' dol a-steach airson Mòd Àird nam Murchan. Bidh mi cuideachd an làthair aig a' Mhòd airson seiseanan spòrsail a ruith.

Mar a chanas mi gu h-ìseal, bha sinn an sàs ann an Seachdain Dhùn Èideann sa Ghiblean.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Dhealbhaich mi leabhran is cùrsa air aire na Gàidhlig a chaidh a chleachdadh ann an Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, is gabhaidh seo cleachdadh ann an suidheachaidhean eile den aon seòrsa.

Mar phàirt de phròiseact cultaral a lìbhrig sinn do dh'Àrd-sgoil Phort Rìgh, rinn mi 2 latha san sgoil le bùthan-obrach air eachdraidh an Eilein Sgitheanaich.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile**

co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015

Faic aithisg Aonghais airson fiosrachadh.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile

Mar a thuirt mi gu h-àrd, bha mi an làthair aig Alltan na bliadhna an-uiridh a' toirt seachad bùthan-obrach CPD.

Chaidh Christine Nic an t-Saoir fhastadh leinn airson trì làithean de chuairtean Gàidhlig a dhèanamh ann an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba mar phàirt de Sheachdain Dhùn Èideann aig Comann na Gàidhlig. 'S e mi fhìn a chuir air dòir na stuthan-teagaisg airson seo. Bha mi fhìn an làthair aig a' chèilidh aca, far an do chùm mi cùisean a' dol le geamaichean, ceòl is dannsaichean.

Mar a thuirt mi gu h-àrd, rinn mi obair-stiùiridh às leth FilmG aig toiseach na Dùbhlachd. Bha fear de na fiolmaichean seo gu math soirbheachail (bha agus fear de na fiolmaichean a rinn com-pàirtichean na Sgoile Samhraidh).

BnG5 Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal

Tha FnG ann an conaltradh le grunn ughdarrasan an-dràsta mu Fhèisgoil.

BnG9 20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma

Bha SSD2014 air leth soirbheachail, le àireamhan air am meudachadh agus deagh mheasadh air an oidhche mu dheireadh (faic aithisgean eile airson fiosrachadh).

Thèid SSD2015 a chumail ann am Port Rìgh a-rithist am-bliadhna, agus tha iarrtasan air a bhith tighinn thugainn bho thoiseach na bliadhna. Tha sinn air Daibhidh Walker agus Ruairidh MacNeacail fhastadh a-rithist am-bliadhna mar luchd-teagaisg (le Daibhidh an ceann chùisean). 'S iad na cinn-latha 6 gu 17 Iuchar, le oidhche taisbeanaidh ann an Àros Diardaoin 16 Iuchar. Leis cho mòr 's a bha mi an sàs anns an Fhèis Dràma, 's ann ann an làmhan Aonghais a bha gnothaichean na Sgoile Samhraidh o chionn beagan seachdainean.

BnG11 Cuairt 6 seachdainean le Meanbh-Chuileag timcheall sgoiltean Gàidhlig

Faicibh gu h-àrd airson fiosrachadh mu thartasan Meanbh-chuileag is eile.

BnG12 80 bùiththean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba

Ruigidh sinn an targaid seo gu furasta, eadar an Fhèis Dhràma, pròiseact nan àrd-sgoiltean, bùthan-obrach Meanbh-chuileag, cuairt Hùb Hàb obair FilmG is eile (a' gabhail a-staigh obair Fèisgoil).

BnG14 Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail

Bidh sinn a' bruidhinn gu tric ri Brian, is bidh sinn a' cur thuige fios mus a h-uile rud a nì sinn.

FIOSRACHADH EILE

- Leis gum bi mi a' fàgail FnG as t-samhradh air thoiseach air cùrsa teagaisg PGDE (bun-sgoil) san Òban, bidh mi bho seo a-mach an sàs anns an obair sgioblachaidh a leanas (a thuilleadh air obair eile a tha san leabhar-latha agam mar-thà):
- Planaichean airson tachartasan is obair às dèidh an t-samhraidh
- A' cur ri chèile eachdraidh Meanbh-chuileag is pròiseactan eile bho chionn 15 blaidhna
- A' cur rian air a' hard drive agam is cuideachd air stuthan pàipeir eile
- A' toirt sùil air na th' againn de dh'uidheamachd-stèidse ann an Inbhir Nis

Ainm	**Aonghas MacLeoid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC6 Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma

An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2015

Thèid Sgoil Shamhraidh Dhràma na bliadhna sa a chumail ann am Port Rìgh eadar 6 – 17 Iuchar 2015 agus bidh e fosgailte do dheugairean fileanta sa Ghàidhlig eadar 14 agus 18 bliadhna a dh'aois.
Chaidh Daibhidh Walker a dhearbhadh mar Stiuiriche Ealain na Sgoile agus mar oidiche.
Chaidh Ruairidh MacNeacail, a tha na obraiche dràma aig Eden Court Cruthachail, a dhearbhadh mar oidiche dràma cuideachd.
Chaidh àite-fuirich do chompàirtichean na Sgoile a ghlèidheadh aig Ostail Àrd-sgoil Phort Rìgh.
Thèid na clasaichean a chumail aig Àrd-sgoil Phort Rìgh.
Chaidh an thèatar ann an Àros a ghlèidheadh airson oidhche thaisbeanaidh na Sgoile, an oidhche mu dheireadh den Sgoil Shamhraidh.
A' leantainn air soirbheachas na sgoile an-uiridh, thèid dealbh-chluich ùr a sgriobhadh a dh' aona-ghnothaich airson na Sgoile. Tha mi fhèin an dùil sin a dhèanamh le taic bho Daibhidh Walker agus Ruairidh MacNeacail.
Gheibhear foirm-iarrtais air loidhne agus tuilleadh fiosrachaidh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd
Tha 20 àite rim fhaotainn san Sgoil Shamhraidh Dhràma. Aig an ìre-sa (11/05/15) tha 9 foirmichean-iarrtais air a thighinn a-steach. Chaidh postair a' sanasachd na Sgoile a' sgaoileadh air sgoiltean agus air-loidhne aig deireadh a' Ghiblein. Thathar an dùil tadhal air Àrd-sgoiltean le Roinnean Gàidhlig le fios mun Sgoil Shamhraidh Dhràma cuideachd.

Meanbh-chuileag – Turas Nàiseanta de Bhun-sgoiltean le FTMG

Thathar a' leasachadh planaichean airson turas nàiseanta le dealbh-chluich Gàidhlig tron t-seirbheis thèatar oideachaidh 'Meanbh-chuileag'. Gabhaidh an turas seo àite às dèidh làithean-saora nan sgoiltean eadar an Lùnastal agus an t-Sultain 2015.
Ag amas air sgoilearan eadar P4 agus P7, gheibh bun-sgoiltean le roinnean Gàidhlig agus Bun-sgoiltean Gàidhlig cothrom an dealbh-chluich fhaicinn.

AC8 Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh

- Tha mi ag obair le oifigearan leasachaidh Fèisean nan Gàidheal 's mi gu bhith an sàs ann a bhith co-òrdanachadh làithean-trèanaidh gus daoine ùra a thrusadh agus an trèanadh gus seiseanan Sgioba G a' libhreagadh aig na Fèisean.

- Bidh mi ag ùrachadh geamannan agus goireasan teagaisg Sgioba G a bhitheas freagarrach airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich.

AC12 Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig

Comhairle Pheairt 's Cinn Rois – Blasad Gàidhlig

Tro chùmnant Fèisgoil le Comhairle Pheairt 's Cinn Rois chaidh a' phròiseact 'Blasad Gàidhlig' a lìbhreagadh aig 3 bun-sgoiltean ann an siorrachd Pheairt.
Lìbhrig mise a' chiad cheithir seiseanan de 'Blasad Gàidhlig' a thòisich Diardaoin 5 Gearran. Chaidh Debbie NicAoidh fhastadh gus an còrr de na seiseanan a chumail leis an t-seisean mu dheireadh a' gabhail àite air 30/05/15. Chaidh na bùthan-obrach a lìbhreagadh turas gach seachdain airson 10 seachdain.

Bun-sgoil Phort Rìgh - Festubert

Aig deireadh a' Ghearrain thòisich mi ag obair le sgoilearan as à roinn Bheurla 's roinn Ghàidhlig aig Bun-sgoil Phort Rìgh. Às deidh coinneachadh riutha agus ùine-leasachaidh sgriobh mi dealbh-chluich dhaibh a dheasaich iad 's a thèid a thaisbeanadh aig 'Skye and Lochalsh Remembering WW1 and Festubert', tachartas a thèid a chumail ann am Port Rìgh air Dihaoine 15 Cèitean. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn air-loidhne an seo: http://www.skyeremembersfestubert.com

Bòrd na Gàidhlig

Às dèidh dhomh iarrtas fhaighinn bho Bòrd na Gàidhlig, lìbhrig mi bùth-obrach ann an 'Cluich Chruthachail' ann an Glaschu air Diluain 9 Màrt airson daoine à buidhnean Gàidhlig a tha ag obair le clann aois 0-3.

Fèis Theatar Òigridh - Eden Court

Tro 'Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig' aig Bòrd na Gàidhlig tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus obair leasachaidh a dhèanamh air soirbheachais a bh'againn le na Fèisean Thèatar Òigridh a chaidh a chumail anns a' Ghiblean 2013 agus san t-Sultain 2014. 'S e amas na Fèise thèatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Shoirbhich leis an tagradh airson taic-airgid à 'Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig' airson 2015. Chaidh coinneamh a chumail le Eden Court le Lucy McGlennon agus Ruairidh MacNeacail bho Eden Court CRUTHACHAIL air Dihaoine 13 Màrt gus clàr-ama lìbhrigidh na pròiseict a chur air dòigh.
Thòisich mi ag obair le buidheann ùr aig TÒG Bhaile Dhubhthaich aig Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich air 29 Giblean 2015.
Thòisich mi ag obair le buidheann ùr aig TÒG Inbhir Pheofharain aig Acadamaidh Inbhir Pheofharain air 7 Cèitean 2015.
Bidh na buidhnean a ghabhas pàirt anns a' phròiseact ag obair a dh' ionnsaigh Fèis Theatar Òigridh a thèid a chumail air Diardaoin 10 Sultain 2015 aig Eden Court.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseict aig www.feisean.org/tog

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Leasachadh Proifeiseanta

Starcatchers
A' leantainn air a' chùrsa aig Starcatchers a rinn mi san t-Samhainn agus san Dùbhlachd 2014 'Creative Skills: Highland' bha mi an làthair aig 'Inspiration Day' airson còmpairtichean na cùrsaichean ann an Sgilean Cruthachail a chaidh a chumail ann an sgìrean air feadh Alba. Chaidh an cùrsa a chumail ann an Dùn Deagh air Disathairne 28 Gearran 2015.

Interchange
Rinn mi a' chùrsa 'Interchange' a bh'air a ruith le Youth Theatre Arts Scotland. 'S e co-labhairt thrèanaidh bhliadhnail a th'ann an 'Interchange' airson proifeiseantaich a tha a tha cleachdadh dràma agus thèatar san obair aca le daoine òga. Chaidh an tachartas dà latha seo a chumail air 21 agus 22 Màrt ann am Baile Dhun Leibhe.

AC26 **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd**

Sanasachd

- Obair leantainneach ann a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal aig **www.feisean.org**
- A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal aig **www.facebook.com/feisean**
- A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal **@FNGaidheal**
- A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangailte ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn aig **www.youtube.com/feiseannangaidheal**
- A' taisbeanadh agus a cumail tasglann de obair na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig **www.vimeo.com/feiseannangaidheal**
- A' taisbeanadh agus a cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoile Shamhraidh Dhràma agus pròiseactan eile air Flickr aig **www.flickr.com/feiseannangaidheal**

Bòrd na Gàidhlig

BnG4 Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile

Cànan: FilmG 2015

Tro chùmhnant a tha toirt taic do FilmG 2015, gu h-àraid co-fharpais fiolmaichean ghoirid airson òigridh eadar 12 – 17, tha mi air a bhith toirt taic do bhuidhnean sgoile agus buidhnean òigridh le bhith leasachadh na fiolmaichean aca.

Chaidh 'Gaol an t-Samhraidh', fiolm ghoirid a chaidh a dhèanamh aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma an uiridh a chur a-steach don cho-fharpais agus chaidh ainmeachadh dà thuras air na geàrr-liostaichean airson 'Fiolm as Fheàrr' agus 'Riochdachdh as Fheàrr' anns an roinn òigridh.

Fhrithealaich mi fhèin 's cuid de na compàirtichean na Sgoile, Cuirm Dhuaisean FilmG a chaidh a chumail air Dihaoine 27 Màrt aig an Old Fruit Market, Glaschu.
Ged nach do bhuannaich Gaol an t-Samhraidh duais air an oidhche, fhuair Willow Iannetta, a bha na compàirtiche san Sgoil, moladh son an cleasachd a rinn i san fhiolm.

Bòrd na Gàidhlig
Às dèidh dhomh iarrtas fhaighinn bho Bòrd na Gàidhlig, lìbhrig mi bùth-obrach ann an 'Cluich Chruthachail' ann an Glaschu air Diluain 9 Màrt airson daoine à buidhnean Gàidhlig a tha ag obair le clann aois 0-3.

Fèis Theatar Òigridh - Eden Court
Tro 'Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig' aig Bòrd na Gàidhlig tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus obair leasachaidh a dhèanamh air soirbheachais a bh'againn le na Fèisean Thèatar Òigridh a chaidh a chumail anns a' Ghiblean 2013 agus san t-Sultain 2014. 'S e amas na Fèise thèatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Shoirbhich leis an tagradh airson taic-airgid à 'Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig' airson 2015. Chaidh coinneamh a chumail le Eden Court le Lucy McGlennon agus Ruairidh MacNeacail bho Eden Court CRUTHACHAIL air Dihaoine 13 Màrt gus clàr-ama lìbhrigidh na pròiseict a chur air dòigh.
Thòisich mi ag obair le buidheann ùr aig TÒG Bhaile Dhubhthaich aig Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich air 29 Giblean 2015.
Thòisich mi ag obair le buidheann ùr aig TÒG Inbhir Pheofharain aig Acadamaidh Inbhir Pheofharain air 7 Cèitean 2015.
Bidh na buidhnean a ghabhas pàirt anns a' phròiseact ag obair a dh' ionnsaigh Fèis Theatar Òigridh a thèid a chumail air Diardaoin 10 Sultain 2015 aig Eden Court.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseict aig www.feisean.org/tog

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**
An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2015
Thèid Sgoil Shamhraidh Dhràma na bliadhna sa a chumail ann am Port Rìgh eadar 6 – 17 Iuchar 2015 agus bidh e fosgailte do dheugairean fileanta sa Ghàidhlig eadar 14 agus 18 bliadhna a dh'aois.
Chaidh Daibhidh Walker a dhearbhadh mar Stiuiriche Ealain na Sgoile agus mar oidiche.
Chaidh Ruairidh MacNeacail, a tha na obraiche dràma aig Eden Court Cruthachail, a dhearbhadh mar oidiche dràma cuideachd.
Chaidh àite-fuirich do chompàirtichean na Sgoile a ghlèidheadh aig Ostail Àrd-sgoil Phort Rìgh.
Thèid na clasaichean a chumail aig Àrd-sgoil Phort Rìgh.
Chaidh an thèatar ann an Àros a ghlèidheadh airson oidhche thaisbeanaidh na Sgoile, an oidhche mu dheireadh den Sgoil Shamhraidh.
A' leantainn air soirbheachas na sgoile an-uiridh, thèid dealbh-chluich ùr a sgriobhadh a dh' aona-ghnothaich airson na Sgoile. Tha mi fhèin an dùil sin a dhèanamh le taic bho Daibhidh Walker agus Ruairidh MacNeacail.
Gheibhear foirm-iarrtais air loidhne agus tuilleadh fiosrachaidh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd
Tha 20 àite rim fhaotainn san Sgoil Shamhraidh Dhràma. Aig an ìre-sa (11/05/15) tha 9 foirmichean-iarrtais air a thighinn a-steach. Chaidh postair a' sanasachd na Sgoile a' sgaoileadh air sgoiltean agus air-loidhne aig deireadh a' Ghiblein. Thathar an dùil tadhal air Àrd-sgoilten le Roinnean Gàidhlig le fios mun Sgoil Shamhraidh Dhràma cuideachd.

BnG10 **Fèis air feadh Alba**
Tha mi air a bhith toirt taic rianachd do Fèis Innis an Uillt ann an Drochaid an Easbuig, leis an Fhèis a tha gu bhith aca aig deireadh a Chèitein 's toiseach na h-Òg-mhìos.

BnG12 **80 bùiththean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**
Comhairle Pheairt 's Cinn Rois – Fèis Dràma
Aig deireadh a' Mhàirt, tro chùmhnant Fèisgoil le Comhairle Pheairt 's Cinn Rois, lìbhrig Fèisean nan Gàidheal sreath de bhùthan-obrach dràma a bha freagarrach airson fileantaich agus luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean eadar dhealaichte san sgìre. Chaidh Debbie NicAoidh fhastadh gus bùthan-obrach a libhreagadh aig Bun-sgoil Bhaile Chloichridh, Bun-sgoil Dhun Chaillinn, Bun-sgoil Bhraghaid Albainn agus Acadamaidh Bhraghaid Albainn. Rinn mise bùthan-obrach airson na sgoilearan às na h-ionadan Gàidhlig aig Bun-sgoil Bhraghaid Albainn agus Bun-sgoil Goodlyburn agus chosg mi latha ag obair le sgoilearan aig Bun-sgoil Cheann Loch Raineach agus Bun-sgoil Bhlàr Athail.

Sealladh TV
Tha sinn an conaltradh le Sealladh TV a thaobh a bhith lìbhreagadh bùthan-obrach ann an cleasachd air beulaibh a' chamara dhaibh.

Fèis Theatar Òigridh - Eden Court
Tro 'Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig' aig Bòrd na Gàidhlig tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus obair leasachaidh a dhèanamh air soirbheachais a bh'againn le na Fèisean Thèatar Òigridh a chaidh a chumail anns a' Ghiblean 2013 agus san t-Sultain 2014. 'S e amas na Fèise thèatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Shoirbhich leis an tagradh airson taic-airgid à 'Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig' airson 2015. Chaidh coinneamh a chumail le Eden Court le Lucy McGlennon agus Ruairidh MacNeacail bho Eden Court CRUTHACHAIL air Dihaoine 13 Màrt gus clàr-ama lìbhrigidh na pròiseict a chur air dòigh.
Thòisich mi ag obair le buidheann ùr aig TÒG Bhaile Dhubhthaich aig Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich air 29 Giblean 2015.
Thòisich mi ag obair le buidheann ùr aig TÒG Inbhir Pheofharain aig Acadamaidh Inbhir Pheofharain air 7 Cèitean 2015.
Bidh na buidhnean a ghabhas pàirt anns a' phròiseact ag obair a dh' ionnsaigh Fèis Theatar Òigridh a thèid a chumail air Diardaoin 10 Sultain 2015 aig Eden Court.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseict aig www.feisean.org/tog

Meanbh-chuileag – Turas Nàiseanta de Bhun-sgoiltean le FTMG
Thathar a' leasachadh planaichean airson turas nàiseanta le dealbh-chluich Gàidhlig tron t-seirbheis thèatar oideachaidh 'Meanbh-chuileag'. Gabhaidh an turas seo àite às dèidh làithean-saora nan sgoiltean eadar an Lùnastal agus an t-Sultain 2015.
Ag amas air sgoilearan eadar P4 agus P7, gheibh bun-sgoiltean le roinnean Gàidhlig agus Bun-sgoiltean Gàidhlig cothrom an dealbh-chluich fhaicinn.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG3 **An àireamh de dhaoine òga a gheibh teagasg Gàidhlig a leudachadh (bho àireamh 2011-12 a bha aig 2,556)**

Bun-sgoil Phort Rìgh - Festubert
Aig deireadh a' Ghearrain thòisich mi ag obair le sgoilearan as à roinn Bheurla 's roinn Ghàidhlig aig Bun-sgoil Phort Rìgh. Às deidh coinneachadh riutha agus ùine-leasachaidh sgriobh mi dealbh-chluich dhaibh a dheasaich iad 's a thèid a thaisbeanadh aig 'Skye and Lochalsh Remembering WW1 and Festubert', tachartas a thèid a chumail ann am Port Rìgh air Dihaoine 15 Cèitean. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn air-loidhne an seo: http://www.skyeremembersfestubert.com

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

- Tha mi air a bhith toirt taic rianachd do Fèis Innis an Uillt leis an Fhèis a tha gu bhith aca aig deireadh a Chèitein 's toiseach na h-Òg-mhìos.
- Bha mi nam bhritheamh aig Fèis Dhràma Earra-Ghàidheal 's Loch Abar air 05/05/15 a chaidh a chumail aig Tallaichean a' Chorrain san Òban.
- Tha mi ag obair le oifigearan leasachaidh Fèisean nan Gàidheal 's mi gu bhith an sàs ann a bhith co-òrdanachadh latha trèanaidh gus daoine ùra a thrusadh agus a thrèanadh gus seiseanan Sgioba G a' libhreagadh aig na Fèisean.
- Bidh mi ag ùrachadh geamannan agus goireasan teagaisg Sgioba G a bhitheas freagarrach airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich.

Ainm	**Nicola Simpson**
Dreuchd	**Àrd Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Anns an dreuchd agam bidh mi ag obair le naoi Fèisean eadar Sgire na Gàidhealtachd, Mhoirebh agus Obar Dheathain. Anns an obair-laitheil agam bidh mi ag obair leis an sgioba leasachaidh air fad airson taic a thoirt do na Fèisean anns an sgìrean seo agus do na Fèisean a tha a' ruith Chèilidhean air Chuairt.
Bidh Fèis Mhoireibh a' tachairt aig deireadh na mìosa seo agus bidh Fèis Gleann Albainn a' dol air adhart anns an Iuchar. A bharrachd air sin bidh Fèis na h-Òige, Fèis a' Bhaile, Fèis Inbhir Narainn agus Fèis Spè a' cumail a' dol leis na clasaichean agus bùthan-obrach aca.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Anns a' chiad chairteal den bhliadhna crìochnaich na Fèisean air fad na foirmichean-iarrtais aca agus a bharrachd air sin rinn mu beagan obair a' sgrùdadh air na h-iarrtasan a thànaig a-steach na bu thràithe air a' bhliadhna seo, neo aig deireadh na bliadhna a dh' fhalbh airson a bhith cinnteach gum bi na Fèisean a faighinn an taic-airgid a bu chòir a bhith aca ro dheireadh na bliadhna-ionmhais.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bidh sinn ag obair leis na Fèisean air fad, agus a' toirt taic riutha airson Gàidhlig a chleachdadh agus a leasachadh aig na tachartasan aca.

Anns a' Mhàrt chùm Fèis na h-Òige deireadh seachdain de bhùthan-obrach Pìobaireachd agus Drummaireachd le taic-airgid bhon sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd.

Fhuair Fèis Spè taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig cuideachd airson bhuidhnean seinn ùr a thoiseachadh agus airson òran ùr a sgrìobhadh. Thèid an t-òran a chur air bhog aig Blas 2015 mar phàirt de chuirm-ciùil sonraichte a' comharrachadh 25 bliadhna den Fhèis.

AC7 **Tachartasan tro mheadhanna Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raontean cultarach eile**

Fhuair sinn taic-airgid airson a' phròiseict iomlaid againn ri leantainn agus bidh am proiseact seo a' tachairt tro mheadhan na Gàidhlig agus na Gaeilge. Bha dùil againn a bhith a' dol air turas a dh' Èirinn sa Mhàrt ach cha d'fhuair sinn cinn-latha freagarrach airson sin.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bidh mi a leantainn leis an obair còmhla ri na Cèilidhean air Chuairt airson dèanamh cinnteach gu bheil Fèis Alba – an t-seachdain trèanaidh airson nan Cèilidhean air Chuairt – a' toirt seachad trèanadh iomchaidh agus feumail. Am bliadhna bidh Fèis Alba a' tachairt anns a' Phloc bho 6-10 den Iuchar.

Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachaidh mu dheidhinn chothroman trèanaidh mar phàirt den obair laitheil agam.

Air Diciadain 18mh Gearran bha mi an sàs ann an seisean trèanaidh airson tidsearean bho Sgìre na Gàidhealtachd còmhla ri Rae McEachern agus luchd-teagaisg bho Iomairt Ciùil na h-Òigridh airson fiosrachadh a sgaoileadh mu dheidhinn Fèisean nan Gàidheal agus na Fèisean ionadail. Bha an latha feumail ach tha mi a' smaoineachadh gu bheil cothroman ann airson rudan mar seo a leasachadh.

Tha mi ag obair air a' ghoireas ' Mar a chuireas sibh air doigh Fèis' .'S e obair mhòr a tha seo ach tha mi a' smaoineachadh gum bi e gu math feumail nuair a tha e deiseil.

Bidh mi a' cur air doigh seisean trèanaidh air Arts Awards airson luchd-obrach FnG air fad eadar seo agus saor-làithean na sgoile.

AC17 **A' togail iomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-gnothach a mì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a'dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Bha an t-iarrtas a chuir sin a-staigh gu Colmcille airson na h-iomlaid againn soirbheachail agus bidh mi ag obair còmhla ri Raonaid airson am proiseact a leasachadh am bliadhna.

Ann an Lùnastal bidh mi a' ruith tachartas obair-còmhlan airson feadhainn de na daoine òga a bha an sàs anns a'

chuirm-ciùil Ceòl nam Fèis. Bidh iad a' tighinn còmhla airson dà latha de theagasg agus an uair sin bidh iad a' gabhail pàirt anns a' chonsairt mu dheireadh aig Blas 2015.

Air a' mhìos seo chaidh choinnich mi fhèin agus Vicky le Claire Gibb, an Ceannard aig Room 13 (Pròiseact airson Ealain a stèidheachadh ann an Caol) airson bruidhinn mu dheidhinn chothrom airson a bhith ag obair còmhla. Cuideachd tha ùidh mhòr aca ann an stuctar Fèisean nan Gàidheal agus tha iad ag iarraidh duine bho FnG a' bhith air buidheann stiùiridh a' phròiseict ùir aca. Chluich compàirtichean bho Chèilidh air Chuairt Fèisean Loch Abair beò air Nevis Radio gus am pròiseact aca a chur air bhog.

Anns an Ògmhios bidh mi an làthair aig coinneimh de Chom-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd. Tha an Hub a' leasachadh mar bu chòir agus tha mi cinnteach gum bi barrachd chothroman ann airson Fèisean agus compàirtichean air feadh na Gàidhealtachd anns an àm ri thighinn.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Blas airson nam Fèisean a riochdachadh.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

Chaidh na h-agallamhan airson nan Cèilidhean air Chuairt am bliadhna glè mhath agus bidh ochd buidhnean a-mach air an rathad anns an Iuchar agus an Lùnastal a bharrachd air a' Chuairt Cèilidh Nàiseanta. An-dràsta tha mi ag obair gu dlùth le Shona airson Cuairt Cèilidh ùr a leasachadh anns na h-Eileanan an Iar. Bidh coinneamh-fòin againn an t-seachdain seo leis na cò-ordanaichean airson a bhith cinnteach gu bheil a h-uile rud a' dol mar bu chòir.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Bidh mi a' leantainn leis an obair a bha mi a' deanamh còmhla ri oifigearan leasachaidh agus am Bòrd aig Fèis Spè agus tha mi ag obair gu dlùth le Fèis a' Bhaile a toirt taic dhan neach-obrach ùr aca. Air a' mhìos a chaidh seachad dh' obraich mi le Rhona MacDonald bho Fhèis Inbhir Nairainn airson dà iarrtas a chur a-staigh dhan Sgeama Leasachaidh. Aon airson an còmhlan ceilidh aca a leasachadh agus fear eile airson Latha Pìobaireachd ùr a thòiseachadh. Bidh sin a' dol air adhart anns an Dàmhair.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG6 **A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phròg ram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015**

Bidh mi a' moladh na cothroman trèanaidh a tha Fèisean nan Gaidheal a' tairgse dha na Fèisean agus bidh mi a' sgaoileadh fiosrachaidh mu iomadach cothrom trèanaidh eile air post-d.

InG9 **Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh**

Faic targaid CS17

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Faic targaid CS1

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG1 **An àireamh de dhaoine òga a tha a' dol gu Fèisean is clasaichean air a' Ghàidhealtachd a ghlèidheadh (stèidhichte air àireamh 2011-12 a bha aig 3,408)**

Bidh mi ag obair gu dlùth ris na Fèisean san sgìre agam gus àireamh chom-pàirtaichean nam fèisean a ghlèidheadh agus àrdachadh.

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Anns an dreuchd agam mar Àrd Oifigear Leasachaidh bidh mi ag obair gu dlùth ris na h-oifigearean leasachaidh eile mar phàirt den obair laitheil agam agus mar sgioba bidh sinn a' toirt taic gu barrachd air fichead Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Faic targaid CS5.

Ainm	**Rachel Harris**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Nam dhreuchd mar Oifigear Leasachaidh na Gàidhealtachd bidh mi ag obair gu dlùth ri trì fèis deug tarsainn sgìrean Chataibh, Ghallaibh, Ghlaschu, Sruighlea, Dùn Èideann agus Dùn Bhreatainn, a' toirt seachad taic agus comhairle air caochladh phròiseact. Bidh mi ag obair gu dlùth ris an sgioba leasachaidh agus a' faighinn comhairle bhon àrd-oifigear leasachaidh agus bhon mhanaidsear leasachaidh gus an taic as fhèarr agus as fhreagarraiche a thabhann dha na fèisean seo.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Bidh mi a' toirt taic leantainnich do na fèisean san sgìre agam gus foirmichean-tagraidh a chur a-staigh airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh gus taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach. Tha mi cuideachd gu cunbhalach a' toirt seachad comhairle is taic le iarrtasan do phoit-maoneachaidh taobh a-muigh Fèisean nan Gàidheal aig ìrean ionadail is nàiseanta.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bidh mi a' cur air adhart Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal gu cunbhalach is a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile fèis eòlach air agus a' gabhail ris. Bheir mi taic dhaibh le bhith a' cur nam planaichean Gàidhlig aca fhèin an gnìomh, m.e. taic gus luchd-oide aig a bheil Gàidhlig fhastadh agus taic le gnìomhan Gàidhlig aig na tachartasan aca. Bidh mi cuideachd ag obair còmhla ri luchd-obrach eile Fèisean nan Gàidheal Aonghas MacLeòd agus Dougie Beck gus cuideachadh agus brosnachadh a thoirt dha na fèisean Sgioba-G a chleachdadh cho tric 's a ghabhas an cois nan tachartasan aca.

Bidh mi a' toirt taic sònraichte dha na fèisean gus an cleachd iad stuth margaideachd dà-chànanach a-rèir Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal, m.e. postairean, bileagan is foirmichean-iarrtais. Bidh mi a' toirt taic cunbhalaiche dhan a h-uile fèis le eadar-theangachaidhean is gam brosnachadh a bhith a' tighinn thugam airson na seirbheis seo cho tric 's a ghabhas. An dràsda mar eisempleir tha mi a' toirt taic dha Fèis Chataibh gus an làrach-lìn aca a thionndadh chun na Gàidhlig agus tha mi a' cuideachadh Fèis Innis an Uillt le forimichean-iarrtais dà chànanach.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

A' leantainn air atharrachaidhean air structar obrach Fèisean nan Gàidheal bidh mi a' gabhail barrachd gnothaich ri bhith cur air dòigh làithean trèanaidh dha na fèisean is mi ag obair ann an co-bhonn ris an sgioba leasachaidh. Mar eisemplier aig toiseach a' Chèitein thug mi seachad seisean trèanadh dìon-chloinne dha Fèis Phàislig agus tha mi ag obair còmhla ri Fèis Chataibh gus cinn-latha freagarrach a lorg airson airson trèanadh ciad-cobhair is Gàidhlig.

Bidh mi cuideachd a' toirt taic do Shona Nic a' Mhaoilein, Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar, le bhith cur air dòigh trèanadh bliadhnail dha luchd-teagaisg nam fèis. Bidh mi a' cur air adhart fiosrachadh gu cunbhalach air cothroman trèanaidh le buidhnean eile ann an co-bhonn leis an oifigear margaidheachd againn Rowan Paterson.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Bidh mi a' toirt taic dha Fèis Chataibh agus Fèis Fhoirt leis na Cèilidhean air Chuairt aca le cùisean trèanaidh, co-òrdanachaidh agus taisbeanaidh. Bidh mi ag obair gu dlùth leotha agus le Rowan Paterson gus cothroman sanasachd a bharrachd a chruthachadh aig ìrean nàiseanta is ionadail.

Tha Fèis air an Oir an sàs ann am pròiseact dualchais ann an co-bhonn le Taigh Tasgaidh Srath Nabhair air a bheil 'Pibrochs and Poppies'. Tha am pròiseact seo ag amas air puirt a chaidh a sgrìobhadh do no airson saighdearan a' Chogaidh Mhòir a chruinneachadh agus a sgaoileadh. Tha Fèis air an Oir a' toirt cothrom do dh' òigridh an àite a dhol an sàs anns an obair cruinneachaidh agus bidh iad cuideachd a' togail nam port. Thèid an ceòl seo, agus pìos ùr a thèid a chruthachadh a dh' aona ghnothach airson a' phròiseict seo, a thaisbeanadh nas fhaide air adhart sa bhliadhna. Tha iomadh tachartas an lùib a' phròiseict seo: sa Mhàrt bha mi an làthair aig latha 'Ceòl is Còmhradh' a chaidh a chumail ann an Tunga is an nabaidheachd tighinn còmhla gus cuimhneachadh air seanchas na sgìre. Sa Chèitean thèid caismeachd a chumail tarsaing air pàirt dhen t-slighe a thug na saighdearan is iad air falbh dhan airm bho chionn còrr is 100 bhliadhna.

Tha mi a-nisd a' co-òrdanachadh 'Fuaran', pròiseact dualchais anns a bheil sgioba òganach eadar 16 is 25 bliadhna a dh' aois an sàs agus a tha ag amas ri òrain Ghàidhlig bho sgìrean eadar-dhealaichte a thoirt am follais. Tha an sgioba air òrain a thrusadh bho na coimhearsnachdan aca is iad a-nis rin clàradh as ùire. Thèid goireas foghlaim ann an cruth CD is leabhrain a dhèanamh dhe na h-òrain seo is thèid fhoillseachadh as t-Sultain 2015.

Tha mi toirt taic dha Nicola Simpson gus turas tillidh a chur air dòigh a dh' Èirinn anns an darna pàirt de dh' iomlaid chulturach eadar òigridh aig a bheil Gàidhlig / Gaeilge a chuireadh air bhonn le taic bho Cholmcille an uiridh. Bidh seo a' gabhail a-staigh taisbeanadh ciùil aig tachartas a chuireas a' bhuidheann Èireannach leis a bheil sinn ag obair air dòigh ann an Dùn Dealgan.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Bidh mi a' toirt taic do Bhlas mar a tha iomchaidh.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

Bidh mi a' toirt taic leantainnich do lìonradh nan Cèilidh air Chuairt le bhith a' cuideachadh mo cho-obraichean agus co-òrdanaichean is luchd-obrach soar-thoileach nam fèis mar a tha iomchaidh. Bha mi an làthair air panailean agallaimh Fèis Chataibh is Fèis Fhoirt sa Mhàrt.

Bheir mi taic dha na fèisean seo mar a tha iomchaidh gus tachartasan trèanaidh agus turas a chur air dòigh. Tha mi an dùil a bhith an làthair aig trèanadh an dà fhèise aig Fèis Alba san Iuchar agus a dhol a-mach a chèilidh orra fhad 's a bhios iad air chuairt gus taic a shealltainn agus bhideo a dhèanamh a sgaoilear tro na meadhanan sòisealta. Tha mi air measadh math fhaighinn bho Fhèis Spè air an trèanadh Gàidhlig a rinn mi còmhla riutha is mar sin tha mi an duil seo a leasachadh agus a lìbhrigeadh a-rithist am-bliadhna.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Tha mi a' cumail orm le bhith a' toirt taic ri leasachaidhean nam fèis le bhith a' conaltradh riutha gu cunbhalach, a' frithealadh choinneamhan planaidh agus a' tabhann comhairle air beachdan leasachaidh:

- Tha Fèis Chataibh air an tachartas bliadhnail aca ann an obair-còmhlain a chumail le latha-ciùil a bharrachd na chois am bliadhna. Bha seo na shoirbheachas air leth le 80 neach an làthair; 17 ri obair-còmhlain is 53 aig an latha-ciùil. Tha iad cuideachd air làrach-lìn fhoillseachadh le siostam clàraidh air loidhne agus tha 65 neach air clàradh mar-thà airson na prìomh fhèise aca aig toiseach an Iuchair
- Tha Fèis Innis an Uillt air an cruth aca a leasachadh le bhith a' tabhann tachartas a bharrachd às dèidh sgoile gach Dihaoine air thoiseach air na làithean ciùil aca anns a' Mhàrt.
- Tha mi a' toirt taic dha Fèis Ghàidhlig Ghlaschu le bhith a' leasachadh prograim ùire de chlasaichean tro bhliadhna na sgoile.
- Tha Fèis a' Chaolais air club-ciùil a stèidheachadh. Cumar seo gach seachdain às dèidh na sgoile fad 5 sheachdainean tro theirm an t-samhraidh.
- Tha mi a' toirt taic dha Fèis Phàislig, a tha na fèis ùr, le planaichean gus a' chiad fhèis aca a chumail san Iuchar.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Bidh mi ag obair leis an sgioba dhràma againn feuch an gabh iomairtean dràma Gàidhlig a stèidheachadh airson inbhich.

Tha tè air comataidh Fèis an Iar Thuath a' frithealadh cùrsa Gàidhlig aig an t-Sabhal Mhòr.

InG9 **Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs**

ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh
Faicibh targaid AC17.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**
Faicibh targaid AC1.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG1 **An àireamh de dhaoine òga a tha a' dol gu Fèisean is clasaichean air a' Ghàidhealtachd a ghlèidheadh (stèidhichte air àireamh 2011-12 a bha aig 3,408)**
Bidh mi ag obair gu dlùth ris na fèisean san sgìre agam gus àireamh chompàirteachan nam fèis a ghleidheadh agus àrdachadh.

Tha cuid mhath de na fèisean a-nis a' leasachadh thachartasan ùra agus a' tàladh chom-pàirtichean a bharrachd (faicibh CS24).

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**
A-mach às na trì fèis deug ris a bheil mi ag obair tha sia dhiubh sin stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**
Thathar a' brosnachadh nam fèis gu lèir Gàidhlig a chleachdadh cho tric 's a ghabhas an cois nan tachartasan aca. Bidh mi ag obair gu dlùth ris an sgioba leasachaidh gus taic a thoirt dha na fèisean le eadar-theangachadh, tachartasan Gàidhlig agus luchd-oide aig a bheil Gàidhlig. Tha mi a' toirt taic ris na fèisean na planaichean Gàidhlig aca ùrachadh gus na leasachaidhean is beachdan ùra aca a chur riutha. Tha cuid mhath de na fèisean a-nis ag aithneachadh nam buannachd le bhith a' cur na Gàidhlig air adhart sna coimhearsnachdan aca is iad a' feuchainn ri brosnachadh a thoirt do bhuill chomataidh agus luchd-obrach saor-thoileach na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh.

Ainm	**Shona Nic a' Mhaoilein**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Bidh mi a' frithealadh choinneamhan aig na Fèisean agam gu cunbhalach tron bhliadhna gus taic a thoirt dhaibh le cùisean làitheil anns na mìosan mus tòisich na Fèisean.

Bhon 6-10 den Ghiblean chaidh Fèis Taigh Dhonnchaidh agus Fèis an Earraich a chumail ann an Leòdhas agus ann am Port Rìgh anns an t-Eilean Sgitheanach.

Aig Fèis Nis, do chloinn aois 3-7, bha ceòl, seinn, dannsa agus geamannan a' dol airson dà uair a thìde gach latha ann an Comunn Eachdraidh Nis. Airson a' chiad turas fhuair iad cothrom feuchainn air 'mini-melòdeons' a thogail. Chruthaich iad cuideachd stuth ann an clasaichean ealain a chaidh an taisbeanadh aig a' chonsairt aig an deireadh. Dhaibhsan a bha aig Fèis Taigh Dhonnchaidh fhuair iad cothrom iomadh diofar ionnstramaid ionnsachadh, nam measg meur-chlàr, mailèidean, feadan, fidheall agus giotàr. Rinn iad cuideachd gu leòr seinn Gàidhlig, dannsa Gàidhealach, drama agus ealain. Bha leth-uair a thìde aca de gach cuspair, a thug tìde gu leòr dhaibh rudeigin ionnsachadh ach nach robh cho fada 's gum fàsadh iad sgìth. Bha luchd-teagaisg cliùiteach ri làimh fad na seachdain a dh'ionnsaich gu leòr dhan chloinn a rinn iad aig a' chonsairt aig deireadh na seachdain ann am Borgh, far an d' fhuair am pàrantan cothrom am faicinn a' taisbeanadh nan sgilean ciùil ùr aca.

Chaidh Fèis an Earraich a chumail ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh. Chaidh taghadh farsaing de chuispearan an tabhann co-cheangailte ri ceòl, cànan agus cultair nan Gàidheal agus chaidh cuid de na clasaichean ri fhaotainn tro mheadhan na Gàidhlig. Bha taghadh sònraichte ann do dheugairean. Thàinig dithis à Ceap Bhreatainn am bliadhna -

Daibhidh MacFhraing agus Coinneach MacChoinnich, agus bha fàilte chridheil romhpa. A bharrachd air clann an Eilein Sgitheanaich, bha còrr is 40 Èireannach an làthair airson fuinn agus òrain traidiseanta Gàidhealach ionnsachadh. Chaidh agallamhan airson Cèilear a chumail deireadh na seachdain agus bha cèilidh mhòr a' dol air an Diciadain far an robh an luchd-teagaisg agus na h-Èireannaich a' cluich fad na h-oidhche. Air Dihaoine chaidh consairt a chumail far an deach sgilean ùra na cloinne an taisbeanadh.

Tha mi a' cuideachadh na Fèisean agam le barrachd a-nis 's gu bheil an t-samhradh a' tighinn oirnn, bho bhith a' lorg luchd-teagaisg, a' coimhead thairis air cùmhnantan luchd-teagaisg agus foirmichean-tagraidh, agus ag ùrachadh mar a bhios iomchaidh. Tha Fèis Eilean an Fhraoich a' comharrachadh 25 bliadhna agus tha sinn ag obair air pròg ram a tharraing còmhla airson seachdain na Fèis agus gur e tachartasan annasach a bhios annta.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho diofar thobraichean maoineachaidh**

Tha mi an dùil taic leantainneach a thoirt do na Fèisean san sgìre agam airson foirmichean-tagraidh a chur a-steach airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh airson taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach i.e. Awards For All, Alba Chruthachail (YMI) agus Tradition Arts Fund le EMS. Chuidich mi gach Fèis le bhith a' lìonadh foirmichean-tagraidh airson an 25% den airgead aca a ghlèidheadh. Tha mi air cinn-latha a thoirt do gach Fèis airson na Claim Form 1s aca fhaighinn a-steach le fiosrachadh mun luchd-teagaisg. Chuidich mi Fèis Eilean an Fhraoich le bhith a' lìonadh foirm-tagraidh airson Sgeama Leasachaidh nam Fèisean gus taic a thoirt dhaibh le bhith a' cur tachartasan air dòigh seachdain na Fèis airson 25 bliadhna a leasachadh.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Le fòirm-iarrtais sam bith tha e feumail poileasaidh no plana Gàidhlig a bhith aig na Fèisean gus na tagraidhean aca a neartachadh. Leis na foirmichean a bha iad a' lìonadh airson 2015-16 thug mi taic dhaibh ma bha iad airson poileasaidh a sgrìobhadh. Bidh gach coinneamh air a chumail sa Ghàidhlig gu ìre oir anns gach comataidh bidh duine no dhithis aig nach eil Gàidhlig a tha gu math deònach taic a thoirt dhan iomairt. Aig gach fèis thèid oidhirp mhòr a dhèanamh gus luchd-teagaisg fhastadh a tha fileanta sa Ghàidhlig, agus mas e luchd-ionnsachaidh a th' annta glè thric bidh clasaichean Gàidhlig rim faotainn tro sheachdain na Fèis. Bidh mi a' bruidhinn ris na h-oifigearan leasachaidh eile gus luchd-teagaisg aig a bheil Gàidhlig a lorg mura h-eil mi fhìn eòlach air duine a bhiodh freagarrach.

AC7 **Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**

Chaidh Fèis Còig Latha a chumail air an aon sheachdain ri Fèis Taigh Dhonnchaidh agus Fèis an Earraich agus gu mì-fhortanach cha d' fhuair mi air tadhal orra tron t-seachdain, ach chuir mi talla Chàrlabhaigh air dòigh dhaibh airson a' chonsairt dheireannach agus rinn mi fhìn agus buill eile de Chòisir Ghàidhlig Chàrlabhaigh an doras, an raffle agus an teatha/cofaidh agus bèicearachd dhaibh, agus an dèidh dhan chonsairt a bhith seachad fhuair mi air a dhol sìos chun na taighean-dubha airson greiseag agus bhruidhinn sinn air mar a chaidh dhaibh.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**

Bidh mi a' cur fiosrachadh chun na Fèisean mu chothroman trèanaidh a bhios a' nochdadh thar na bliadhna agus bidh mi a' cumail taic riutha ma tha càil a dhìth orra.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

Shuidh mi a-staigh air agallamhan Cèilear nuair a chaidh mi a thadhal air Fèis an Earraich, agus a-mach às a' chòigear a chaidh a-steach air a shon, chaidh ceathrar a thaghadh agus tha seinneadair Ghàidhlig fhathast a dhìth orra. 'S e Ruairidh Greumach a bhios aca mar cho-òrdanaiche a-rithist am bliadhna.

A' leantainn bho na rinn mi-fhìn agus Nicola air Cèilidh air Chuairt anns na h-Eileanan Siar, agus an dèidh dhomh fios a chur chun na Fèisean mu dheidhinn an iomairt, thàinig Fèis Eilean an Fhraoich air adhart a ràdh gum biodh iad deònach a' chuairt a thoirt fon t-ainm acasan. Bhon an sin, fhuair mi air na foirmichean-iarrtais a dhèanamh leis an suaicheantas aca air, agus chur mi fios chun na Fèisean air fad. Chuir mi postair air Facebook agus chuir mi leth-bhreac gu gach àrd-sgoil. Bhruidhinn mi air Radio nan Gàidheal mu dheidhinn agus dh' iarr Isles FM orm pìos a dhèanamh leotha cuideachd. Chuir sinn cuideachd fios a-mach airson co-òrdanaiche. Thàinig dithis air ais airson dreuchd a' cho-òrdanaiche agus fhuair sinn 8 iarrtasan airson a' chuairt. Rinn mi-fhìn agus Nicola agallamhan còmhla ri ceathrar ann an Leòdhas agus dh'obraich iad air set a chur còmhla. Rinn sinn agallamh Skype le fear ann an Èirinn agus rinn mi-fhìn agallamhan còmhla ri dithis a tha aig Sabhal Mòr Ostaig. Fhuair sinn measgachadh math de dh'ionnstramaidean agus de sheinneadairean, de dh'aoisean agus de bhalaich 's clann-nighean. Bha cluicheadair

accordion a dhìth oirnn agus gu fortanach bha fear ann a bha deònach agallamh a dhèanamh an dèidh dha planaichean samhraidh eile a bh' aige a dhol à bith. Rinn mi-fhìn agus Nicola agallamhan còmhla ris an dithis a fhuair sinn airson dreuchd a' cho-òrdanaiche agus thàinig sinn gu co-dhùnadh gum fastadh sinn Màiri NicLeòid. Tha am buidheann a-nis againn air fad agus tha mi air deireadh-sheachdain trèanaidh a chur air dòigh dhaibh 22/23 an Cèitean, far an coinnich iad fhèin agus Màiri gus sets a chur air dòigh agus eòlas a chur air a chèile.

Chuir mi iarrtas a-steach gu Calmac airson taic-airgid ach gu mì-fhortanach cha robh mi soirbheachail leis gun robh iad air taic a ghealltainn do chus bhuidhnean eile. Lìon mi iarrtas airson Uilleam Dòmhnallach aig Comhairle nan Eilean Siar airson còrr is £6000 agus thàinig iad air ais thugam gu sgiobalta ag ràdh gum faigheadh sinn an airgead. Chuidich mi Fèis Eilean an Fhraoich a' lìonadh foirm-iarrtais airson sgeama nan cèilidhean air chuairt agus tha sinn air airgead a ghlèidheadh an sin cuideachd.

A-nis 's gu bheil cùisean a' tighinn air adhart gheibh Màiri air tòiseachadh ag obair air bruidhinn ri tallaichean coimhearsnachd gus cèilidhean agus consairtean a chur air dòigh.

AC25 **A cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Feumaidh gach duine a bhios a' teagasg aig an Fhèis ri PVG a chur a-steach a rèir an lagh. Tha mi air ceann-latha a thoirt do gach comataidh, 6 seachdain ro thoiseach na Fèisean aca, airson Claim Form 1 a chur a-steach le fiosrachadh mun luchd-teagaisg a tha iad an dùil a bhios aca, gus am faigh Sandy air sgrùdadh PVG a dhèanamh air gach neach agus gun cur e foirmichean a-mach mar a bhios iomchaidh.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

O chionn ghoirid ghluais mi suas chun an Tosgan ann an Steòrnabhagh, far a bheil ceithir oifisean Ghàidhlig eile cuideachd ag obair – ionad ioma-mheadhain, Acair, Comunn na Gàidhilg agus Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. A-nis 's gu bheil mi nas fhaisge orra tha mi ag obair còmhla riutha nas dlùithe. Tha mi air a bhith a' bruidhinn ri CnaG mu bhuidheann a tha a' tighinn a-nall à Èirinn air seachdain Fèis Eilean an Fhraoich aig a bheil ùidh ann a bhith an sàs ann am Fèis nan Deugairean agus tha Màiri aig CnaG air dearbhadh gum bi iad a' tighinn. Dh'aontaich mi taic a thoirt don Chomunn Ghàidhealaich le Mòd Ionadail Leòdhais anns an t-Òg Mhìos, a' comharrachadh litreachas aig ìre Bun Sgoil agus a' gabhail pàirt ann an co-fharpaisean nam bhritheamh no nam chathraiche.

BnG 10 **Taic a thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Bidh mi a' toirt taic do 11 Fèis anns na h-Eileanan Siar agus an t-Eilean Sgitheanach:
Fèis Taigh Dhonnchaidh, Fèis Eilean an Fhraoich, Fèis an Rubha, Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Tìr an Eòrna, Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Bharraigh, Fèis Thròndairnis, Fèis an Earraich agus Fèis Ratharsair.

Ainm	**Vicky NicIlleathain**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh Loch Abar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Tha mi tric a' cumail conaltradh ris na Fèisean a tha mi a' cuideachadh agus bidh mi a' fiachainn ri bhith aig gach coinneamh, a tha iomchaidh, gus taic a thoirt dhaibh leis na diofar tachartasan is pròiseactan. Tha mi a' gabhail an cothrom coinneachadh ris na Fèisean ùra agam agus tha mi air a bhith ann an torr diofar aiteachain a' cuir eòlas air na Fèisean agam. An rud a thàinig a-mach às na coinneamhan seo 'se an ìre de taic a tha na Fèisean feumach air. Air sgàth gun robh iad as aonais oifigear leasachaidh son greis, tha'd gu mòr airson na pròiseactan aca fhaighinn gu dol agus tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith ag obair còmhla riutha san àm ri teachd.

Bha mi gu math trang aig àm na Caisg a' frithealadh na diofar Fèisean a bha ruith aig an àm sin; Fèis Latharna, Fèis Lochabair agus Fèis Cholla. Bha mi cuideachd a' toirt taic dhaibh leis na h-agallamhan airson na ceilidhean air chuairt.

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh.**

San obair a th' agam bidh mi fiachdainn ri bhith brosnachadh na Gàidhlig agus na-ealain Ghàidhlig fad na h-ùine. Bidh mi fiachainn ri bhith a' dèanamhan ceangalan leis na diofar coimhearsnachdan. Tha mi air a bhith soirbheachail anns an Apainn leis an Fhèis an sin. Tha tri laithean Fèise air a bhith againn mar tha agus tha an Fhèis aig chridhe an coimhearsnachd. Ma tha coimhearsnachd sam bith ag iarraidh Fèis a thòiseachadh tha mise deiseil agus deonach taic a thoirt dhaibh.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Anns a' Ghiblean rinn Fèis Lochabair co-obrachadh le buidheann 'Room 13' anns a' Chaol. Bha Room 13 a' comhrachadh an 21mh bliadhna againn mar cathrannas agus chuir iad air dòigh partaidh anns a' Chaol. Thàinig iad thugam ro laimh agus chuir mi air dòigh luchd-ciùil Fèis Lochabair son a bhith cluich aig a' phartaidh. Bha seo air leth soirbheachail agus chaidh e a-mach air Nevis FM agus fhuair Fèis Lochabair deagh shànasachd air a shon.

Tha mi air a bhith a' dèanamh agallamhan le pàipearan naidheachd na measg Tìm an Obain agus bhruidhinn mi air Nevis FM mu dheidhinn tachartassan a bhith tighinn air adhart.

Gu tric cuideachd bidh mi a' cleachdhadh na meadhanan socialta airson na pròiseactan agam a bhrosnachadh. Bidh mi a' cleachdadh twitter agus facebook tric agus cuideachd sgriobhaidh mi pìosan son na naidheachdan nuair a tha e freagarrach.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**

Tha mi a' dol gu coinneamhan Iomairt Ghàidhlig Lochabair gu tric, 's a' toirt taic dhaibh le pròiseactan mas urrainn dhomh. Tha Comhairle a' Ghàidhealtachd a' togail sgoil Ghàidhlig anns a' Ghearasdan agus chuir Comunn nam Parant an Gearasdan latha spòrs air dòigh air sgàth seo. Bha mise ann a' dèanamh oran agus ealain leis a' chlann agus bha clasaichean ciuil is geamaichean againn. Bha e math a bhith ag obrachadh le Comunn nam Pàrant tro na rudan a tha mi a' dèanamh leis an iomairt.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Tha am fiosrachadh air fad a th' agam mu luchd-ciùil a' dol chun an Oifigeir Dìon-chloinne co-dhiù 4 seachdainean ron tachartas. Tha mise air treanadh Dìon Chloinne fhaighinn bho Iona NicDhòmhnaill a b' abhaist a bhith ag obair aig Fèisean nan Gàidheal agus 's urrainn dhomh an trèanadh sin a thoirt seachad nuair a bhios feum aig na Fèisean air.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Coinneamh tràth sa Ghiblean le Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig gus beachdachadh air tachartasan Fèisean nan Gàidheal rè 2012/13 agus air co-obrachadh air ro-innleachd sanasachd airson na bliadhna.**

Bidh mi gu tric a' dol gu coinneamh na h-Iomairt ann an Loch Abar. Bidh mi ag obair gu dlùth leis an oifigear Iomairt ann an Loch Abar air pròiseactan airson Gàidhlig a leasachadh sa choimhearsnachd.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Tha mi a' toirt taic dhan Fèisean seo:

- Fèis Lochabair
- Fèis Òigridh na Mara
- Fèis Èige
- Fèis nan Garbh Chrìochan
- Fèis Latharna
- Fèis Mhuile
- Fèis Cholla
- Fèis Thiriodh
- Fèis Cheann Loch Goibhle
- Fèis Àrainn
- Fèis Dhun Òmhainn
- Fèis Òigridh Ìle is Dhiura

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Tha mi a' toirt taic do ceithir Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Fèis Eige
- Fèis nan Garbh Chrìochan
- Fèis Òigridh na Mara
- Fèis Lochabair

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean.**

Tha planaichean Gàidhlig aig gach Fèis. Gu tric, bidh an Sgioba-G aig Fèisean nan Gàidheal far a bheil faireachdainn nach eil a' Ghàidhlig làidir gu leòr aig an Fhèis fhèin. Aig Fèisean eile, tha clasaichean, geamaichean aig àm lòin neo Fèis tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh mi a' brosnachadh a h-uile comataidh Gàidhlig a chleachdadh agus tha mi a' faicinn adhartas a thaobh Ghàidhlig leis na Fèisean agam. Cuideachd bi mi a' toirt taic dhaibh le eadar theangachadh son postairean is larach linn msaa gus priomhachais a thoirt dhan Ghàidhlig.

Ainm	**Rowan NicPheadrais**
Dreuchd	**Oifigear Margaideachd (neach-ceummnachaidh)**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Tha mi ag obair air structar foirmeil airson ar tachartasan agus gnothaichean a shanasachadh le "ceumnan", mar gum biodh. Airson gach pròiseact no pìos naidheachd againne, tha mi dèanamh luachadh air an dòigh as fheàrr a bhith ga fhoillseachadh, a' dèanamah liosta "ri dhèanamh", 's an uair sin, a' cur na puingean ann an òrdugh ceart a thaobh cudromachd, gus mothachadh a dh'fhàs.

Tha mi air a bhith ag obair air plana margaideachd, mionaideach airson 2015 tro chleachdadh fiosrachadh bho na planaichean a sgrìobh Denvir Marketing agus cuideachd, Scottish Development Internationals. Tha am plana seo ag amas air foillseachadh air meadhanan sòisealta eadar-dhealaichte, gus a bhith sgaoileadh fiosrachadh agus naidheachd air na tachartasan againne san dòigh as èifeachdaiche le bhith leasachadh agus cruthachadh cunntasan meadhanan sòisealta agus togail stòrasan-dàta ùra, mionaideach airson luchd-conaltraidh a dhèanamh aig ìre sgìreil agus ìre nàiseanta.

Bhon a thòisich mi aig Fèisean nan Gàidheal, tha mi air a bhith ag obair air leasachadh ar ìomhaigh air na meadhanana sòisealta, a' leasachadh na cunntasan Facebook agus Twitter againne ach cuideachd, a' cur air dòigh cunntasan Instagram agus Pinterest airson a' chompanaidh. Tha mi ag obair gu faisg còmhla ri na cho-obraichean agam gus dearbhadh gun tèid fiosrachadh buntainneach a sgaoileadh agus gus taic a thabhainn dhaibh le sanasachadh agus foillseachadh bho latha gu latha.

A' bharrachd air foillseachadh airson na 46 Fèisean eadar-dhealaichte, tha mi cuideachd air a bhith ag obair air duilleagan-cuideachaidh airson Facebook is Twitter, a thèid a sgaoileadh do na Fèisean air fad. Leis na duilleagan-cuideachaidh seo, thathar an dòchas gum bi na stiùirichean aig gach Fèis comasach ann an bhith cruthachadh meadhanan fiosrachail 's eadar-obrachail, 's mar sin ag adhartachadh conaltradh le daoine na poblach agus a' fas mothachadh mu thachartasan agus pròiseactan.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Tha cleachdadh na Gàidhlig leantainneach gu ìre air leth soirbheachail, agus tha sinn an-còmhnaidh ag obair gu cruaidh gus àrainneachd Gàidhlig a leasachadh, san oifis agus cuideachd taobh a-muigh an oifis.

Tha fiosrachadh daonnan a' nochdadh air meadhanan sòisealta sa Ghàidhlig an toiseach, 's an uair sin, tha eadar-theangachadh sa Bheurla.

Tha fàilte Gàidhlig an-còmhnaidh cuir air luchd-tadhail dhan oifis/daoine air a' fon an toiseach, 's a' crochach ris a' fhreagairt aca, còmhraidhean an cumail sa Ghàidhlig, no sa Bheurla.

'S e an aon modh a thathar a' cleachdadh nuair a tha sinn a' tadhal air Fèisean/tachartasan Gàidhlig. 'S i Gàidhlig an

cànan tòiseachaidh, 's an uair sin, leanaidh còmhraidhean air sa Ghàidhlig no sa Bheurla – a-rèir freagairt an duine.

AC17	**A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Tha ùrachaidhean air tachartasan nam Fèis bitheanta air Facebook, Twitter, Youtube agus Instagram. Tha naidheachdan, dealbhan agus fiosrachadh iomchaidh eile air dh'fhoillseachadh gu tric air adhartas de na Fèisean fa leth, airson mothachadh, agus mar sin, gus am bi na tachartasan eile san àm ri teachd tarraingeach do dhaoine ùra.

Airson iomadh pròiseact, tha mi air a bhith ag obair gu dlùth ri meadhanan poblach (pàipearan-naidheachd, stèiseanan rèidio, BBC An Là) gus mothachadh a dh'fhàs aig ìre ionadail agus nàiseanta. A' bharrachd air seo, tha mi a' frithealadh air na tachartasan againn gus dealbhan a thogail, a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine na poblach mothachail air na pròiseactan againn agus gus ceangal a dhèanamh dhaibh aig ìre pearsanta.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG8	**Sanasachd ga dèanamh air Cèilidhean air Chuairt is Fèis Bhlais gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta agus iad nan tarraing mhòr a thaobh cùisean turasachd chultarach, ro 31 Màrt 2015.**

Am bliadhna, tha ochd Cèilidhean air Chuairt againn a bhios a' dol air chuairt sna sgìrean ionadail aca. Tha mi air taic a thoirt dha na oifigearan leasachaidh le sgaoileadh fiosrachadh air na h-iomadh cunntas a th' againn, gus a bhith tarraingeach do dhaoine òga fhad sa bha am pròiseas fastaidh air dòigh. Tha sgioba de luchd-ciùil aig gach Cèilidh air Chuairt a-nis agus bidh mi ag obair còmhla riutha gu dlùth gus na clàran-ama aca fhoillseachadh sna mìosan trang ri thighinn.

Thèid Fèis Bhlas ga cumail eadar 4mh-11mh an t-Sultain ann an iomadh sgìre air feadh Na Gàidhealtachd. Airson seo, tha mi air a bhith dèanamh rannsachadh air na margaidean eadar-nàiseanta aig am biodh ùidh san Fhèis, gu sònraichte am margaid Gearmailteach agus Eireannach, a-rèir an Denvir Marketing Plan agus Scottish Development International. Tha mi air oidhirp a dhèanamh gus ceangal a dhèanamh le fèisean ceilteach eadar-nàiseanta gus turasachd a bhrosnachadh do dh'Alba agus cuideachd, gu Fèis Bhlas.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG1	**Lethbhreac de shanasan naidheachd agus sanasan tachartasan air a chur air adhart gu Bòrd na Gàidhlig mus tèid iad an sgaoileadh, ma tha maoineachadh bho Bòrd na Gàidhlig co-cheangailte ris a' phròiseact.**

Tha an obair seo leantainneach

Scotgrad

Fiosrachadh mu thrèanadh

Tha mi air a bhith aig ceithir cùrsaichean trèanaidh bho nuair a thòisich mi san dreuchd agam aig Fèisean nan Gàidheal gus sgilean a dh'ionnsachadh a bhiodh feumail airson leasachadh na companaidh.

Tha mi air a bhith an lathair aig na cùrsaichean a leanas:

- "Google Juice Bar" le Google
- Cùrsa còmhnaidh ScotGrad
- "Marketing that Works" le Culture Republic
- Bùth-obrach margaideachd le Muckle Media agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

Fèisean nan Gàidheal

Aithisg Bhliadhnail air Riaghladh Chunnartan

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2015.05 (c)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mun dòigh anns a bheil cunnartan air an riaghladh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.

Bun Fhiosrachadh

Ged a tha dleasdanas air a' Bhòrd gu corporra airson a dhèanamh cinnteach gu bheil cunnartan air an riaghladh anns an dòigh as èifeachdaiche taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal, 's iad an luchd-obrach a bhios a' dèiligeadh riutha bho latha gu latha.

Cunnartasan agus gan riaghladh

Bha clàr cunnartan ga stèidheachadh ann an 2009 an dèidh tòrr rannsachaidh mun t-seòrsa cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ro Fèisean nan Gàidheal.

Tha clàr a' mineachadh 9 de na prìomh chunnartan mar a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd a' leantainn. Tha geàrr-iomradh air gach cunnart agus plana airson an stiùireadh, a tha a' dearbhadh nan ceumannan a bhios luchd-obrach a' gabhail, bho latha gu latha, airson buaidh nan cunnartan a lùghdachadh.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air Buill a' Bhùird aontachadh gu bheil iad riaraichte leis an dòigh anns a bheil cunnartan air an riaghladh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal às an leth.

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Cèitean 2015

Rank	Risk #	Risk	Consequence / Impact	Likelihood	Total Risk (Impact * Likelihood)	Categorisation in Risk Matrix	Personnel affected	Risk Ownership	Responsibility	Mitigation	Date Identified	Last Reviewed	Action Date	Progress/ Future Action (RAG)
1	35	Staff/funds are overcommitted to projects resulting in less flexibility and tighter controls in other areas. FnG takes on too much in an effort to survive. FnG becomes too focused in contract delivery in order to generate income, resulting in less support for the Fèisean.	3.6	3.5	12.6	**HIGH**	ALL	Executive Manager	BOARD	Time, financial and project management controls implemented. Awareness of other projects ongoing in the organisation and expectations of time/financial commitments understood. Opportunities/Threat Analysis carried out for new projects. Good management practice. Likely benefits from new projects may outweigh risks. Updates on commitments given at regular staff meetings.	25.08.08	05.05.14	Ongoing	
2	12	Volunteer effort within the Fèisean is unable/ unwilling to adhere to policies/guidelines/legal requirements. Non-compliance with legal requirements and policies will result in an incident which damages the reputation of FnG. Loss of reputation due to child protection issues through lack of controls, e.g. failure to disclosure-check tutors. A child is harmed due to the action or inaction of FnG, leading to loss of confidence and possible legal action. A child gets lost due to inadequacies in the registration system.	4.1	3	12.3	**HIGH**	ALL	Training & Policy Officer	BOARD	Training and awareness-raising sessions with staff and volunteers. Policies and guidelines published on the FnG website and implemented by Fèisean and Development Team. Ensure compliance & good practice by example and training opportunities. Early checking of potential tutors encouraged. Financial penalties for non-compliance, and expulsion for repeated non-compliance. Child Protection Policy in place. Risk Assessments for individual locations/activities carried out in advance of each fèis. Training and awareness-raising sessions for committees and volunteers. Assistance from staff members with implementation of policies, particularly Child Protection Policy and Guidelines. Importance of adherence to all policies underlined to members and the following of key policies are enshrined in conditions of funding.	25.08.08	05.05.15	Ongoing	**Green**
3	14	Insufficient volunteers come forward.	3.9	3.1	12.1	**HIGH**	DevTeam/ Fèisean	Development Manager	BOARD	Identification of possible committee members and volunteers by existing committees. Support from Development Team to avoid volunteer burn-out. Encouraging young people to take an interest and share responsibility. Encouraging parents to participate. Responsibility on all fèis personnel to encourage and support volunteers, through social gatherings and training events. Additional assistance offered by development team for fèisean in difficulty.	25.08.08	05.05.15	Ongoing	**Green**
4	51	A member of the management team leaves at short notice. Key staff members are lost to the organisation through external job offers leaving gaps in core operational areas.	4.1	2.9	11.9	**HIGH**	Staff/ Fèisean	CEO	BOARD	Pay scales in line with sector. Recognition of over-reliance on single members of staff and alleviation of responsibilities where possible. Regular consultations with staff and encouragement of openness. Shadowing encouraged within all posts. Clàr-coinneamhan kept to update all staff on current projects of individuals. Succession planning at appraisal	25.08.08	05.05.15	Ongoing	**Green**

										and throughout employment. Exit interviews offered when people leave. No further mitigation required/possible at this time.				
5	16	Insufficient Gaelic speaking tutors. Insufficient tutors available/come forward	3.9	3.0	11.7	**HIGH**	Fèisean	Gaelic Officer	BOARD	Provision of Gaelic training, encouragement of new tutors to achieve fluency in Gaelic. At the very least, engage in some learning. Support packages are available. Provision of Gaelic training and music tutor training. Encouragement of new tutors from within Fèisean. Gaelic Policy to ensure commitment to Gaelic from tutors, renewed 16 May 2014.	25.08.08	05.05.15	Ongoing	**Green**
6	46	Data is lost due to the lack of consistency in making back ups. Important data is lost due to equipment malfunction, fire, electrical storm, resulting in insufficient IT back-up control systems.	3.8	3.0	11.4	**HIGH**	Staff	Executive Manager / CEO	BOARD	Provision of portable hard drives. Contractual obligation on staff to ensure back-ups. Surge protection on IT equipment. Regular visual checks by staff on electrical equipment and necessary action taken. Use of Dropbox for storage and dissemination of information. New ICT equipment allows for better data retention.	25.08.08	5.05.15	Ongoing	**Green**
7	19	A lack of funding for projects/future development. Core funding by Creative Scotland, Bòrd na Gàidhlig, HIE and Highland Council is withdrawn resulting in a scale-down of activities.	4.3	2.5	10.8	**HIGH**	ALL	CEO	BOARD	Regular funders are made aware of new funders' limitations and kept informed of funding requirements. FnG continues to help funders achieve their objectives and targets as partners. Awareness of possible alternative sources is always sought. Forward planning is in place allowing early discussions with funders. Political lobbying for support for traditional music and Gaelic arts is an ongoing function. Other grants accessed where possible and with a high degree of success. Due to successful three year funding agreements for 2015-18, this in the short-term is not such a high risk.	25.08.08	05.05.15	Ongoing	**Green**
8	43	Numbers of Fèisean continues to increase resulting in less support being available to each one. May reach over capacity of demand/ supply (Fèisean)	3.5	3.0	10.5	**HIGH**	Fèisean	Development Manager	BOARD	Additional funding available through Development fund for extra classes, new approaches, etc. Efforts made to secure new, additional funding. New fèisean are compliant with policies and ethos of Fèisean nan Gàidheal. Natural wastage has ensured that number of fèisean has remained manageable.	25.08.08	05.05.15	Ongoing	**Green**
9	34	Insufficient funding for staff development resulting in inadequate development programme and resources for staff.	3.8	2.3	8.74	**MEDIUM**	Staff	Training & Policy Officer	BOARD	Ensure provision is made for staff development in core funding applications. In recent years, due to staff remaining in employment for the longer term, this has not been a severe drain on resources. Priority for new staff members to access training.	25.08.08	05.05.15	Annually - Feb	**Green**

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org